BASS, *v. a.* Dean guth tùchanach, tog fonn borbhanach.
BASS, *adj.* Trom, crònach, dos-fhuaimneach.
BASTARD, *s.* Neach diolain; ni truailidh, no mi-laghail.
BASTARD, *adj.* Diolain; truailidh, mi-laghail.
BASTARD, } *v. a. and n.* Dearbh
BASTARDIZE, } diolain; dean diol-
BASTARDY, } *s.* Staid-diolanais.
BASTE, *v. a.* Gabh air le bata; leagh im air; fuaigh farsuinn.
BASTINADE, } *v. a.* Slachd le bata, gabh
BASTINADO, } air le bata.
BAT, *s.* Ialtag, an ialtag.
BAT-FOWLER, *s.* Fear-marbhaidh ialtag, eunadair ialtag.
BATCH, *s.* Uiread a' dh' aran 's a dh' fhuinear aig aon am, dòrlach co-uidheam-
BATE, *s.* Strìth, caonnag, co-strìth.
BATE, *v. a. and n.* Lughdaich, leig sìos; thoir sìos am pris, leag am pris; siolaidh sìos; logh, math.
BATEFUL, *adj.* Connspoideach, comh-stritheach.
BATELESS, *adj.* Neo-lughdachaidh, neo-cheannachaidh.
BATEMENT, *s.* Lughdachadh, beagachadh.
BATH, *s.* Aite failcidh, ait' ionnlaid, aite nighe; failleadh, nigheadh, ionnlad.
BATHE, *v. a. and n.* Ionnlaid, failc, nigh; taisich le uisge.
BATHOS, *s.* Sgleog-bhàrdachd.
BATING, *prep.* Saor o, ach, ach a mhàin.
BATLET, *s.* Slacan, siomaid.
BATON, *s.* Bata, bata-dreuchd àrd-chinn-iùil; comharra diolanais an gearradh-arm.
BATTALION, *s.* Earrann-feachd, buidheann shaighdearan.
BATTEN, *s.* Maide, mìr fiodha.
BATTER, *v. a. and n.* Buail sìos, pronn,

slachd, tilg sìos, leag sìos; claidh le trom sheirbhis.

BATTER, *s.* Coimeasgadh, glaogh.

BATTERER, *s.* Fear-leagaidh sìos, fear-pronnaidh, fear-coimeasgaidh.

BATTERING-RAM, *s.* Reithe cogaidh, reithe slachdaidh.

BATTERY, *s.* Bualadh sìos, slachdadh; innealan slachdaidh; balla ghunnaiche mòra; ionnsuidh naimhdeil.

BATTISH, *adj.* Ialtagach, coltach ri ialtaig.

BATTLE, *s.* Cath, blàr, còmhrag; mòr-bhuidheann feachd.

BATTLE, *v. a.* Cuir cath, buail cath, cog, cath.

BATTLE-ARRAY, *s.* Òrdugh catha, òrdugh blàir.

BATTLE-AXE, *s.* Tuadh-chatha.

BATTLEDOOR, *s.* Stroidhleagan.

BATTLEMENT, *s.* Barra-bhalla, balla-daingnich, leth-bhalla.

BATTLEMENTED, *adj.* Daingnichte le bàrr-bhallaibh.

BATTLING, *s.* Còmhrag, cath, cathachadh.

BAWBLE, *s.* Faoin rud, déideag.

BAWBLING, *adj.* Suarach, faoin, gun fhiù.

BAWCOCK, *s.* Fear-spaideil, spaidealach.

BAWD, *s.* Bean sholair strìopach, siùrsach, strìopach.

BAWD, *v. a. and n.* Salaich, truaill; solair strìopaichean.

BAWDBORN, *adj.* A rugadh le strìopaich.

BAWDINESS, *s.* Draosdachd, drabasdachd.

BAWDRY, *s.* Cuideachadh strìopachais.

BAWDY, *adj.* Neo-ghlan, mi-gheamnuidh, draosda, draosdail.

BAWDY-HOUSE, *s.* Tìgh-strìopachais.

BAWL, *v. a. and n.* Glaodh, ràn, raic.

BAWN, *s.* Bàbhunn, lann-spréidhe.

BAWREL, *s.* Seòrsa seabhaig.

BAWSIN, *s.* Broc, strìanach.

BAY, *adj.* Buidhe-ruadh, buidhe-dhonn, donn-dhearg.

BAY, *s.* Camus, loch-mara, bàgh; crùn-buaidhe, coron-bàrdachd.

BAY, *v. a. and n.* Dean tathunn ri; dean deithleann; cuairtich, druid a stigh.

BAY-SALT, *s.* Sulann-mara.

BAY-WINDOW, *s.* Uinneag-bogha.

BAY-YARN, *s.* Snàth-abhrais.

BAYARD, *s.* Each doun no buidhe-ruadh; beul-fosgailte, steòcair.

BAYONET, *s.* Biodag gunna.

BAZAR, *s.* Àite-margaidh.

BE, *v. n.* Bi; bi ann, bi beò.

BE-ALL, *s.* Toiseach a' crìoch gnothuich.

BEACH, *s.* Mol, tràigh, cladach, learg.

BEACHED, *adj.* Air an leirg.

BEACHY, *adj.* Cladachail, tràigheach, leargach.

BEACON, *s.* Teine-rabhaidh, tìgh-soluis, leus-mara.

BEACONAGE, *s.* Airgid air son cumail suas thighean-soluis.

BEACONED, *adj.* Air am bheil tìgh soluis, no teine rabhaidh.

BEAD, *s.* Paidirean; grìogag; ball cruinn air bith.

BEADLE, *s.* Maor; fear-peanasachaidh, maor-eaglais.

BEADLESHIP, *s.* Dreuchd maoir-eaglais.

BEADSMAN, *s.* Fear-urnulgh as leth neach eile.

BEAGLE, *s.* Tòlair, tòbhlair, cu lorgaidh.

BEAK, *s.* Gob; toiseach, ceann-toisich-luinge; bior-snaois.

BEAKED, *adj.* Gobach.

BEAKER, *s.* Soitheach gobach, copan gobach.

BEAL, *s.* Guirean.

BEAL, *v. n.* Iongraich.

BEAM, *s.* Sail; ceann-meidhe; cròc, cabar-féidh; garman; gath-soluis, gath-gréine, dealradh, boillsgeadh.

BEAM, *v. n.* Dealraich, soillsich, soillsich air.

BEAMLESS, *adj.* Neo-dhealach, neo-shoillseach, doilleir.

BEAMY, *adj.* Dealrach, soillseach, dèarsach; cabrach, cròcach, binneach.

BEAN, *s.* Pònair.

BEAN-FED, *adj.* Bìadhta le pònair.

BEAR, *v. a. and n.* Giùlain, iomchair; cum suas, cum taic ri; fuilig, fuilig; giùlain le; beir; gin; thoir uathe; thoir a mach, thoir air falbh; seas, na fàilnich.

BEAR, *s.* Math-ghamhuinn.

BEAR-BAITING, *s.* Còmhrag chon ri mathghamhuinn.

BEAR-FLY, *s.* Seòrsa cuileige.

BEARD, *s.* Feusag; pluic; colg, corran, gath.

BEARD, *v. a.* Beir air fheusaig air; thoir dùlan do, cas ris, thoir a dhùlan.

BEARDED, *adj.* Feusagach; colgach; corranach, riobhagach.

BEARDLESS, *adj.* Gun fheusag, lom-smigeach; òg.

BEARER, *s.* Fear-giùlain, fear iomchair; fear-giùlain cuirp do'n uaigh; craobh thoraidh.

BEARHERD, *s.* Buachaille-mhathghamhuinn.

BEARING, *s.* Suidheachadh, sealltuinn, aghaidh; modh, giùlan; cùrsa, coimhead.

BEARING-CLOTH, *s.* Falluinn-baistidh naoidhein.

BEARISH, *adj.* Mathghamhuinneach.

BEAR-LIKE, *adj.* Mar mhathghamhuinn.

BEAST, *s.* Ainmhidh, beathach, beothach; brùid, béist, brùid-dhuine.

BEASTLIKE, *adj.* Ainmhidheil, brùideil, biastail.

BEASTLY, *adj.* Brùideil, ainmhidheil.

BEAT, *v. a. and n.* Buail, thoir buille do; gabh air, fairtlich air, ceannsuich, faigh buaidh air; eadar-mheasgaich le suathadh; sir, rannsuich, sir mu 'n cuir.

BEAT, *s.* Bualadh; buille.

BEATEN, *adj.* Buailte, gréidhte.

BEATER, *s.* Buailtear, fear-bualaidh, pronnadair; gille-seilg.

BEATIFIC, } *adj.* Sona, làn sonais,

BEATIFICAL, } beannaichte.

BEATIFY, *v. n.* Dean sona, dean aoibhinn, beannaich.

BEATIFICATION, *s.* Deanamh làn shona, toirt làn shonas do.

BEATING, *s.* Gabhail air, gréidheadh.

BEATITUDE, *s.* Beannachd, làn-shonas, sonas nèamhaidh.

BEAU, *s.* Fear breagha, spailpearra, spairiseach, rìomhach; leannan.

BEAVER, *s.* Dobhar-chu, leas-leathann; ad de fhionnadh an dòbhrain; clar-aghaidh clogaid.

BEAUIISH, *adj.* Breagha, grinn, spailpeach, spairiseach.

BEAUTEOUS, *adj.* Maiseach, àluinn, bòidheach, sgiamhach, dreachmhor, eir-eachdail.

BEAUTEOUSNESS, *s.* Maisealachd, àilneachd, bòidhichead, sgiamh.

BEAUTIFIER, *s.* Ni a dh' àilnicheas, a bheir sgiamh do ni no neach eile.

BEAUTIFUL, *adj.* Bòidheach, glanshnudhach, rìomhach.

BEAUTIFY, *v. a. and n.* Malsich, sgiamh-aich, dean dreachmhor, àilnich, grinnich; fàs aluinn, bòidheach, no grinn.

BEAITLESS, *adj.* Gun sgiamh, neo-mhaiseach, neo-bòidheach, neo-àluinn.

BEAUTY, *s.* Maise, àilneachd, sgèimh, dreach, bòichead, eir-eachdas.

BEAUTY-SPOT, *s.* Ball-seirce.

BEAUTY-WANING, *adj.* Searg-mhais-each.

BECALM, *v. a.* Sàmhaich, foisich, clùnich.

BECALMING, *s.* Fèith, ciùine.

BECAUSE, *conj.* Air an aobhar, gu, air son gu, do bhrìgh gu, air a shon so; a thaobh, air sgàth.

BECK, *s.* Smèideadh; alltan, amhnag.

BECKON, *v. n.* Smèid, smèid air, dean smèideadh.

BECLIP, *v. a.* Gabh 'na t' uchd.

BECLLOUD, *v. a.* Dorchaich, thoir neul air.

BECOME, *v. n.* Cinn, fàs; thig do, freag-air do.

BECOMING, *adj.* Iomchuidh, dligheach, tlachdmhor, ciatfach, taitneach, freagarrach.

BECOMINGNESS, *s.* Iomchuidheachd, tlachdmhorachd, freagarrachd.

BED, *s.* Leaba, leabaidh, aite-codail, aite-luidhe.

BED, *v. a. and n.* Rach a luidhe le, cuir a luidhe, cuir 's an leabaidh; luidh le.

BEDASH, *v. a.* Eabaraich, beubanaich.

BEDAWB, *v. a.* Luidrich, mill, eabaraich.

BEDAZZLE, *v. a.* Cas-dhealraich, dall le solus.

BEDCHAMBER, *s.* Seomar-leapa, seomar codail.

BEDCLOTHES, *s.* Aodach-leapa.

BEDDING, *s.* Uidheam-leapa.

BEDECK, *v. a.* Sgèimhich, snasaich.

BEDEHOUSE, *s.* Tigh-oircheis.

BEDEW, *v. a.* Mìn-fhliuch, dealtraich, drùidh air.

BEDEWER, *s.* Mìn-fhliuchadh, dealtrachadh.

BEDEWY, *adj.* Fo bhraon, fo dhealt.

BEDFELLOW, *s.* Coimh-leapach.

BEDHANGINGS, *s.* Cùirteanan leapa.

BEDIGHT, *v. a.* Deasaich, glan, sgeadaich.

BEDIM, *v. a.* Dorchaich, doilleirich.

BEDISMAL, *v. a.* Dean tiamhaidh.

BEDIZEN, *v. a.* Sgeilmich.

BEDLAM, *s.* Tigh luchd-cuthaich.

BEDLAM, *adj.* Cuthaich.

BEDLAMITE, *s.* Neach air a chuthach.

BEDMOULDING, } *s.* Uidheam-

BEDDING-MOULDING, } grinneis-leapa.

BEDPOST, *s.* Cas-leapa, post-leapa.

BEDPRESSER, *s.* Leisgein, trom-cheann.

BEDRID, *adj.* Air an leabaidh, tinn.

BEDROOM, *s.* Secmar leapach, seomar codail.

BEDROP, *v. a.* Leig sìleadh air, sil air.

BEDSIDE, *s.* Taobh leapach.

BEDSTAFF, *s.* Bior-taobh-leapach.

BEDSTEAD, *s.* Fiodh-leapa.

BEDSTRAW, *s.* Connach leapa.

BEDSWERVER, *s.* Adhaltranuach, ban-adhaltrafnach.

BEDTIME, *s.* Am-luidhe.

BEDUCK, *v. a.* Cuir fo'n uisge, tum.

BEDWARD, *adv.* A dh' ionnsuidh na leapa.

BEDWORK, *s.* Obair-leapa, gnìomh gun làimh.

BEE, *s.* Beach, seillein.

BEE-EATER, *s.* Eun a thig beò air beachaibh.

BEE-HIVE, *s.* Sgeap sheilleinean.

BEE-MASTER. Fear-gleidhidh sheilleinean.

BEECH, *s.* Seòrsa fiodha, crann-fàilhbhile.

BEECHEN, *adj.* Fàidhbhileach.

BEEF, *s.* Mairt-fheoil; damh, tarbh, no mart-biadhta.

BEEF, *adj.* Mairt-fheolach.

BEEF-EATER, *s.* Gille tigh-rìgh.

BEEF-WITTED, *adj.* Neo-thuigseach.

BEEN, *pret. of v. Be.* Bha, air bhith.

BEER, *s.* Beòir, leann-caol.

BEER-BARREL, *s.* Baraille-beòir.

BEE, *s.* Ainm luis, biotais.

BEE, *s.* Daol, ceàrd-dubhan, daolag; fairche.

BEE, *v. n.* Croch a mach, éirich, cas suas.

BEE, *adj.* Ard-mhàil-eadhach.

BEE, *adj.* Trom-cheannach, phòc-cheannach.

BEE, *s.* Sambach fairche.

BEEVES, *s. pl.* Crodh, daimh, spréidh.

BE, *v. n.* Tachair do, éirich do, thig gu crìch, thig gu teachd.

BE, *v. a.* Freagair, freagair do, dean lomchuidh, thig do.

BE, *v.* Còmhdaich le cobhar.

BE, *v. a.* Dean amadan dheth, fochaidich, sgeig.

BE, *prep.* Roimh; air beulaobh; an làthair, 's an làthair; mu choinneamh; roimhe, a roghuinn air; os ceann.

BE, *adv.* Roimhe, roimhe sin; san àm a chaidh; gus a nis; cheana.

BE, *adv.* Roimh làimh, air thoiseach; san àm a chaidh seachad; an thoiseach, air tùs.

BE, *adv.* Roime so, roimh'n àm.

BE, *v. n.* Éirich do, tachair do.

BE, *v. a.* Salaich, truaille.

BE, *v. a.* Dean càirdeas ri, bi càirdell ri, caidrich.

BE, *v. a.* Deasaich le fraoineas.

BEG, *v. a. and n.* Iarr, sir, guidh, ath-chuingich; creid gun chòmhach; thig beò air déircibh, falbh air dhéire.

BEG, *v. a.* Gin; tàrmaich, aobharaich, thoir a mach.

BEG, *s.* Gineadair, athair.

BEG, *adj.* A gheibhear mar dhéire.

BEG, *s.* Déirceach, diol-déirce, bleidire.

BEG, *v. a.* Cuir gu bochduinn; fàg falamh.

BEG, *s.* Bean-bhocd, diol-déirce.

BEG, *s.* Uireasbhuidheachd, bochduinn, mìotharachd, aimbeartas.

BEG, *adj.* Uireasbhuidheach, bocd, dìblidh, mìothar.

BEG, *s.* Bochduinn, uireasbhuidh, aimbeart.

BEG, *adj.* Air òradh, òrta.

BEG, *v. a. and n.* Tòisich; tionnsgain; tàrmaich; tòisich ri.

BEG, *s.* Fear-tòiseachaidh, ùgh-dair; foghlumaiche, duine gun ealantachd.

BEG, *s.* Tòiseach, aobhar, prìomh-aobhar, ceud-aobhar; tòiseachadh; ceudchor; a cheud chuid.

BEG, *v. a.* Crìslaich, cuairtich; iadh mu; séisd, cuir séisd ri.

BEG, *interj.* Air falbh thu! á m'fhianuis!

BEG, *pret. v. Beget.* Ghin.

BEG, *adj.* Tumta am fuil.

BEG, *pret. part v. Beget.* Ginte, air à ghineamhuinn.

BEG, *v. a.* Meall, thoir an car á; rach as o, faigh as; breug.

BEG, *pret. part. v. Begin.* Tòisichte.

BE, *s.* Deadh-ghean, chùs-sheasamh, as leth, air a thaobh, air son.

BE, *v. n.* Tachair air, thig air.

BE, *v. a. and n.* Gluain, gluais, gnàthaich, iomchair thu fein.

BE, *s.* Glùlan, gluasad, iomchar, cleachdadh, gnàthachadh; beus, modh, gnàth.

BE, *v. a.* Thoir an ceann dheth.

BE, *s.* Àithne, iarrtas, òrdugh.

BE, *v. a.* Geall; earb, thoir seachad do, cuir fo chùram; òrduich, thoir àithne; labhair ri, cuir an cèill do.

BE, *prep.* Air chùl, air cùlaobh, an déigh; air deireadh.

BE, *adv.* As an t-sealladh, air ais.

BE, *adv.* An déigh làimhe, air deireadh, an déigh.

BE, *v. a.* Falc, seall, amhairc, dearc, thoir fairc.

BE, *interj.* Feuch, faic.

BE, *adj.* An comain, fo fhiach-aibh.

BE, *s.* Fear-faicinn, fear-amhairc.

BEHONEY, *v. a.* Dean milis mar mhil.
 BEHOOF, *s.* Ni is iomchuidh, ni tha chum buannachd, tairbhe, maith.
 BEHOOVE, *v. n.* Bi iomchuidh, bi freagarrach.
 BEHOVEFUL, *adj.* Buannachdail, feumail, tarbhach, maith.
 BEHOVABLE, *adj.* Buannachdail, tarbhach, iomchuidh, feumail.
 BEHOWL, *v. n.* Donnalaich, dean ulartaich, dean burralaich, raoic.
 BEJADE, *v. a.* Sgithich, claidh le siubhal.
 BEING, *part.* Bith.
 BEING, *s.* Bith; inbhe, cor, beatha; creutair, ti, urra, neach, cré.
 BEING, *conj.* Air chionn, air dhà bith, 's e sin.
 BE IT SO, Bìodh e mar sin.
 BEKNAVE, *v. a.* Càin, gairm 'na shlaigh-tear.
 BELABOUR, *v. a.* Slachd, buail gu minic, gréidh, éirich air.
 BELACE, *v. a.* Iallaich r' a chéile, sreangaich, teannaich.
 BELACED, *adj.* Sgeadaichte gu rìomhach, gréiste.
 BELAY, *v. a.* Druid a stigh; sreangaich, iallaich, teannaich le cordaibh, snaim.
 BELCH, *v. a. and n.* Brùchd a mach, brist gaoth, diobhair; taom a mach, tilg an àirde.
 BELCH, *s.* Brùchd, d'obhairt.
 BELCHING, *s.* Brùchdail, d'obhairt.
 BELDAM, *s.* Sean chailleach chrosda, chànrnach; droch cailleach.
 BELEAGUER, *v. a.* Iom-dhruid, iadh air gach taobh, séisd.
 BELEAGUERER, *s.* Séisdear, fear-iom-dhruididh.
 BELEAVE, *v. a.* Fàg, tréig.
 BELEMNITES, *s.* Saighead shìthe.
 BELEPER, *v. a.* Buail mar le luibhre.
 BELFOUNDER, *s.* Fear-deanamh chlag.
 BELFRY, *s.* Clag-thigh, ionad bualaidh chlag.
 BELIE, *v. a.* Breugaich, thoir a bhreug do; cùl-chàin, aithris gu mealta; aithris breugan.
 BELIEF, *s.* Creideas; creidimh, aid-mheil; barail; creud.
 BELIEVABLE, *adj.* So-chreidsinn, creideasach.
 BELIEVE, *v. a. and n.* Creid, thoir creideas do, bi creidsinn; bìodh creidimh agad.
 BELIEVER, *s.* Creideach, creidmheach; Criosduidh.
 BELIVE, *adv.* Gu luath, gu grad, gun dàil.

BELL, *s.* Clag, ni air chumadh cluig; ard-onoir cùise.
 BELL, *v. n.* Fàs air chumadh cluig.
 BELL-FASHIONED, *adj.* Air chumadh cluig.
 BELLE, *s.* Steudag, rìbhiun.
 BELLES-LETTRES, *s.* Snaas-chainnt sgrìobhaidh, foghlum uasal.
 BELLIGERANT, } *adj.* Bagarach air
 BELLIGEROUS, } cogadh.
 BELLIPOTENT, *adj.* Euchdach.
 BELLOW, *v. n.* Bùir, raoichd, rà; éigh, glaoth, sgread, sreuch; beuc.
 BELLOW, *s.* Beuc, rà.
 BELLOWER, *s.* Rànnaire, beucair, sgalartaiche.
 BELLOWING, *s.* Beucaich, bùirich, rànaich, sgalartaich.
 BELLOWS, *s.* Balg-séididh.
 BELLY, *s.* Brù, bolg.
 BELLY, *v. a. and n.* Lìon an àirde, bòc a mach; at, bòc, cinn ni's mò, bulgaich.
 BELLYACHE, *s.* Tinneas-bronn, brùghoirt.
 BELLYBAND, *s.* Crios-bronu.
 BELLY-CHEER, *s.* Ròichd, teann-shàth.
 BELLYFUL, *s.* Làn-bronn, sàth; seid, sac-bronn.
 BELLY-GOD, *s.* Geòcaire, slugair.
 BELLY-SLAVE, *s.* Geòcaire.
 BELLY-TIMBER, *s.* Connadh bronn, biadh.
 BELLY-WORM, *s.* Botus.
 BELMAN, *s.* Fear-bualaidh cluig.
 BELONG, *v. n.* Buin do; dean do ghnòthuch d'he; bi an ceangal ri.
 BELONGING, *s.* Buaidh, gné, càil, feart.
 BELOVED, *part.* Gràdhaichte, ion-mhuinn.
 BELOW, *prep.* Fo, fuidh; ni's ìsle, ni's suaraiche.
 BELOW, *adv.* 'S an ionad iochdrach; air talamh, air làr; shìos, gu h-ìosal.
 BELOWT, *v. a.* Càin, mag, tàmailtich.
 BELRINGER, *s.* Fear-cluig.
 BELROPE, *s.* Còrd-cluig.
 BELT, *s.* Crios.
 BELT, *v. a.* Crioslaich mu'n cusairt.
 BEMOAN, *v. a.* Dean cumha, caoidh, dean tuireadh, dean bròn.
 BEMOANER, *s.* Fear-caoidh, fear-bròin.
 BEMOANING, *s.* Tuireadh, caoidh, bròn, cumha.
 BEMOURN, *v. a.* Caoidh, dean tuireadh, dean cumha.
 BENCH, *s.* Being, ionad-suidhe; cuthair-bhreitheanais; breitheamhan, luchd-cèartais.

BENCH, *v. a.* Suidhich beingeannan.
BENCHER, *s.* Fear-tagraidh an cùirt-ceartais; breitheamh.
BEND, *v. a. and n.* Crom, cam, camaich, lùb; stiùr, aom; ceannsaich; bi crom, bi cam, bi claon, bi fiar; crom thu fein.
BEND, *s.* Cromadh, camadh, fiaradh, lùbadh, claonadh; aisnean bàta no luinge.
BENDABLE, *adj.* So lùbaidh, a ghabhas fiaradh.
BENDER, *s.* Fear-cromaidh, fear-lùbaidh.
BENEAPED, *adj.* Tràighte, air chonntraigh.
BENEATH, *prep.* Fuidh, fo, ni's isle; an ìochdar air; ni's suaraiche.
BENEATH, *adv.* Gu h-ìosal, fuidhe; air thalamh, air làr.
BENEDICT, *adj.* Beannaichte.
BENEDICTION, *s.* Beannachadh, beannachd; coisrigeadh aba.
BENEFACTION, *s.* Tìodhlacadh, deadh-ghnìomh.
BENEFACITOR, *s.* Tabhartair; fear cultaice.
BENEFACTRESS, *s.* Deagh bhan-charaid, bean oircheasach.
BENEFICE, *s.* Beathachadh eaglais; tìodhlac, tabhartas.
BENEFICENCE, *s.* Maitheas, oircheas, deagh-dhèanadas.
BENEFICENT, *adj.* Toirbheartach, maitheasach, seirceil, fùghantach, tabhartach.
BENEFICIAL, *adj.* Tarbhach, luachmhor, buannachdail, feumail.
BENEFIT, *s.* Tìodhlac, deagh-ghnìomh; tairbhe, buannachd, sochair.
BENEFIT, *v. a. and n.* Dean maith do, dean feum do; buannaich, faigh tairbhe.
BENEVOLENCE, *s.* Maitheas, fùghantachd, deagh-ghean.
BENEVOLENT, *adj.* Caoimhneil, seirceil, maitheasach, fùghantach.
BENIGHT, *v. a.* Dorchaich, duibhrich; cuartaich le dorchadas; cum an aineolas.
BENIGN, *adj.* Caoimhneil, fùghantach, fial, maitheasach, tròcaireach.
BENIGNANT, *adj.* Caoimhneil, tròcaireach, maitheasach.
BENIGNITY, *s.* Tròcaireachd, maitheasachd; fìor chaoimhneas, caomhalachd, càirdeas.
BENISON, *s.* Beannachd, beannachadh.
BENT, *s.* Camadh, lùbadh, cromadh; claonadh, fiaradh; rùn-suidhichte, toil, togradh, tionndadh aighe; muran, seorsa feòir.

BENUMB, *v. a.* Meilich, einglich, dean marbhanach.
BEQUEATH, *v. a.* Tìomnaich, thoir mar dhìleab.
BEQUEATHER, *s.* Tìomnadair.
BEQUEATHMENT, *s.* Dìleab.
BEQUEST, *s.* Dìleab.
BERBERRY, *s.* Goirt-dhearc.
BEREAVE, *v. a.* Buin uaith, creach, rùisg, dìthich, dean lom, thoir air falbh, dean falamb.
BEREAVEMENT, *s.* Creach, creachadh spùinneadh.
BEREFT, *part.* Creachta, spùinnete.
BERRY, *s.* Dearc, dearcag, sùbh.
BERYL, *s.* Clach luachmhor, beril.
BESECH, *v. a.* Athchuingich, asluich, grìos, guidh, iarr gu dùrachdach.
BESECH, *s.* Iarrrtas, athchuinge, guidhe.
BESEECHER, *s.* Fear-guidhe, fear-iarrrtais.
BESEEM, *v. a.* Bi freagarrach, bi iomchuidh.
BESEEMING, *s.* Freagarrachd, ciatachd, iomchuidheachd.
BESEEN, *part.* Faicte, air a thoirt fairear.
BESET, *v. a.* Cuartich, sèisd, iadh mu thimchioll; fàth-fheith; buail air, tuit air.
BESIDE, } *prep.* Làmh ri, fagus do, ri
BESIDES, } taobh; a bharr air, a thuilleadh air, os ceann; a mach as, uaith.
BESIEGE, *v. a.* Sèisd, iom-dhruid, teannaich mu'n cuairt, cuairtich baile gu 'ghlacadh.
BESIEGER, *s.* Fear iom-dhruididh, sèisdear.
BESMEAR, *v. a.* Salaich, luidrich, smeur thairis, cuir sal air.
BESMEARER, *s.* Fear-smeuraidh, fear-luidridh.
BESOM, *s.* Sguab-ùrlair.
BESOT, *v. a.* Fàg gun tùr, fàg gun toinise, cuir air mhìsg.
BESOTTEDNESS, *s.* Amadanachd, umpaidheachd.
BESPANGLE, *v. a.* Dealraich, lainnirich.
BESPATTER, *v. a.* Salaich, tilg poll air; càin, mill a chliù.
BESPEAK, *v. a.* Orduich, iarr roimh làimh, bruidhinn trà air a shon; labhair ri, cuir an cèill do.
BESPEAKER, *s.* Fear-iarraidh roimh-làimh, fear-ealarais.
BESPRINKLE, *v. a.* Uisgich, sriodag aich.
BEST, *adj.* A's fearr, iomlan maith.

- BESTAIN**, *v. a.* Cuir buill shalach air.
- BESTEAD**, *v. a.* Tarbhaich, buannaich; càirich gu maith.
- BESTIAL**, *adj.* Ainmhidheach, a bhùineas do bhrùid; brùideil, feòlmhor.
- BESTIALITY**, *s.* Ainmhidheachd, brùidealachd, feòlmhorachd.
- BESTIR**, *v. a.* Grad ghluais, éirich an àird, mosgail, caraich, dean cabhag.
- BESTORM**, *v. a.* Beuc, éirich gu h-atmhor, dean mòr-stoirm.
- BESTOW**, *v. a.* Thoir seachad, builich air, thoir do; thoir air son, cosg air.
- BESTOWAL**, *s.* Tabhartas seachad, buileachadh.
- BESTOWER**, *s.* Tabhartair.
- BESTRIDE**, *v. a.* Rach casa-gòbhlach, marcaich; seas thairis air, teasraig e.
- BESTUD**, *v. a.* Leugaich, seudaich, sgeadaich le cinn-thàirngean.
- BET**, *v. a.* Cuir geall, leag geall air.
- BETAKE**, *v. a.* Theirig d'a ionnsuidh, iarr cobhair air; tog ort, imich, falbh.
- BETEEM**, *v. a.* Thoir a mach, builich, bàirig.
- BETHINK**, *v. a.* and *n.* Smuaintich, cuimhnich, beachdaich, thoir fairne.
- BETHOUGHT**, *part.* Smuaintichte.
- BETIDE**, *v. a.* and *n.* Tachair do, éirich a maen, thoir gu crìch; tachradh do, tàrladh.
- BETIME**, } *adv.* 'Na àm, moch, tràthail;
BETIMES, } an ùine ghoirid, gu luath;
 moch-thrath, gu moch.
- BETOKEN**, *v. a.* Ciallaich le, comharrach, samhlaich; cuir an céill roimhlàimh.
- BETONY**, *s.* Lus mhic bheathaig, glasair-chuille.
- BETRAP**, *v. a.* Cuir an ribe.
- BETRAY**, *v. a.* Brath; éan feall, meall, leig ris rùn dìomhair caraid; nochd a chum a chall; bi luath-bheulach, thoir am fradharc; cuir an cunnart.
- BETRAYER**, *s.* Brathadair, mealltair, fear-foille.
- BETRIM**, *v. a.* Rìomhaich, sgeadaich, sgèimhich, snasaich.
- BETROTH**, *v. a.* Réitich, dean ceangal pòsaidh; biodh agad an ceangal pòsaidh.
- BETROTHMENT**, *s.* Ceangal-pòsaidh.
- BETTER**, *adj.* A chuid a 's fearr; ni 's fearr, ni 's fhearr.
- BETTER**, *adv.* Ni's fhearr, ni's fearr; ni 's mò.
- BETTER**, *v. a.* Dean ni 's fearr, leasaich, cuir am feabhas.
- BETTER**, *s.* Fear a 's urramaiche, fear a's fhearr.
- BETTING**, *s.* Cur gheall.
- BETTOR**, *s.* Fear-chur gheall.
- BETWEEN**, *prep.* Eadar, anns a' mheadh-on.
- BETWIXT**, *prep.* Eadar.
- BEVEL**, *s.* Oisinn neo-dhìreach.
- BEVEL**, *v. a.* Dean oisinn neo-dhìreach.
- BEVER**, *s.* Greim meadhoin là.
- BEVERAGE**, *s.* Deoch, dìbh; fàilt' àir dheise.
- BEVY**, *s.* Ealt eun; cuideachd, buidheann, bannal, còisir.
- BEWAIL**, *v. a.* and *n.* Dean caoidh, guil, dean tuireadh, dean bròn.
- BEWAILABLE**, *adj.* Muladach, brònach, dubhach, cruaidh.
- BEWAILING**, *s.* Caoidh, tuireadh, bròn, caoineadh.
- BEWARE**, *v. n.* Thoir an aire, bi air t' fhaicill.
- BEWILDER**, *v. a.* Seachranaich, iomrallaich.
- BEWITCH**, *v. a.* Cuir buidseachd air; cuir druidheachd air, cuir fo gheasaibh.
- BEWITCHER**, *s.* Fear-cuir fo gheasaibh.
- BEWITCHERY**, *s.* Buidseachd, druidheachd, geasan.
- BEWITCHFUL**, *adj.* Geasach, tàlaidheach.
- BEWITCHING**, *s.* Buidseachd, druidheachd.
- BEWITCHMENT**, *s.* Druidheachd, buillesùl, geasachd.
- BEWRAP**, *v. a.* Còmhdach thairis, fill mu 'n cuairt.
- BEWRAYER**, *s.* Brathadair, fear-foille, mealltair.
- BEYOND**, *prep.* Roimhe; thall, air an taobh thall; 'ni 's faide na; air nach urrainn e ruigheachd; air thoiseach air; thairis air.
- BEYOND**, *adv.* Air falbh, an sud.
- BEZZLE**, *v. a.* Struidh, dean ana-caith-eamb.
- BIAS**, *s.* Cudthrom-taobh, aomadh, claonadh, toil, togradh.
- BIAS**, *v. a.* Aom gu taobh, claon, lùb, dean leth-bhreitheach.
- BIASNESS**, *s.* Aomadh, claonadh, tionndadh gu taobh.
- BIB**, *s.* Bréid-uchd leinibh.
- BIB**, *v. n.* Òl, bi trom air òl.
- BIBBER**, *s.* Misgeir, pòitear.
- BIBLE**, *s.* Bìobull, leabhar Dhe.
- BIBLE-BEARING**, *adj.* Giùlan bìobuill; cealgach.

- BIBLICAL**, *adj.* Biobullach, a bhùineas do'n Bhìobull.
- BIBLIOGRAPHER**, *s.* Fear àrd ionnsachaidh, oileanach leabhraichean, fear ath-sgrìobhaidh.
- BIBLIOGRAPHIC**, } *adj.* A bhui-
BIBLIOGRAPHICAL, } eas do dh' eòlas leabhraichean.
- BIBLIOGRAPHY**, *s.* Teagasg àrd sgoil-eireachd, eòlas air eachdraidh leabhraichean.
- BIBLIOMANIA**, *s.* Boile leabhraichean, dian dhéigh air leabhraichean a chruinneachadh.
- BICE**, *s.* Dath, buidhe no uaine.
- BICIPITAL**, } *adj.* Dà cheannach; gò-
BICIPITOUS, } anach.
- BICKER**, *v.* Dean caonnag, dean tuasaid.
- BICKERER**, *s.* Fear-tabaid, tuasaidiche.
- BICKERING**, *s.* Trod, connsachadh, caonnag.
- BICKERMENT**, *s.* Trod, aimhreit.
- BICKERN**, *s.* Iarunn biorach.
- BICORNE**, } *adj.* Dà-adharcach.
BICORNOUS, }
- BICORPORAL**, *adj.* Dà-chorpach.
- BID**, *v. a.* Iarr, thoir cuireadh do; òrduich, thoir àithn; thoir tairgse, tairg luach; athchuingich, asluich.
- BIDDEN**, *adj.* Cuirte, air a chuireadh; òrduichte, air àithn fhaotainn.
- BIDDER**, *s.* Fear-tairgse, tairgsear.
- BIDDING**, *s.* Àithn, òrdugh, earail; tairgse.
- BIDE**, *v. n.* Còmhnuich, tàmh, gabh còmhnuidh, fuirich; mair, fan.
- BIDENTAL**, *adj.* Dà-fhiaclach.
- BIDET**, *s.* Each-beag, eachan.
- BIDING**, *s.* Tàmhachd, àros, fardoch, daehaidh.
- BIENNIAL**, *adj.* Dà-bhliadhnach, dà-bhliadhnail.
- BIENNIALY**, *adv.* An ceann gach dà bhliadhna.
- BIER**, *s.* Carbad.
- BIER-BALK**, *s.* Ceum-cille.
- BIESTING**, *s.* Nùs, ceud-bhainne.
- BIFARIOUS**, *adj.* Dà-fhillte; a thuigear air dà dhòigh.
- BIFEROUS**, *adj.* A' giùlan dà bhàrr 's a bhliadhna.
- BIFOLD**, *adj.* Dùbailte, dà-fhillte.
- BIFORM**, *adj.* Dà-chruthach.
- BIFORMED**, *adj.* Aig am bheil dà chumadh, co-aonaichte.
- BIFORMITY**, *s.* Dà-chumachd.
- BIFRONTED**, *adj.* Air am bheil dà aghaidh.
- BIFURCATED**, *adj.* Gòbhlach.
- BIG**, *adj.* Mòr, dòmhail, tomadach; leth-tromach, torrach; làn; àrdanach; àrd, treun.
- BIG**, *s.* Seòrsa eòrna.
- BIGAMIST**, *s.* Fear dhithis bhan.
- BIGAMY**, *s.* Pòsadh còmh-luath ri dithis bhan, pòsadh dùbailte.
- BIG-BELLIED**, *adj.* Torrach, leth-tromach, trom; bronnach, taigseach.
- BIG-BONED**, *adj.* Mòr-chnàmhach, garbh, làidir.
- BIGHT**, *s.* Cuairt ròpan, air an càramh cruinn air muin a chèile.
- BIGNESS**, *s.* Meudachd, dòmhlachd, tomadachd.
- BIGOT**, *s.* Fear dall-dhian an creidimh.
- BIGOTED**, *adj.* Air a thoirt seachad do dhall eud an creidimh.
- BIGOTRY**, *s.* Dian eud mi-reusanta an creidimh, dall eud am beachdaibh àraidh.
- BIGSOUNDING**, *adj.* Mòr-fhuaimueach.
- BIGSWOLN**, *adj.* Atmhor, mòr-bholgach.
- BILBERRY**, *s.* Braoileag, dearcag-mhonaidh.
- BILBO**, *s.* Claidheamh caol, claidheamh.
- BILBOES**, *s.* Ceap air bòrd luinge, inneal péin air son nan cas, air muir.
- BILE**, *s.* Sùgh buidhe searbh, domblas; iongarachadh, leannachadh.
- BILGE**, *s.* Leud iochdar luinge.
- BILGE**, *v. n.* Fas eu-dionach.
- BILIARY**, *adj.* Domblasach, a bhùineas do'n domblas.
- BILINGUOUS**, *adj.* Dà chainnteach.
- BILIOUS**, *adj.* Domblasach.
- BILK**, *v. a.* Thoir an car as, meall.
- BILL**, *s.* Gob eòin; tuadh-sgathaidh, sgian-sgathaidh; tuadh-chogaidh; sgrìobhadh-fhiachan, sgrìobhadh-gallaidh; baun-ìomlaid; paipeir-rabhaidh; cunntas-bhàs; cunntas cosgais bidh; sgrìobhadh-aideachaidh bathair a bhì air bòrd luinge.
- BILL**, *v. n.* Cuir gob ri gob.
- BILLET**, *s.* Litir bheag; paipeir-chairtealan; litir-leannachd.
- BILLET**, *v. a.* Seòl gu cairtealan, suidhich cairtealan; tog do chòmhnuidh.
- BILLIONS**, *s.* Deich ceud mìle de dheich ceud mìle.
- BILLOW**, *s.* Tonn, sùmain.
- BILLOW**, *v. n.* Eirich mar thonn, sùmainich, at.
- BILLOW-BEATEN**, *adj.* Tonn-luaisgte.
- BILLOWY**, *adj.* Tonninhor, atmhor, gailbheach, stuadhach.
- BILMAN**, *s.* Fear-sgathaidh le tuaidh.
- BIN**, *s.* Tìgh-taisg.
- BINARY**, *adj.* Dùbailte, dà-fhillte.

BIND, *v. a. and n.* Ceangail, cuibhrich, cuir an cuing; crioslaich, cuir uime; naisg, teannaich; cuir fo mhionnaibh; cum a stigh, bac; cuir fo fhiachaibh.

BINDER, *s.* Fear ceangail; ni a theannaicheas; a fillet.

BINDING, *s.* Ceangal, ceanglathan.

BINDWEED, *s.* Iadh-lus.

BINNACLE, *s.* Ionad socair na cairt-iùil.

BINOCLE, *s.* Gloin'-amhairc, dhà-shùileach.

BIOGRAPHER, *s.* Beatha-eachdraiche.

BIOGRAPHICAL, *adj.* A bhuineas do bheatha-eachdraidh.

BIOGRAPHY, *s.* Beatha-eachdraidh.

BIPAROUS, *adj.* A bheireas dithis còmhluath.

BIPARTITE, *adj.* Roinnte 'n a dhà leth.

BIPARTITION, *s.* Roinn dà leth.

BIPED, *s.* Dà-chosach.

BIPEDAL, *adj.* Dà-chosach; dà throidh air fad.

BIPENNATED, *adj.* Dà-sgiathach.

BIPETALOUS, *adj.* Dà-dhuilleach.

BIRCH, *s.* Beithe.

BIRCHEN, *adj.* Beithe, do bheithe.

BIRD, *s.* Eun, eunlaith.

BIRD, *v. n.* Glac eòin, eunaich.

BIRD-BOLT, *s.* Saighead-eòin.

BIRD-CAGE, *s.* Eun-lann.

BIRD-CALL, *s.* Feadan-meallaidh eun.

BIRDER, *s.* Eunadair.

BIRD-EYED, *adj.* Geur-shuileach.

BIRDING-PIECE, *s.* Gunn'-eunaich.

BIRDLIKE, *adj.* Coltach ri eun.

BIRDLIME, *s.* Glaodh-eun, bith-eun.

BIRDMAN, *s.* Fear-glacaidh eun.

BIRD'S-CHERRY, *s.* Fiodhag.

BIRDSNEST, *s.* Nead eòin.

BIRTH, *s.* Breith; sinnsireachd, sìol; staid-breith, inbhe; an ni a rugadh.

BIRTH-DAY, *s.* Latha-breith; co-aimn latha-breith.

BIRTHDOM, *s.* Còir-bhreith.

BIRTH-NIGHT, *s.* Oidheche-bhreith.

BIRTHPLACE, *s.* Aite-breith.

BIRTHRIGHT, *s.* Còir-bhreith, còir ceud ghin.

BIRTHSONG, *s.* Breith-rann.

BISCUIT, *s.* Breacag chruineachd.

BISECT, *v. a.* Gearr 's a' mheadhon.

BISECTION, *s.* Gearradh roi 'n mheadhon.

BISHOP, *s.* Fasbuig.

BISHOPRIC, *s.* Easbuigeachd, uachdranachd easbuig, sgìreachd easbuig.

BISHOP-WEED, *s.* Lus an easbuig.

BISK, *s.* Eanaraich, brochan-feòla.

BISON, *s.* Damh alluidh, damh fiadhaich.

BISSEXTILE, *s.* Bliadhna leum.

BIT, *s.* Mir, crioman, criomag, bideag; sparrag, beulanach.

BIT, *v. a.* Srianach, cuir srian ri.

BITCH, *s.* Galla; baobh.

BITE, *v. a.* Thoir greim as, gearr le d' fhiaclaibh, teum; bior, criom, loisg; thoir an car á.

BITE, *s.* Greim, làn-beòil; gearradh; car dona, droch cleas; mealltair, tiolamair.

BITER, *s.* Greimiche, teumair, beumair; caraiche, mealltair.

BITING, *s.* Greimeachadh, teumadh, beumadh.

BITLESS, *adj.* Neo-shrianach, neo-sparragach.

BITTACLE, See Binnacle.

BITTEN, *adj.* Greimichte, teumta.

BITTER, *adj.* Goirt, searbh, teth, geur; garg, sgaiteach, an-ìochdmbor; cràiteach, guineach; mi-thaitneach.

BITTER, *s.* Ni air bith searbh; searbhag.

BITTERLY, *adv.* Gu searbh.

BITTERN, *s.* Gràineag, corra-ghràin; sùgh-salainn.

BITTERNESSE, *s.* Searbhàchd, searbhàlachd; gamhlas, mì-rùn; crosdachd; géire, béire; doilghios, bristeadh-cridhe.

BITUMEN, *s.* Pic, bigh-thalmhainn.

BITUMINOUS, *adj.* Bigheach, piceach.

BIVALVE, *adj.* Dà-dhuilleagach, dà-shligneach, dà-mhogullach.

BIVALVULAR, *adj.* Dà-dhuilleagach, dà-chòmhlach.

BIVOUC, *v. n.* Dean faire na h-oidheche air eagal nàmhaid.

BLAB, *v. a. and n.* Bi luath-bheulach, bi lonach; innis, aithris, leig a mach.

BLAB, *s.* Fear-aithris gach sgeòil, fear-sgoileamach, lonag, breugaire, fear-tuaileis.

BLABBER, *s.* Fear-aithris gach sgeòil, beul gun fhàitheam.

BLACK, *adj.* Dubh, dorch, doilleir; gruamach, nuarranta, neulach; gràineil, mall-aichte, aingidh; dìomhaireach; muldach, brònach, tuirseach.

BLACK-CATTLE, *s.* Crodh, buar, nì, feudail, spréidh.

BLACK-EYED, *adj.* Dubh-shuileach.

BLACKGUARD, *s.* Crochaire, balach suarach mì-bheusach.

BLACK-MAIL, *s.* Dubh-chis, cis cheatharnach-coille, air son dìon cuid neach o chreachadairibh eile.

BLACK-PUDDING, *s.* Marag-dhubh, marag-fhola.

BLACK-VISAGED, *adj.* Dubh-ghnùis-each.

BLACK, *s.* Dubh, dath dubh; duine-dubh; aodach bròin.
BLACKAMOR, *s.* Duine dubh.
BLACKBERRY, *s.* Dearcag dhubbh.
BLACKBIRD, *s.* Lon-dubh.
BLACKCOCK, *s.* Coileach-dubh.
BLACKEN, *v. a. and n.* Dubh, dubhaich, dean dubh; doraich; cùl-chàin, mill cliù; fas dorch, bi dubh.
BLACKISH, *adj.* Dorch, dubh-fhiamhach.
BLACKNESS, *s.* Duibhead, dorchachd, duibhreachd.
BLACKSMITH, *s.* Gobha, gobhann, gobhann dubh.
BLACKTHORN, *s.* Droigheann dubh.
BLADDER, *s.* Eutroman, aotroman, balg.
BLADDERED, *adj.* Séidte mar eutroman.
BLADE, *s.* Bileag-fheòir, no fhochainn; lann, iarunn claidheimh, no sgeine; lasg-aire, fear spaideil; cnàimh slinnein.
BLADE, *v. a.* Crislaich le lann.
BLADED, *adj.* Bileagach, duilleagach; lannach.
BLAIN, *s.* Neasgaid, guirean, leus.
BLAMABLE, *adj.* Coireach, ciontach, airidh air achmhasan.
BLAMABLENESS, *s.* Ciontachd, coireachd.
BLAME, *v. a.* Coirich, faigh cron do.
BLAME, *s.* Coire; cionta, lochd, cron; ciùrradh.
BLAMEFUL, *adj.* Coireach, ciontach.
BLAMELESS, *adj.* Neo-choireach, neo-chiontach.
BLAMELESSNESS, *s.* Neo-chiont, neo-choireachd, tréibhdhreas.
BLAMER, *s.* Fear-cronachaidh, fear-coireachaidh.
BLAMEWORTHY, *adj.* Airidh air achmhasan.
BLAMEWORTHINESS, *s.* Ion-choireachd, airidheachd air achmhasan.
BLANCH, *v. a. and n.* Gealaich, dean geal no bàn; rùisg, sgrath; seachain, fag, leig le; cuir a thaobh, buin gu sèimh ri.
BLANCHER, *s.* Fear-gealachaidh.
BLAND, *adj.* Caoin, caomh, min, tlà, sèimh, ciùin, fòill.
BLAND, *v. a.* Dean caoin, sèimhich, ciùinich.
BLANDILOQUENCE, *s.* Cainnt mholtach, tlà-chainnt, caoin-mholadh.
BLANDISH, *v. a.* Sèimhich, dean caoin, breug, dean cainnt thlà.
BLANDISHER, *s.* Miodalaiche, fear caoin-mholaidh, fear tlà-chainnteach.

BLANDISHING, *s.* Tlà-chainnt, caoin-mboladh, briathar-caoimhneil.
BLANDISHMENT, *s.* Caoimhneas, caidreamh, tàladh; cainnt thlà, caoin-mboladh, fòill-labhairt.
BLANK, *adj.* Geal, bàn; gun sgrìobhadh; glas-bhàn, neo-ranntach.
BLANK, *s.* Aite falamh, mìr paipeir gun sgrìobhadh; crannchur gun luach; cuspair.
BLANKET, *s.* Plaide, plaideag.
BLANKET, *v. a.* Còmhdach le plaide; luasg 'san adhar am plaide.
BLANKETING, *s.* Luasgadh 's an adhar am plaide.
BLARE, *v. n.* Raoichd, dean bùrich.
BLASPHEME, *v. a. and n.* Dia-mhaslaich, dean tàir air Dia, thoir toibheum do ainm Dhé.
BLASPHEMER, *s.* Fear-labhairt toibheim; fear maslachaidh Dhé.
BLASPHEMING, *s.* Toibheumachadh.
BLASPHEMOUS, *adj.* Toibheumach.
BLASPHEMY, *s.* Toibheum, Dia-mhaslachadh.
BLAST, *s.* Osag, séideag, oiteag; séideadh, sgal.
BLAST, *v. a.* Buail le plàigh, gon; seachd, searg; mill, thoir gu neo-ni.
BLASTER, *s.* Fear-millidh, fear-gonaidh, fear-seargaidh.
BLATTER, *v. n.* Dean bladhmaireachd, bi 'geumnaich.
BLAZE, *s.* Lasair, solus lasarach, leus soluis; craobh-sgaoileadh, foillseachadh; blaradh, geal-aodainn.
BLAZE, *v. a. and n.* Cuir am farsuingeachd, craobh-sgaoil; dealraich, dean lasair, soillsich; bi soilleir, taisbean thu fein.
BLAZER, *s.* Fear-craobh-sgaoilidh sgeòil, ballsgaire aithriseach.
BLAZON, *v. a.* Dean soilleir combarran ghearradh-arm; sgèadaich gu maiseach; seòl gu folluiseach, taisbean, cuir a mach; àrd-mhol, sgaoil a chliù, dean folluiseach, gairm a suas.
BLAZON, *s.* Gearradh-arm, mìneachadh gearraidh-arm; soillseachadh, taisbeanadh; moladh, cliù-ghairm.
BLAZONER, *s.* Fear-èigheach chùmh-nantan, teachdair' àirm gu arm eile; fear cùl-chàinidh.
BLAZONRY, *s.* Eòlas ghearradh arm, suaicheantachd.
BLEACH, *v. a. and n.* Gealaich, dean geal; fas geal.
BLEACHER, *s.* Fear-gealachaidh.

BLEACHERY, *s.* Blàr-gealachaidh, tigh-gealachaidh.

BLEAK, *adj.* Lom, fuar, fuaraidh, nochd-aidh, gun tuar.

BLEAKNESS, *s.* Fuarachd, luime, mi-thuar.

BLEAR, *adj.* Rèasg-shuileach, prab-shuileach, mùsgach, dearg-shuileach, brach-shuileach; doilleir, dorch, neulach.

BLEAREDNESS, *s.* Ròsbachd, mùsgachd, prab-shuileachd.

BLEAT, *v. n.* Mèil, dean mèil.

BLEAT, *s.* Mèil.

BLEATING, *s.* Mèilich.

BLEB, } *s.* Guirean, leus, builgean.

BLOB, }

BLEED, *v. a. and n.* Leig fuil á, thoir fuil á, tarruing fuil á; cail fuil, sil fuil.

BLATE, *adj.* Saidealta, nàrach.

BLEMISH, *v. a.* Cuir gaoid ann; salaich, truaill, mi-chliùthaich.

BLEMISH, *s.* Ciorram, gaoid, cron, ailt; tàmailt, tàir, mi-chliu, sgainneal; sal, mi-mhaise, mi-dhreach.

BLEMISHLESS, *adj.* Gun ghaoid.

BLENCH, *v. a. and n.* Bac, cum air ais; crup, clisg, siap air falbh.

BLENCH, *s.* Clisgeadh, leum grad.

BLENCHEER, *s.* Culaidh-chlisgidh, culaidh-charachaidh.

BLEND, *v. a.* Coimeasgaich, cuir roimh chéile; truaill, salaich, mill.

BLENDER, *s.* Fear-coimeasgaidh.

BLESS, *v. a.* Beannaich, dean sona; guidh beannachdan air; beannaich, mol, glòraich, thoir taing.

BLESS US, *interj.* Beannaich sinn!

BLESSED, *adj.* Beannaichte, sona; naomh, iomlan sona; air a bheannachadh.

BLESSEDNESS, *s.* Beannachadh, sonas; naomhachd; sonas nèamhaidh; geannaith Dhé.

BLESSER, *s.* Fear-beannachaidh.

BLESSING, *s.* Beannachadh, beannachd.

BLEST, *adj.* Sona.

BLEW, *pret.* Shéid.

BLIGHT, *s.* Fuar dhealt, liath-reothadh; crìonadh, seargadh.

BLIGHT, *v. a.* Seac, crìon, mill le liath-reothadh.

BLIND, *adj.* Dall, gun fhradharc, dorch; dall-inntinneach, aineolach, dorch-thuigs-each.

BLIND, *s.* Sgàile-shùil, dall-bhrat; leithsgeul mealltach; ionad-folaich.

BLINDFOLD, *v. a.* Dall, dorchaich, doilleirich, còmhdaich a shùilean.

BLINDFOLD, *adj.* Sùil-chòmhdaichte, dall.

BLINDMAN'S BUFF, *s.* Dallan dà.

BLINDNESS, *s.* Doille; aineolas, dorchadas-inntinn.

BLINK, *v. n.* Caog, priob; faic gu doilleir.

BLINK, *s.* Sealladh grad, plathadh.

BLISS, *s.* Àrd-shonas; sonas nam flaith-eas; beannachadh, sonas.

BLISSFUL, *adj.* Làn aoibhneach, iomlan sona.

BLISSFULNESS, *s.* Sonas, aoibhneas coimhlionta, mòr shubhachas, beannachadh.

BLISSLESS, *adj.* Neo-shona.

BLISTER, *s.* Leus, bolgan, éirigh craicinn.

BLISTER, *v. a. and n.* Thoir leus air, thoir éirigh craicinn air, tog bolg uisg' air a chraicinn.

BLITHE, *adj.* Ait, aoibhinn, aighearach, cridheil, sunndach.

BLITHELY, *adv.* Gu h-ait, &c.

BLITHENESS, } *s.* Aiteas, sunn-

BLITHEMESOMENESS, } dachd, cridh ealachd.

BLITHEsome, *adj.* Ait, creidheil, aighearach, sunndach, aoibhinn.

BLOAT, *v. a. and n.* Séid suas, bòc, at.

BLOATEDNESS, *s.* At, bòcadh, séideadh.

BLOBBER-LIP, *s.* Spreill, meill, beul tugh.

BLOB-LIPPED, } *adj.* Busach,

BLOBBER-LIPPED, } spreilleach, meilleach.

BLOCK, *s.* Sgonn, òrd-fiodha; pluc, meall, onap, ploc; ceap, ealag; clod-cheann, baoth-fhear.

BLOCK, *v. a.* Dùin a steach, druin a stigh.

BLOCK-HOUSE, *s.* Daingneach, dùndiona; acarsaid.

BLOCK-TIN, *s.* Staoin neo-mheasgta.

BLOCKADE, *v. a.* Iom-chuairtich, iom-dhruid, teann ri air gach taobh.

BLOCKADE, *s.* Iom-dhruideadh, iom-chuairteachadh.

BLOCKHEAD, *s.* Bumaileir, sgonn gun tuigse, ùmpaidh, gurraichdeach, baothaire, amblair.

BLOCKISH, *adj.* Clod-cheannach, mi-thuigseach, ùmpaidheach.

BLOCKISHNESS, *s.* Ùmpaidheachd, amhlairachd, bumaileireachd.

BLOOD, *s.* Fuil; sliochd, siol, gineal; lùchd-dàimh, càirdean; breith inbheach, àrd-uaisle; dòrtadh fola, mortadh.

BLOOD, *v. a.* Salaich le fuil, còmhdaich le fuil, thoir fuil do, mar do chù òg; leig fuil as, thoir fuil as.

- BLOOD-BOLTERED**, *adj.* Aig am bheil 'fhalt làn fola.
- BLOOD-HOT**, *adj.* Fuil theth, teth mar fhuil.
- BLOOD-LETTER**, *s.* Fear-tarruing fola.
- BLOOD-RED**, *adj.* Dearg mar fhuil.
- BLOOD-STAINED**, *adj.* Ballach le fuil.
- BLOOD-STONE**, *s.* Clach uaine luachmhor, air a balladh mar le fuil.
- BLOOD-THIRSTY**, *adj.* Fuileachdach, marbhtach.
- BLOOD-VESSEL**, *s.* Cuisle, féith.
- BLOOD-GUILTINESS**, *s.* Cionta-fola.
- BLOOD-HOUND**, *s.* Cù-luirg.
- BLOODILY**, *adv.* Gu fuileachdach, &c.
- BLOODINESS**, *s.* Fuileachd, fuilteachas; déidh air dòrtadh fola.
- BLOODLESS**, *adj.* Gun fhuil; gun mharbhadh, neo-fhuilteach; neo-smiorail.
- BLOODSHED**, *s.* Dòrtadh fola, marbhadh; àr, mortadh.
- BLOODSHEDDER**, *s.* Fear-dortaidd fola, mortair.
- BLOODSHOT**, *adj.* Fuil-ruitheach, fuileach.
- BLOODSUCKER**, *s.* Deòthladair fola; fear fuileachdach, mortair.
- BLOODY**, *adj.* Fuileach, air am bheil fuil; fuilteach, fuileachdach, marbhtach, an-ìochdmhor.
- BLOODY-MINDED**, *adj.* Neo-ìochdmhor, fuilteach.
- BLOOM**, *s.* Blàth; ùr-fhàs, cinneachadh, snuadh na h-òige, dreach.
- BLOOM**, *v. a. and n.* Thoir a mach blàth, thig fo bhlàth; fàs, cinn.
- BLOOMY**, *adj.* Làn bhlàth, blàthmhor, ùrar.
- BLOSSOM**, *s.* Blàth, bàrr-guc.
- BLOSSOM**, *v. n.* Thig fo bhlàth.
- BLOSSOMY**, *adj.* Blàthmhor.
- BLOT**, *v. a.* Dubh a mach; salach, cuir ball dubh air; duaichnich, dorchaich.
- BLOT**, *s.* Dubhadh a mach, sgrìobadh as; ball dubh, smal, sal; cron, lochd, masladh.
- BLOTCH**, *s.* Leus, guirmean, builgean.
- BLOTE**, *v. a.* Tiormaich 's an deathaich.
- BLOTTING**, *s.* Cur bhall dubh air, salachadh, dubhadh.
- BLOW**, *s.* Buille, gleadhhar, sgealp; bualadh, slachdadh; blàth.
- BLOW**, *v. a. and n.* Séid; séid suas, lion le gaoidh, cuir gaoidh ann; bi gearr-analach, plog; thig fo bhlàth, cuir blàth a mach; at.
- BLOWING**. Séideadh.
- BLOWN**, *adj.* Séidte, air at, bòcta.
- BLOWPIPE**, *s.* Pìob-shéididh.
- BLOWZE**, *s.* Caille phluiceach dhearg.
- BLOWZY**, *adj.* Ruiteach, dearg 's an aghaidh, loisgte leis a ghréin.
- BLUB**, *v. a.* At, bòc.
- BLUBBER**, *s.* Saill muice-mara; deann-dag mhara.
- BLUBBER**, *v. a. and n.* At t' aghaidh le caoineadh; dean glugadaich guil, dean caoineadh aileagach.
- BLUDGEON**, *s.* Bata, slacan, cuaille.
- BLUE**, *adj.* Gorm.
- BLUE**, *s.* Guirmean.
- BLUEBOTTLE**, *s.* Gille-guirmein, gille-gorm, gorman; cuileag mhòr.
- BLUE-EYED**, *adj.* Gorm-shuileach.
- BLUENESS**, *s.* Guirme, guirmead, gormachd.
- BLUFF**, *adj.* Atmhor, bòcach, gruamach, glagach; maol, neo-gheur.
- BLUFFNESS**, *s.* Gruamachd, iargaltas, doimheachd.
- BLUSH**, *adj.* Air am bheil gorm eutrom.
- BLUSHINESS**, *s.* Liath-ghuirmeachd.
- BLUNDER**, *v. n.* Rach am mearachd, dean bladhmadaich, mearachdaich, tuislich, tuit an iomrall.
- BLUNDER**, *s.* Mearachd, iomrall, tuisleadh.
- BLUNDERBUSS**, *s.* Gunna-glaice, gunna peileireach.
- BLUNDERER**, *s.* Iomrallaiche, maolan, fear mearachdach.
- BLUNDERHEAD**, *s.* Maolan, ùmpaidh, clod-cheann.
- BLUNT**, *adj.* Maol, neo-gheur, gun fhaobhar; neo-thuigseach, ùmpaidheil; aineolach, mi-mhodhail, neo-fhaicilleach, neo-chuimhir; cruaidh, teann, tiugh.
- BLUNT**, *v. a.* Maolaich, thoir air falbh am faobhar; lagaich, ciosaich.
- BLUNTING**, *s.* Maolachadh, lagachadh, taiseachadh.
- BLUNTNESS**, *s.* Maolead, cion faobhair; cion tuigse; mi-mhodhalachd, umpaidheachd.
- BLUR**, *s.* Ball salach, smal, sal.
- BLUR**, *v. a.* Dorchaich, fàg duaichnidh, tarruing smal air, fàg dubh.
- BLUSH**, *v. n.* Bìodh rughadh grnaidhe ort; fàs ruiteach, bi ruiteach.
- BLUSH**, *s.* Rughadh, gnùis-nàire, ruiteag; rughadh, deirge.
- BLUSHY**, *adj.* Ruiteach, ruiteagach, gnùis-nàrach.
- BLUSTER**, *v. a. and n.* Beuc, dean toirm mar an sian; bagair, dean collaid, bi gleadhach.
- BLUSTER**, *s.* Collaid, gleadhraich, stairir

- ich; aimhreit, comhstri; laga'rt, bòsd, spagluinn.
- BLUSTERER**, *s.* Fear-bagairt, glagaire, fear-spagluinn, ceatharnach ladarna.
- BLUSTERING**, *s.* Collaid, gleadhraich, aimhreit, stairich.
- BLUSTROUS**, *adj.* Collaideach, spagluinn-each.
- BO**, *interj.* Ob! ob! bo!
- BOAR**, *s.* Torc, cullach.
- BOAR-SPEAR**, *s.* Torc-lann.
- BOARD**, *s.* Bòrd, clàr, dèile, mìr tana fiodha; cuirn, teachd-an-tìr; bòrd-cùirte, mòd; bòrd luinge.
- BOARD**, *v. a. and n.* Bòrd, glac soith-each: còmhdaich thairis le bòrdaibh; cuir air bhòrd; bi air bhòrd.
- BOARDWAGES**, *s.* Dìoladh airson teachd-an-tìr, bòrd-thuarasdal.
- BOARDER**, *s.* Fear-dìolaidh air son a lòn.
- BOARDING-SCHOOL**, *s.* Sgoil-bùird.
- BOARISH**, *adj.* Aineolach mar mhuic; brùideil, garg, fiadhach.
- BOAST**, *v. a. and n.* Dean uail á, dean spagluinn, dean bòsd á; mol thu féin.
- BOAST**, *s.* Bòsd, uail, spagluinn; cùis-uail.
- BOASTER**, *s.* Fear-uail, fear-ràiteachais, glagaire, bòsdair.
- BOASTFUL**, *adj.* Bòsdail, mòr-chuiseach.
- BOASTINGLY**, *adv.* Gu bòsdail, &c.
- BOASTLESS**, *adj.* Iriosal, neo-bhòsdail.
- BOAT**, *s.* Bàta, eithear, culaidh, sgoth, geola, birlinn, iùrach.
- BOATMAN**, } *s.* Fear-bàta.
- BOATSMAN**, }
- BOATSWAIN**, *s.* Fear-acfhuinn luinge.
- BOBBIN**, *s.* Iteachan.
- BOBTAIL**, *s.* Gearr-earball, cutaiche.
- BOBTAILED**, *adj.* Cutach, gearr-earballach.
- BOB-WIG**, *s.* Gruag gheàrr.
- BODE**, *v. a. and n.* Tàisnich, dean fiosachd, cuir air mhanadh; innis roimh làimh.
- BODE**, *s.* Tuar-manaidh, combharradh; fuireach, stad.
- BODIMENT**, *s.* Combharradh, tuar, manadh.
- BODGE**, *v. n.* Bi an teagamb, bi an iomachomhairle, stad, fàilnich.
- BODICE**, *s.* Cliabh-beag, cliabhan-cean-gail.
- BODIED**, *adj.* Corporra, corpaichte.
- BODILESS**, *adj.* Neo-chorporra, spioradail.
- BODILY**, *adj.* Corporra, a bhùineas do'n chorp.
- BODING**, *s.* Tuar, manadh, rabhadh, combharradh.
- BODKIN**, *s.* Biodag; dealg; snàthad-tharruing, dealg-fuilt.
- BODY**, *s.* Corp, column, ni neo-sporadail; neach, creutair, urra; meall, buidheann, meadhon feachd, corp airm; cuideachd, comunn; spionnadh, treòir, neart.
- BODY-CLOTHES**, *s.* Eudach-cuirp, brat-each.
- BOG**, *s.* Fèithe, boglach, suil-chruthaich.
- BOG**, *v. a.* Cuir fuidhe am boglach.
- BOGGLE**, *v. n.* Clisg, leum air t' ais; stad, bi an teagamb.
- BOGGLER**, *s.* Gealtair, fear lag-mhisnich, duine gun spiorad.
- BOGGY**, *s.* Càtharach, bog, fèitheach.
- BOGHOUSE**, *s.* Tigh-socair.
- BOIL**, *v. a. and n.* Dean teth, bruich; goil, dean goileach; bi teth, bi dian, bi bras; bi fo bhuaireas; deasaich le goil.
- BOILER**, *s.* Goileadair, còraire; coire.
- BOISTEROUS**, *adj.* Gàillbheach; fuathasach, stoirmell; tuaireapach, aimhreit-each, buaireasach, àrd-labhrach; borb.
- BOISTEROUSNESS**, *s.* Gàillbheachd, stoirmealachd, tuaireapachd, doireannachd, borbachd.
- BOLD**, *adj.* Dàna, misneachail, foghain-teach, treun, neo-sgàthach; gaisgil, fearail, tapaidh, treubhach; ladarna, mi-mhodhail; combharrachta, sònruichte, àraidh.
- BOLDEN**, *v. a.* Cuir misneach ann, dean dàn' e.
- BOLDFACE**, *s.* Ladarnas.
- BOLDFACED**, *adj.* Bathaiseach, dàna, ladarna.
- BOLDNESS**, *adj.* Dànachd, misneachd, treuntachd, neo-sgàthachd; gaisgealachd, fearalachd, tapachd, treubhachd; fosgailteachd, saorsachd, neo-shaidealteachd; ladarnas, mi-mhodhalachd.
- BOLE**, *s.* Corp craoibhe; gnè ùrach.
- BOLIS**, *s.* Meall geal teine 's an adhar, dreug.
- BOLL**, *s.* Cuinnlein déise, lurg déise; bola.
- BOLSTER**, *s.* Adhart, cluasag, ceann-adhart.
- BOLSTER**, *v. a.* Adhartaich, càirich cluasag fo cheann; cum taice ri, cum an àird.
- BOLSTERING**, *s.* Taice, adhart.
- BOLT**, *s.* Saighead; dealan, dealanach, beithir; geimheal; crann doruis.
- BOLT**, *v. a. and n.* Glais, druid le crann, crann, dhùn; daingnich le crann, cum ri chéile; grad leum, briosg; criathair.

BOLT-ROPE, *s.* Còrd-faitheim siùil, cord aoire siùil, aoir.
BOLTER, *s.* Criathar; lìon-glacaidh.
BOLTING-HOUSE, *s.* Tigh-criathraidh.
BOLTING-TUB, *s.* Ciste-chriathraidh, tuba-chriathraidh.
BOLTSPLIT, }
BOWSPRIT, } *s.* Crann-spreòid luinge.
BOLUS, *s.* Cungaidh-leighis.
BOMB, *s.* Toirm, àrd-fhuaim; peileir bloighdeach; clag-fhuaim.
BOMBARD, *s.* Gunna mòr; soitheach dibhe.
BOMBARD, *v. a. and n.* Tilg peileirean bloighdeach air, thoir ionnsuidh le toirm-shlige.
BOMBARDIER, *s.* Gunnadair thoirm-shligean.
BOMBARDMENT, *s.* Séisd thoirm-shligean, ionnsuidh le peileiribh bloighdeach.
BOMBAST, *s.* Spagluinn, baath-chainnt, sgopraich bhruidhne, àrd-ghlòir.
BOMBAST, *adj.* Àrd-ghlòireach, spagluinneach, baath-chainnteach.
BOMBAST, *v. a.* Séid suas, lìon le baath-chainnt.
BOMBASTIC, *adj.* Àrd-ghlòireach, spagluinneach.
BOMBULATION, *s.* Fuaim, gleadhraich.
BOMBYX, *s.* Durrag shioda.
BONASUS, *s.* Damh fiadhaich.
BOND, *s.* Ceangal, cuibhreach, bann, còrd; geimhlichean, cuibhrichean, braighdeanas; ceangal, gealladh.
BOND, *adj.* Ceangailte, tràilleil, daor, fo bhruid.
BONDAGE, *s.* Braighdeanas, daorsa, tràillealachd; ceangal, comain.
BONDMAID, *s.* Ban-tràill.
BONDMAN, *s.* Tràill, tràill-òglach.
BONDSERVANT, *s.* Tràill, neach an daorsa.
BONDSERVICE, *s.* Tràillealachd, daorchis.
BONDSLAVE, *s.* Tràill.
BONDSMAN, *s.* Tràill; urras, fear-urrais.
BONDSWOMAN, }
BONDWOMAN, } *s.* Ban-tràill.
BONE, *s.* Cuàmh; cnàmh-feòla.
BONE, *v. a.* Cuàmhich, thoir na cnàmhan as.
BONED, *adj.* Cnàmhach, mòr, garbh, làidir.
BONELACE, *s.* Obair lìn.
BONELESS, *adj.* Gun chnàmh.
BONSET, *v. n.* Cuir 'na alt, altaich.

BONESETTER, *s.* Olla chnàmh.
BONFIRE, *s.* Tein'-aobhneis.
BONGRACE, *s.* Brat-sgàile, còmhach bathais.
BON-MOT, *s.* Freagairt àbhachdach.
BONNET, *s.* Boineid, biorraid, ceann-aodach.
BONNET, *v. n.* Dean ùmhlachd, thoir boineid gu lár.
BONNY, *adj.* Bòidheach, maiseach, sgiamhach, àluinn, eireachdail, laghach moileanach, tlachdmhor.
BONY, *adj.* Cnàmhach, mòr-chnàmhach.
BOOBY, *s.* Buimilear, clod-cheann, umpaidh.
BOOK, *s.* Leabhar, sgrìobhadh, rò; leabhar, earrann.
BOOK, *v. a.* Sgrìobh an leabhar, cuir sìos an leabhar.
BOOK-KEEPER, *s.* Fear-cumail leabhraichean cunntais, clóireach.
BOOK-KEEPING, *s.* Eòlas rian-chunntais.
BOOKBINDER, *s.* Leabhar-cheangladair, leabhar-cheanglair.
BOOK-CASE, *s.* Leabhar-lann.
BOOKISH, *adj.* I eabhrach, gnàth-leughach, déigheil air leabhraichean.
BOOKISHNESS, *s.* Dian-leughadair-eachd.
BOOK-LAND, *s.* Fearann-còrach.
BOOKLEARNED, *adj.* Foghluinte, eòlach mu leabhraichibh.
BOOKLEARNING, *s.* Ionnsuchadh, sgoilearachd.
BOOKLESS, *adj.* Neo-shuimeil mu leabhraichibh, neo-leabhrach.
BOOKMAKING, *s.* Leabhar-dheanamh.
BOOKMAN, *s.* Sgoilear, fear-leabhraichean.
BOOK-OATH, *s.* Mionnan-bìobuill.
BOOKSELLER, *s.* Reiceadair leabhraichean, leabhar-reicear.
BOOKWORM, *s.* Reudan-leabhair, leòman; fear-dian-leughach, fear ro thoigh-each mu fhoghlum.
BOOM, *s.* Crann sgòid; crann-seòlaidh na slighe; stairsneach acarsaid, spàrr dìona acarsaid.
BOOM, *v. n.* Ruith gu luath, dian-ruith; tulg, luasgain air bhàrr tuinne.
BOON, *s.* Tìodhlac, saor-thabhartas.
BOON, *adj.* Cridheil, aighearach, sunndach, aobhach, ait; caoimhneil, fiùghantach.
BOOR, *s.* Balach, òglach cumanta, ùipear, ùmpaidh.
BOORISH, *adj.* Ludarach, ùipearach, mi-mhodhail, neo-oileanta.

BOORISHNESS, *s.* Ludarachd, ùipear-achd, mì-mhodhalachd.

BOOT, *v. a.* Tairbhich, buannaich, coisinn; saibhrich, dean feum do.

BOOT, *s.* Buannachd, cosnadh, tairbhe; barrachd, tuilleadh; cobhartach, creach, faobh; bòtuinn, cas-bheart; ionad-toisich carbaid.

BOOT, *v. a.* Bòtuinnich, cuir ort bòtuinnean.

BOOT-CATCHER, *s.* Gille bhòtuinn.

BOOT-HOSE, *s.* Mogan, stocaidhnean an àite bhòtuinnean.

BOOT-TREE, *s.* Ceap bhòtuinnean.

BOOTED, *adj.* Bòtuinneach.

BOOTH, *s.* Bùth, pàillion, pubull, mainnir, bothan.

BOOTLESS, *adj.* Neo-tharbhach, neo-fheumail, neo-stàthach, diombain, faoin; neo-bhuadhach.

BOOTY, *s.* Cobhartach, creach, spùinneadh, cobhartach reubainn; cluiche cuilbheartach, tabhartas cuilbheartach.

BOPEEP, *s.* Folach-fead, dideagaich.

BORABLE, *adj.* A ghabhas tolladh.

BORAX, *s.* Salann glaohdhaidh, salann táthaidh.

BORDER, *s.* Oir, bile, crìoch, iomall, bruach, taobh, eirthir.

BORDER, *v. a. and n.* Ruig, bean, crìochnaich ri; cuir crìoch ri, eum a stigh; bi teann air, bi 'n taice ri, bi dlùth do.

DORMITORY, *s.* Aite codail, seòmar
 codail.
DORMOUSE, *s.* Dallag.
DORN, *s.* Dronnag, seòrs' eisg.
DORSAL, *adj.* A bhùineas do'n druim.
DOSE, *s.* Tomhas cungaidh leigis; balgum
 searbh; làn-bronn.

DOSE, *v. a.* Thoir tomhas cungaidh
 leighis.
DOSSIL, *s.* Caiteas, dos.
DOT, *s.* Punc, pong, dùradan.
DOT, *v. a.* Comharraich, cuir ballan air,
 dean puncan.
DOTAGE, *s.* Breitheal, breisleach, lean-
 abas shean aois; gaol mi-reusanta.
DOTARD, *s.* Sean duine leanabail, neo-
 dhuine.
NOTE, *v. n.* Bi 'na d' bhreitheal; bi an
 trom-ghaol; beachdaich air le gràdh.
DOTTEREL, *s.* An t-amadan mòintich.
DOUBLE, *adj.* Dùbailte, dà-fhillte; a
 dhà uibhir; fealltach, carach, cealgach.
DOUBLE, *v. a. and n.* Dùblaich, dùbail,
 cuir dà-fhillte; dean uibhir eile; bi dùb-
 ailte, fas uibhir eile; bi carach.
DOUBLE, *s.* Dùbladh, dùblachadh, uibhir
 eile; car, cleas; leth-bhreact.
DOUBLENESS, *s.* Dùbailteachd, dùb-
 lachd.
DOUBLER, *s.* Fear-dùblachaidh.
DOUBLET, *s.* Peiteag, deacaid; dithis,
 càraid.
DOUBT, *v. a. and n.* Cuir an teagamh,
 cuir an amharus, cuir an umhail, na h-
 earb as; bi an ioma-chomhairle, gabh umh-
 ail, bi agail, bi an imcheist.
DOUBT, *s.* Teagamh, ioma-chomhairle,
 imcheist; amharus, neo-chiunteachd; ag,
 an-amharus, an-earbsa.
DOUBTER, *s.* Fear cur an teagamh.
DOUBTFUL, *adj.* Teagamhach, mi-
 chinnteach, neo-shoilteir; amharusach,
 agail, an-earbsach, sgathach.
DOUBTFULNESS, *s.* Teagamh, mi-
 chinnteachd; doilleireachd; tuiteamas.
DOUBTLESS, *adj.* Cinnteach, gun teag-
 amh, gun amharus.
DOUBTLESS, *adv.* Gu cinnteach, gun
 teagamh, gun ag, gun cheist, gun amh-
 arus.
DOVE, *s.* Calman, colman.
DOVECOT, *s.* Calm-lann, tigh-chalman.
DOVETAIL, *s.* Fiaclachadh saorsainn-
 eachd.
DOUGH, *s.* Taois.
DOUGHTY, *adj.* Gaisgeil, euchdail, fath-
 ail, calma, curanta, foghainteach, sùiorail.
DOUGHY, *adj.* Taoiseach.
DOUSE, *v. n.* Tum, thoir leagadh do.
DOWAGER, *s.* Bantrach uasal, ban-dùbh-
 airiche.
DOWDY, *s.* Té shlaopach, neo-chruinneil,
 sgumrag.
DOWDY, *adj.* Sgumragach, slaopach,
 sglèòideach.

DOWER, } *s.* Tochradh; dubhairidh, cuibh-
DOWRY, } rionn bantraich.
DOWERED, *adj.* Air a tochradh.
DOWERLESS, *adj.* Gun tochradh, gun dubhairidh.
DOWLAS, *s.* Anart asgairt.
DOWN, *s.* Cléit, cléitean, clòimh, mìn-chléite, mìn-ite, mìn-chlòimh, mìn-fhalt; raon, magh, còmhnard.
DOWN, *prep.* Sìos, le, leis, le bruthach, le leathad.
DOWN, *adj.* Sìos, air làr; a nuas; air luidhe, as an t-sealladh.
DOWN, *interj.* Sìos; a bhàn.
DOWNCAST, *adj.* Airtnealach, trom, smuairianach, dubhach.
DOWNFAL, *s.* Tuiteam, leagadh, ìsleachadh; sgrios.
DOWNFALLEN, *adj.* Leagta, sgriosta, air tuiteam sìos.
DOWNHILL, *s.* Leathad, leacann.
DOWNRIGHT, *adj.* Soilleir, fosgailte, saor, dìreach; calg-dhìreach, tréibhdhìreach, neo-chealgach; folluiseach, as an aodann.
DOWNRIGHT, *adv.* Gu buileach, gun stad; gu soilleir, gu neo-chealgach.
DOWNSITTING, *s.* Suidhe sìos.
DOWNWARD, } *adv.* Sìos, a bhàn, le
DOWNWARDS, } bruthach, a nuas.
DOWNWARD, *adj.* A' dol le bruthach, a' téarnadh, aomachdail, a' cromadh; smuairianach.
DOWNY, *adj.* Clòimheach, clùmhach, cléiteach; bog, mìn, maoth, caomh.
DOXY, *s.* Strìopach, aigeannach.
DOZE, *v. a. and n.* Dean trom, dean codalach; clò-choidil.
DOZEN, *s.* Dusan, a dhà-dheug.
DOZING, *s.* Clò-choadal, lunnadaireachd.
DOZY, *adj.* Codalach; lunnach.
DRAB, *s.* Sìùrsach, strìopach, strapaid; mosag, grodag, caile bhreun.
DRACHM, *s.* Sean chùinneadh Greugach; an t-ochdamh cuid de dh' unnsa.
DREAD, *adj.* Eagallach, uamhasach.
DRAFF, *s.* Drabh, cuàmhag, dràbhag, fuigheall.
DRAFFISH, }
DRAFFY, } *adj.* Dràbhagach.
DRAG, *v. a. and n.* Slaoid, tarruing, spìon; bi 'na d' shlad.
DRAG, *s.* Lion-tarruing, tarruing; greimiche; slaod, càrn.
DRAGGLE, *v. a. and n.* Luidir, salaich, slaod troimh 'n pholl; bi salach le poll, bi drabhasach.
DRAGNET, *s.* Tarruing, lion-sgrìobaidh.

DRAGON, *s.* Dràgon, nathair sgiathach; duine borb, fear nimheil.
DRAGONET, *s.* Dràgon beag.
DRAGONFLY, *s.* Tarbh-nathrach.
DRAGOON, *s.* Saighdear eachraidh.
DRAGOON, *v. a.* Thoir thairis do mhéinn an airm.
DRAIN, *v. a.* Traogh, tarruing, tiormaich.
DRAIN, *s.* Guitear, clais.
DRAKE, *s.* Drac, ràc, tuunag fhìrionn, còileach-lacha.
DRAM, *s.* Dràm, sgailc.
DRAM, *v. n.* Òl dràm.
DRAMA, *s.* Cluiche, dàn-chluiche.
DRAMATIC, } *adj.* Cluicheach, a
DRAMATICAL, } bhuineas do dhàn-chluiche.
DRAMATIST, *s.* Ùghdair cluiche.
DRAPER, *s.* Ceannaiche no fear-reic aodaich.
DRAPERY, *s.* Obair aodaich, figheadair-eachd aodaich; aodach; deise dealbh neach.
DRAUGHT, *s.* Tarruing; srùbadh, deoch, dibh; uiread 's a dh' òlas neach air aon tarruing.
DRAUGHTHOUSE, *s.* Tigh aolaich.
DRAUGHTSMAN, *s.* Fear-tarruing.
DRAUGHTS, Tàileasg.
DRAW, *v. a. and n.* Tarruing, dragh, slaod; spìon, spìol; deoghail, thoir á; sìn, dean fada; comh-dhùn; tàlaidh, meall; bi tarruing; crup, comh-chrup; dealbh.
DRAWBRIDGE, *s.* Drochaid thogalach, drochaid tharruing.
DRAWER, *s.* Fear-tarruing dibhe, gille bùird; cisteag thairngeach; fear-tarruing bainn; fo-bhrigis.
DRAWING-ROOM, *s.* Seòmair coinn-eachaidh.
DRAWL, *v. a. and n.* Màirnealach, dean seamsan; bi draoluinneach, labhair gu slaodach.
DRAWL, *s.* Draoluinn, ràsan.
DRAWN, *part.* Tàirngte, air a tharruing.
DRAW-WEEL, *s.* Tobar domhain.
DRAY, }
DRAY-CART, } Cairt-leanna.
DREAD, *s.* Eagal, oillt, geilt, gealtachd, fiamh; cùis-eagail, culaidh-eagail.
DREAD, *adj.* Eagalach, oillteil, uamhasach.
DREAD, *v. n.* Oilltich, biodh eagal ort, criothnaich.
DREADFUL, *adj.* Eagalach, oillteil, uamhar, uamhasach.
DREADLESS, *adj.* Neo-eagalach, neosgàthach, gun fhiamh, gun ghealtachd.
DREADLESSNESS, *s.* Neo-ghealtachd.

DREAM, *s.* Aisling, bruidar; breisleach, faoin smuain.
DREAM, *v. a. and n.* Bruadair, faic aisling, aislingich; smuainich gu faoin.
DREAMER, *s.* Bruadaraiche, aislingiche.
DREAMLESS, *adj.* Saor o bhruadaraibh.
DREAR, } *adj.* Muladach, brònach,
DREARY, } tiamhaidh; aonaranach, dorcha, déistinneach.
DREARINESS, *s.* Uabharrachd, dubhachas, uaigneachd.
DREGGY, *adj.* Druaipèil, dràbhagach.
DREGS, *s.* Druaip, dràbhag, salchar; grùid, grunn; fòtus, fuaigneall, sguabadh.
DRENCH, *v. a.* Fliuch, bogaich; taisich; sgùr, purgaidich; nigh, glan.
DRENCH, *s.* Deoch, làn-deoch; purgaid-sgùraidh.
DRESS, *v. a. and n.* Sgeadaich, còmhdaich, eudaich gu lùisemach, breaghaich, sgiamhaich, uidheamaich, ceartaich, deasaich; gréidh; bi lùisemach.
DRESS, *s.* Aodach, earradh, sgeadachd, culaidh, uidheam; rìomhadh.
DRESSER, *s.* Fear-sgeadachaidh; fear-deasachaidh; còrn-chlàr.
DRESSINGROOM, *s.* Seòmar-sgeadachaidh.
DRIBBLE, *v. a. and n.* Srid, sil, braon, fras; tuit 'n a d' bhoinnean'.
DRIER, *s.* Tiorman.
DRIFT, *s.* Aomadh, claonadh, miann; cathadh, cuirthe; cùrsa, brìgh, ciall.
DRIFT, *v. a. and n.* Iomain, cuir le gaoith; cuir 'na chuirthe.
DRILL, *v. a.* Toll; teagaisg gleus-arm.
DRILL, *s.* Tora, gimileid; teagasg airm.
DRINK, *v. a. and n.* Òl, srùb, sùgh, gabh deoch, dean òl; gabh misg, bi misgeach.
DRINK, *s.* Deoch.
DRINKABLE, *adj.* A ghabhas òl.
DRINKER, *s.* Misgear, pòitear.
DRIP, *v. a. and n.* Sil, sruth, snidh; bi boinnealaich.
DRIP, *s.* Sileadb, braon, driobaid, snidheadh.
DRIPPING-PAN, *s.* Aghann silidh.
DRIVE, *v. a. and n.* Greas, buail air aghart; iomain, fuadaich, saodaich, ruag; cuir an eigin; thoir air.
DRIVE, *s.* Greis an carbad.
DRIVEL, *v. n.* Ronnach, bi sileadh ronnan.
DRIVEL, *s.* Ronn, sgleog, seile, smugaid.
DRIVELLER, *s.* Sgleogaire, spliugaire; amadan, neò-dhuine.
DRIVEN, *part.* Fògairte, fuadaichte, iomanaichte.

DRIVER, *s.* Fear-greasaidh; iomanaiche, carbadair.
DRIZZLE, *v. a. and n.* Braon, sil; bi boinnealaich, snidh.
DRIZZLE, *s.* Ciùrach; boinne taig.
DRIZZLY, *adj.* Braonach, a' deanamh ciùraich.
DROLI, *s.* Àmhuilteach, fear-àbhachd, cleasaiche.
DROLL, *adj.* Neònach, aighearach, cleasach.
DROLLERY, *s.* Àmhuiltean, cleasachd, àbhachd, fearas-chuideachd.
DROMEDARY, *s.* Dromadair, droman.
DRONE, *s.* Seillein diomhain; leisgean, lunn-dair, rongair; torman, dos-pìoba.
DRONISH, *adj.* Lunn-dach, codalach, diomhanach, rongach, slaodach.
DROOP, *v. n.* Searg, crìon, crom, meath; fas lag, caith air falbh; aom.
DROP, *s.* Boinne, braon, driog; cluas-fhàile.
DROP, *v. a. and n.* Sil, fras, braon, driog; leig tuiteam le; leig seachad, leig dhìot e; fras; tuit, basàich.
DROPPING, *s.* Sileadh, snidhe.
DROPLET, *s.* Meanbh-bhoinne, driog.
DROPSICAL, } *adj.* Meud-bhronnach, air
DROPSIED, } am bheil a' mheudbhronn.
DROPSY, *s.* Meud-bhronn.
DROSS, *s.* Smùrach, dus, salchar, spruill-each, pronnag.
DROSSY, *adj.* Smuirneanach, meirgeach; salach, drabhasach.
DROVE, *s.* Treud, greigh, dròbh; baidne; bannal.
DROVER, *s.* Ceannaiche threud, dròbhair.
DROUGHT, *s.* Tiormachd, tart, turadh; pathadh.
DROUGHTINESS, *s.* Tiormachd.
DROUGHTY, *adj.* Tioram, tartmhor; pàiteach.
DROWN, *v. a. and n.* Bàth; tuilich; bi air do bhàthadh.
DROUSE, *v. a. and n.* Cuir 'na thurra-chodal; bi turra-chodalach; bi airtnealach.
DROWSINESS, *s.* Trumadas, codalachd, tromsanaich; lunn-daireachd, slaodaireachd.
DROWSY, *adj.* Codalach, tromsanaich, trom-cheannaeh, neo-ghrad.
DRUB, *v. a.* Spuac, cnapaich, slachduinn, gréidh, gabh air.
DRUB, *s.* Spuac, cnap, buille, dòrn.
DRUDGE, *v. a. and n.* Dean sìor-obair, oibrich gun tàmh; dean obair thràilleil.

DRUDGE, *s.* Tràill, tàrlaid, làbanaiche.
DRUDGERY, *s.* Tràillealachd, obair dhibhldh, saothair.
DRUG, *s.* Cungaidh leighis; ni gun fhiù.
DRUG, *v. a.* Thoir cungaidh leighis do; cuir cungaidh leighis no mhillidh ann.
DRUGGET, *s.* Drògaid.
DRUGGIST, *s.* Reiceadair chungaidh leighis.
DRUID, *s.* Drùidh, draoidh, sagart am measg nan sean Bhreatunnach.
DRUIDICAL, *adj.* Drùidheil.
DRUIDISM, *s.* Drùidheachd.
DRUM, *s.* Druma.
DRUM, *v. a. and n.* Cuir druma ri, buail druma; dean gleadhraich, gliong.
DRUMMER, *s.* Drumair.
DRUMSTICK, *s.* Bioran-druma.
DRUNK, *adj.* Air mhisg, misgeach.
DRUNKARD, *s.* Misgear, pòitear, ruidhtear.
DRUNKEN, *adj.* Misgeach, a tha tric air mhisg.
DRUNKENNESS, *s.* Misg, pòit; misgearachd, pòitearachd, ruidhtearachd.
DRY, *adj.* Tioram; seargta, gun sùgh; pàiteach, iotmhor; gun bhrìgh; neo-shuimeil, fuar.
DRY, *v. a. and n.* Tiormaich, siab; seac, crion, searg; tiormaich suas; fàs tioram.
DRYAD, *s.* Glas-stig; doire-òigh.
DRYER, *s.* Tiorman.
DRYNESS, *s.* Tiormachd; seacadh, crainnteitheachd; seisge, neo-thorrachas.
DRYNURSE, *s.* Banaltrum thioram.
DRYSALTER, *s.* Ceannaiche chungaidh dhathadairean.
DRYSHOD, *adj.* A chasa' tioram.
DUB, *v. a.* Dean ridire, cuir an inbhe ridire; urramaich, àrdaich an inbhe.
DUB, *s.* Buille, cnap, dòrn.
DUBIETY, *s.* Neo-chinnteachd.
DUBIOUS, *adj.* Neo-chinnteach, teagamhach, ioma-chomhairteach; neo-shoilleir.
DUBIOUSNESS, *s.* Teagabhachd, neo-chinnteachd.
DUBITABLE, *adj.* Teagamhach.
DUCAL, *adj.* Diùchdail, a bhùineas do dhiùchd.
DUCAT, *s.* Bonn naoidh a's shé sgillean.
DUCK, *s.* Tunnag; lach; cromadh cinn.
DUCK, *v. a. and n.* Cuir fo'n uisge, tum; rach fo'n uisge; crùb.
DUCKER, *s.* Tumadair, dubh-shnàmh-aiche; fear-crùbaidh.
DUCKLEGGED, *adj.* Clàr-chasach, spàg-ach.

DUCKLING, *s.* Tunnag òg, isean tunn-aige; luran, isean.
DUCT, *s.* Seòladh, steòrnadh, iùl; slighe, pìob.
DUCTILE, *adj.* Sùbailte, so-lùbadh, so-tharruing, so-ghéillidh, maoth.
DUCTILENESS, } *s.* Sùbailteachd, soith-
DUCTILITY, } eamhachd.
DUDGEON, *s.* Cuinnsear, biodag; gruaim, dod, droch mhèinn.
DUE, *adj.* Dligheach, fiachnaichte, iomchuidh, cubhaidh; dìreach, neo-mbearachdach.
DUE, *adv.* Gu dìreach.
DUE, *s.* Còir, dlighe; cìs, dùillinnean, càin, màl.
DUEL, *s.* Còmhlan, còmhrag-deise.
DUEL, *v. a. and n.* Cath ri; thoir còmhrag-deise.
DUELLIST, *s.* Còmhlanach.
DUELLING, *s.* Comhlannachd.
DUENNA, *s.* Sean bhan-oide-foghlum.
DUET, *s.* Ceòl dithis.
DUG, *s.* Sine beathaich.
DUKE, *s.* Diùchd.
DUKEDOM, *s.* Seilbh diùchd; mòrachd diùchd.
DULBRAINED, *adj.* Clod-cheannach, pleòisgeach.
DULCET, *adj.* Milis, taitneach; binn, fonnmhor; ciatach; tiamhaidh.
DULCIFICATION, *s.* Mìlseachadh.
DULCIFY, *v. a.* Mìlsich, dean-milis.
DULCIMER, *s.* Seòrs' inneil ciùil.
DULL, *adj.* Boaghalta, neo-ghéur, tromcheannach, neo-thoinisgeil, pleòisgeach, maol-aigheach; maol, tiugh; plubach, neo-ghéur; tròin-inntinneach, smuairceanach; luidseach, clod-cheannach; neo-chridheil.
DULL, *v. a. and n.* Cuir 'na bhreislich, cuir tuairgneadh air; maol; dean trom-inntinneach, mi-mhisnich; fàs trom-inntinneach.
DULLARD, *s.* Burraidh, ùmaidh, ceothallan, amhlair.
DULNESS, *s.* Neo-thuisge, glòidhcealachd, pleòisgeachd, mi-ghéire; truime, duiseal; tromsanaich, codaltachd; maillead, màirn-ealachd, màidheanachd; dorchachd; maoile.
DULY, *adv.* Gu h-ìomchuidh, gu freagarrach, gu riaghailteach.
DUMB, *adj.* Balbh; tosdach, sàmhach.
DUMBNESS, *s.* Balbhachd; tosdachd.
DUMBFOUND, *v. a.* Cuir balbh le iogh-nadh.
DUMP, *s.* Airtneal, leann-dubh, tromsanaich; tuirtealachd.

DUMPISH, *adj.* Trom-iantinneach, dubh-ach, smaù'reanach.
DUMPISHNESS, *s.* Tromsan, trominn-tinn, smaù'rean.
DUMPY, *adj.* Geinneanta, goirid.
DUN, *adj.* Ciar, lachdunn, odhar ; duaich-nidh, dorcha.
DUN, *v. a.* Tagair, tathuinn, bodhair.
DUN, *s.* Fear-tagraidh fhiach ; dùn.
DUNCE, *s.* Ùmpaidh, burraidh, buimilear.
DUNG, *s.* Inneir, aolach, buachar, math-achadh.
DUNG, *v. a. and n.* Mathaich, leasaich, inneirich, aolaich ; cac.
DUNGEON, *s.* Prìosan, toll-dubh.
DUNGFORK, *s.* Gràpa.
DUNGHIL, } *s.* Dùnan, òtrach, dun-
DUNGHILL, } aolaich ; bothan òtraich ;
 breunan.
DUNGY, *adj.* Salach, breun, làn-òtraich.
DUNGYARD, *s.* Iag an dùnain, clobhs' innearach.
DUPE, *s.* Maoilean, fear socharach.
DUPE, *v. a.* Thoir an car á, meall, gabh brath na sochair air.
DUPLICATE, *s.* Dùbail, dùblaich ; fill.
DUPLICATE, *s.* Dùblachadh ; leth-bhreac.
DUPLICATION, *s.* Dùblachadh ; fill-eadh.
DUPLICITY, *s.* Dùbailteachd, cealgair-eachd.
DURABILITY, *s.* Maireannachd, buanas.
DURABLE, *adj.* Maireannach, buan.
DURANCE, *s.* Prìosanachadh, prìosan.
DURATION, *s.* Maireannachd, buanas, fad ùine no aimsire.
DURESS, *s.* Cuing, sàs, teannachd.
DURING, *prep.* Ré.
DURITY, *s.* Cruas, gramalas.
DUSK, *adj.* Ciar, doilleir, dubharach, dorcha.
DUSK, *s.* Doilleireachd, eadar-sholus ; feasgar, beul na h-oidhche ; duibhre, dubharachd.
DUSK, *v. a. and n.* Dorchaich ; fàs dorcha.
DUSKISH, *adj.* A leth-char dorcha no ciar.
DUSKISHNESS, } *s.* Dubharachd, doill-
DUSKINESS, } eireachd, doirche,
 céire.
DUSKY, *adj.* A leth-char dorcha no ciar ; gruamach, airtnealach.
DUST, *s.* Dus, duslach, ùir, smùr, stùr ; ùir a bhàis, duslach ; an uaigh.
DUST, *v. a.* Sguab, cuir an stùr dheth ; crath stùr air.
DUSTER, *s.* Sguab-ghlanaidh.

DUSTMAN, *s.* Sal-bhodach.
DUSTY, *adj.* Smùirneach, làn duslaich.
DUTCHESS, } *s.* Ban-diùchd.
DUCHESS, }
DUTCHY, *s.* Dùthaich fo uachdranachd diùchd.
DUTEOUS, *adj.* Dleasannach.
DUTIFUL, *adj.* Dleasannach.
DUTIFULNESS, *s.* Dleasannachd, dleasalachd.
DUTY, *s.* Dleasannas, dlìghe ; càin, cìs.
DWARF, *s.* Troich, Iusparan, daormunn, slòchaire, brìdeach.
DWARF, *v. a.* Dean troich dheth.
DWARFISH, *adj.* Crìon, beag, ìosal, daormunnach.
DWELL, *v. n.* Fuirich ; còmhnuich, tuinich, gabh tàmh ; beacaich ; lean air.
DWELLER, *s.* Fear-àiteachaidh, fear-còmhnuidh.
DWELLING, *s.* Tìgh còmhnuidh, dachaidh, àros, fàrdach ; ionad-còmhnuidh.
DWELLING-HOUSE, *s.* Tìgh-còmhnuidh.
DWELLING-PLACE, *s.* Àite-còmhnuidh.
DWINDLE, *v. n.* Beagaich, lughdaich, crìon, searg, caith air falbh.
DYING, *part. of Die.* Dath, dathadh ; bàsachadh.
DYNASTY, *s.* Uachdaranachd, linn riagh-ladairean.
DYCRASY, *s.* Droch coineasgadh fola.
DYSENTERY, *s.* Buinneach, sgàird, geàrrach, siubhal.
DYSPEPSY, *s.* Droch goile.
DYSPNOEA, *s.* Cuing analach.
DYSURY, *s.* Éiginn-fhuail, galar fuail.

E

E, *s.* Cùigeamh litir na h-aibidil.
EACH, *pron.* Gach, gach aon, aon de'n dithis.
EAGER, *adj.* Dian, dealasach, togarrach, miannach, bras ; dùrachdach ; searbh, geur.
EAGERNESS, *s.* Dianas, miannachd, dùrachd, togairt ; déine, braise, caise.
EAGLE, *s.* Iolaire, fir-eun ; bratach nan sean Ròmanach.
EAGLE-EYED, *adj.* Bior-shuileach.
EAGLESPEED, *s.* Luathas na h-iolaire.
EAGLESTONE, *s.* Clach-iolaire.

EAGLET, *s.* Fir-eun òg, isean iolaire.
EAR, *s.* Cluas, cluas-chiùil; dias.
EAR-LAP, *s.* Bidein na cluaise.
EAR-RING, *s.* Cluas-fhail; failleachan.
EARSHOT, *s.* Àit' éisdeachd.
EARWIG, *s.* Fiolan, fiolar.
EARWITNESS, *s.* Fianuis cluaise.
EAR, *v. a. and n.* Ar, treabh; cuir a mach dias.
EARED, *adj.* Cluasach; dìlasach; treabhata.
EARL, *s.* Iarla, mòr-fhear.
EARLDOM, *s.* Iarlachd, oighreachd iarla.
EARLESS, *adj.* Bodhar, gun chluasan, maol.
EARLY, *adj.* Moch, tràth, tràthail, moch-thrathach, maidneach.
EARN, *v. a.* Coisiun, cothaich; faigh, buannaich.
EARNEST, *adj.* Dùrachdach, dealasach, dian, dìchiollach; suidhichte, leagta, togarrach; cudthromach, àraidh.
EARNEST, *s.* Gnothach da rìreadh; earlas, geall-daingneachaidh.
EARNESTNESS, *s.* Dùrachd, dealasachd, deòthasachd; déine, dian-thogradh, braise; cùram, iomagain.
EARNING, *s.* Cosnadh, cothachadh, tuar-asdal.
EARTH, *s.* Talamh, cruinne, saoghal; ùir, garaidh sionnaich no bruic.
EARTH, *v. a. and n.* Cuir's an talamh, ceil fo thalamh; cuir ùir air; rach fo thalamh.
EARTHBOARD, *s.* Bòrd-ùrach.
EARTHBORN, *adj.* Talmhaidh; diblidh, suarach.
EARTHEN, *adj.* Talmhaidh.
EARTHINESS, *s.* Ùirealachd, truailidheachd.
EARTHLINESS, *s.* Talmhaidheachd, truailidheachd.
EARTHLING, *s.* Creutair talmhaidh.
EARTH-NUT, *s.* Braonan.
EARTHQUAKE, *s.* Crith - thalbhainn.
EARTHSHAKING, *adj.* A luaisgeas an talamh.
EARTHWORM, *s.* Cnuimh, biathainne; spìocaire.
EARTHLY, *adj.* Talmhaidh.
EASE, *s.* Fois, tàmh, socair, suaimhneas; lasachadh, faothachadh; furasdachd.
EASE, *v. a.* Faothaich, lasaich, eutrom- aich, lughdaich, thoir fois do.
EASEFUL, *adj.* Sàmhach, socrach, fois- neach.
EASEMENT, *s.* Cobhair, còmhnaidh, furt- achd, fuasgladh.

EASINESS, *s.* Furasdachd; solrùbeachd; fois, tàmh, socair, suaimhneas.
EAST, *s.* Ear, an airde 'n ear, an aird shoir.
EASTER, *s.* Caisg, a' chàisg.
EASTERLY, } *adj.* An ear, o'n ear.
EASTERN, }
EASTWARD, *adj.* O'n àird an ear, gus an àird an ear.
EASY, *adj.* Furas, furasda; socair, socrach, sàmhach, aig fois, foisneach; so-ghéilleadh; saor, fosgailte.
EAT, *v. a. and n.* Ith; cnàmh; bi air do bheathachadh.
EATABLE, *adj.* A dh' fhaodar itheadh.
EATABLE, *s.* Bìadh, ni ri ithe.
EATER, *s.* Fear-ithidh.
EATING-HOUSE, *s.* Tigh-bìdh.
EAVES, *s.* Anainn.
EAVESDROPPER, *s.* Fear-farcluaise.
EBB, *s.* Tràghadh; crìonadh, seargadh.
EBB, *v. n.* Tràgh, traogh; crìon, rach air ais.
EBON, *adj.* Dubh, dorch.
EBRIETY, *s.* Misg, misgearachd.
EBRIOSITY, *s.* Misgearachd, pòitear- achd.
EBULLITION, *s.* Goil.
ECCENTRIC, *adj.* A' dol o'n mheadhon; mi-riaghailteach, neònach, seachranach iomrallach.
ECCENTRICITY, *s.* Aomadh o'n mheadhon; neònachas.
ECCLESIASTIC, } *adj.* Eaglaiseil.
ECCLESIASTICAL, }
ECCLESIASTIC, *s.* Eaglaiseach, pears'- eaglais.
ECHO, *s.* Mac-talla, mac-tallaidh; ath-ghairm, ath-ghlaodh.
ECHO, *v. a. and n.* Ath-ghairm, ath-ghlaodh.
ECLAIRCISSEMENT, *s.* Soilleireach- adh, mìneachadh.
ECLAT, *s.* Glòir, urram, moladh.
ECLICTIC, *adj.* Roghainneach, a' tagh- adh.
ECLIPSE, *s.* Tinneas na gealaich no na gréine; dubhar.
ECLIPSE, *v. a. and n.* Dorchaich, neul- aich, doilleirich; dubh, cuir as; cuir air cùl; bi fo dhubhar.
ECLIPTIC, *s.* Grian-chrios.
ECLOGUE, *s.* Òran buachailleachd.
ECONOMICAL, *adj.* Gléidhteach, cò- nach, cùramach, grùndail.
ECONOMIST, *s.* Fear caontach, fear gléidhteach.

ECONOMISE, *v. a.* Gléidh, cuir gu deadh bhuil.
ECONOMY, *s.* Banas-tighe, dòighealachd, deadh-riaghladh teaghlach; caontachd, gléidhteachd; dòigh, rian, seòl.
ECSTASY, *s.* Mòr-ghàirdeachas, àrd-shubhachas.
ECSTATIC, } *adj.* Làn aoibhneis, ro-
ECSTATICAL, } aoibhneach, sòlasach.
EDACIOUS, *adj.* Gionach, geòcach, lon-
 ach, glutach, glámhach.
EDACITY, *s.* Glámhaireachd, geòcair-
 eachd.
EDDER, *s.* Barran.
EDDY, *s.* Cuartag, cuinneag, saobh-shruth,
 faochag-chuairtein.
EDENTATED, *adj.* Cabach, gun fhiaclan.
EDGE, *s.* Faobhar, géire; roinn; oir, bile;
 frionas.
EDGE, *v. a. and n.* Geuraich; cuir oir ri,
 cuir fàitheam air; feargaich.
EDGED, *adj.* Geur, faobharach.
EDGING, *s.* Oir, fàitheam; stiòm.
EDGELESS, *adj.* Maol, neo-gheur.
EDGETOOL, *s.* Inneal-gearraidh.
EDGEWISE, *adv.* Air a roinn, air 'oir.
EDICT, *s.* Àithne, reachd, lagh, òrdugh
 folluiseach.
EDIFICATION, *s.* Togail suas, oilean-
 achadh; teagasg, ionnsuchadh, foghlum.
EDIFICE, *s.* Aitreabh, togail, tigh, àros.
EDIFIER, *s.* Oid' ionnsachaidh, teagasg-
 air.
EDIFY, *v. a.* Teagaisg, ionnsuich, oilean-
 aich.
EDIT, *v. a.* Deasaich air son clòdh-bhual-
 aidh.
EDITION, *s.* Clòdh-bhualadh, cur a
 mach leabhair.
EDITOR, *s.* Fear-deasachaidh leabhair air
 son clòdh-bhualaidh.
EDITORSHIP, *s.* Dreuchd fir-deasach-
 aidh leabhair air son clòdh-bhualaidh.
EDUCATE, *v. a.* Oil, foghlum, ionns-
 uich, teagasg, tog suas.
EDUCATION, *s.* Oilean, foghlum, muin-
 eadh, ionnsuchadh, teagasg, togail suas.
EDUCTION, *s.* Follseachadh.
EEK, *v. a.* Cuir ri, meudaich.
EEL, *s.* Easgann.
EFFABLE, *adj.* So chur an céill, so-nochd-
 adh, so-innsendh.
EFFACE, *v. a.* Dubh a mach, mill, duaich-
 nich, cuir mi-dhreach air.
EFFECT, *s.* Buil, toradh, éifeachd, crìoch,
 gnìomh; comh-dhùnadh, deireadh.
EFFECT, *v. a.* Coimhlion, thoir gu crìch;
 dèan, cuir an gnìomh.

EFFECTIVE, *adj.* Murrach, foghainteach,
 comasach.
EFFECTUATE, *v. a.* Coimhlion, thoir
 gu crìch,
EFFEMINACY, *s.* Meatachd, buige, neo-
 smioralachd; sòghalachd, macnus.
EFFEMINATE, *adj.* Meat, bog, meath-
 chridheach, macnusach, sòghmhior.
EFFEMINATE, *v. a. and n.* Meataich,
 bogaich; fàs 'n a d' bhoganach.
EFFERVESCE, *v. n.* Goil, oibrich le teas.
EFFERVESCENCE, *s.* Goil, oibreach-
 adh le teas.
EFFICACIOUS, *adj.* Éifeachdach, murr-
 ach, comasach, foghainteach.
EFFICACY, } *s.* Comas, murr-
EFFICACIOUSNESS, } achas, neart,
 éifeachd.
EFFICIENCE, } *s.* Gnìomhachd, murr-
EFFICIENCY, } achas, tairbhe, cumh-
 achd.
EFFICIENT, *adj.* Éifeachdach, tarbhach,
 comasach, dìongmhalta, treun, foghain-
 teach.
EFFIGY, *s.* Ìomhaigh, dealbh, cruth.
EFFLORESCENCE, } *s.* Blàth, teachd fo
EFFLORESCENCY, } bhlàth, bristeachd
 a mach.
EFFLORESCENT, *adj.* A' teachd fo
 bhlàth.
EFFLUENCE, *s.* Sruthadh.
EFFLUENT, *adj.* A' sruthadh, a' teachd o.
EFFLUVIA, *pl.* of Effluvium.
EFFLUVIUM, *s.* Àileadh, fàile, boladh,
 tòchd.
EFFLUXION, *s.* Sruthadh, sileadh, dòrt-
 adh.
EFFORT, *s.* Oidhirp, deuchainn, spàirn.
EFFRONTERY, *s.* Bathaiseachd, ladar-
 nas, mi-nàire.
EFFULGE, *v. n.* Deàrrs, boillsg.
EFFULGENCE, *s.* Deàrrsadh, boillsg-
 eadh, lannaireachd, soillseachd.
EFFULGENT, *adj.* Deàrrsach, boill-
 sgach, dealrach, soillseach.
EFFUSION, *s.* Dòrtadh, taomadh, taosg-
 adh, cur thairis; ana-caitheamh; toirbh-
 eartachd, buileachadh.
EFFUSIVE, *adj.* A' dòrtadh, dòrtach,
 taosgach, sgaoilteach.
EFT, *s.* Deare-luachrach.
EFT, *adv.* Gu grad, gu h-ealamh.
EGG, *s.* Ubh; siol.
EGG, *v. a.* Stuig, brònaich.
EGLANTINE, *s.* Preas nan ròs cùbh-
 raidh.
EGOTISM, *s.* Féin, féin-iomradh, féin-
 mholadh. 4 Z

EGOTIST, *s.* Fear-labhairt uime féin.
 EGOTISTICAL, *adj.* Moltach air féin.
 EGOTIZE, *v. n.* Bi labhairt umad féin.
 EGREGIOUS, *adj.* Combarraichte, sòn-
 raichte, ainmeil ; ana-cuimseach, còrr.
 EGREGIOUSNESS, *s.* Ana-cuimse,
 ainmealachd.
 EGRESS, } *s.* Dol a mach, triall,
 EGRESSION, } imeachd.
 EJACULATE, *v. a.* Cuir a mach, tilg.
 EJACULATION, *s.* Guidhe, athchninge,
 grìosad ; tilgeadh.
 EJACULATORY, *adj.* A' tilgeadh a
 mach le cabhaig, mar ùrnuigh ghoirid ;
 cabhagach, ealamh.
 EJECT, *v. a.* Tilg a mach, cuir a mach ;
 fògair, dìobair, cuir air falbh.
 EJECTION, *s.* Cur a mach, fògradh,
 fuadach ; cur as, cur uaith.
 EJECTIONMENT, *s.* Bàrleigeadh, bàirlinn ;
 fògradh, cur air falbh.
 EIGHT, *adj.* Ochd.
 EIGHTH, *adj.* Ochdamh.
 EIGHTEEN, *adj.* Ochd deug.
 EIGHTEENTH, *adj.* An t-ochdamh
 deug.
 EIGHTHLY, *adv.* 'S an ochdamh àite.
 EIGHTIETH, *adj.* An ceithir ficheadamh.
 EIGHTSCORE, *adj.* Ochd fichead.
 EIGHTY, *adj.* Ceithir fichead.
 EITHER, *adv.* An dara h-aon, an dàrna
 fear, aon air bith dhiubh.
 EITHER, *conj.* An dara cuid, no, air neo.
 EKE, *v. a.* Meudaich, leasaich, cuir ri ;
 Ìon, dean suas ; labhair gu draoluinneach.
 EKE, *s.* Mìr air a chur ri.
 ELABORATE, *adj.* Saotrach, saotrach-
 ail.
 ELABORATENESS, *s.* Mòr-shaothair.
 ELAPSE, *v. n.* Rach seachad, ruith air
 falbh.
 ELASTIC, } *adj.* Sùbailte, lùbach, a'
 ELASTICAL, } leum air ais.
 ELASTICITY, *s.* Sùbailteachd, lùbachd,
 leum air ais.
 ELATE, *adj.* Uaibhreach, àrdanach, air a
 thogail suas, stràiceil.
 ELATE, *v. a.* Tog suas, dean uaibhreach.
 ELATION, *s.* Uaibhreachd, àilgheas, uail,
 àrdan, stràic.
 ELBOW, *s.* Uileann ; lùb, oisinn.
 ELBOW, *v. a. and n.* Thoir uinnleag do,
 pùc, thoir upag do ; dean 'na uileannan.
 ELBOW-CHAIR, *s.* Cathair dà làimhe.
 ELBOWROOM, *s.* Farsuingeachd, coth-
 rom tionndaidh.
 ELD, *s.* Aois, sean aois, breòiteachd ; sean
 daoine.

ELDER, *adj.* Nì's sine, nì's aosmhoire.
 ELDERS, *s.* Sean daoine, seanairean, ath-
 raichean ; foirfich.
 ELDER, ALDER, *s.* Craobh fheàrna.
 ELDERLY, *adj.* Sean, aosmhor.
 ELDERSHIP, *s.* Seanaireachd, urram na
 h-aoise ; dreuchd foirfich.
 ELDEST, *adj.* A's sine, a's aosda.
 ELECAMPANE, *s.* Ailleann.
 ELECT, *v. a.* Roghnaich, tagh ; roimh-
 thagh, roimh-òrduich.
 ELECT, *adj.* Taghta, roghnaichte ; roimh-
 òrduichte, air a roimh-thaghadh.
 ELECTION, *s.* Taghadh, roghnachadh,
 sònrachadh ; roghainn ; roimh-thaghadh,
 roimh-shònrachadh ; taghadh fir àird-
 chomhairle.
 ELECTIVE, *adj.* Roghainneach, rogh-
 nach, taghach.
 ELECTOR, *s.* Taghadair ; prionns' aig
 am bheil guth ann an taghadh iompaire na
 gearmailte.
 ELECTORAL, *adj.* Aig am bheil urram
 fir taghaidh.
 ELECTORATE, *s.* Oigbreachd taghadair.
 ELECTRIC, } *adj.* A' tarruing le gnè
 ELECTRICAL, } an dealanaich.
 ELECTRICITY, *s.* Gnè an dealanaich.
 ELECTRIFY, *v. a.* Lìon le gnè an deal-
 anaich.
 ELEMOSYNARY, *adj.* Déirceach, air
 a thoirt mar dhéire.
 ELEGANCE, } *s.* Grinneas, eireachdas,
 ELEGANCY, } maise, ciatachd, maiseal-
 achd, bòidheachd, dreach, àille.
 ELEGANT, *adj.* Eireachdail, maiseach,
 grinn, fìnealta, ciatach, dreachmhor, àill-
 idh.
 ELEGIAC, *adj.* Marbhrannach, tiambh-
 aith, cianail.
 ELEGIST, *s.* Marbh-rannaiche.
 ELEGY, *s.* Marbhrann, cumha, tuireadh ;
 dàn tiambhaidh, dàn socrach.
 ELEMENT, *s.* Bunabhas, ceud-aobhar ;
 dùil ; na ceithir dùilean, 's iad sin, talamh,
 àite, teine 's uisge ; dùil thionnsgaidh.
 ELEMENTAL, } *adj.* Bunabhasach,
 ELEMENTARY, } dùileach, dùileachail,
 prìomh, neo-mheasgta.
 ELEPHANT, *s.* Elephant, an ceithir-
 chasach a's mò th' air thalamb.
 ELEPHANTINE, *adj.* A bhineas do
 dh' elephant.
 ELEVATE, *v. a.* Tog suas, àrdaich, tog
 an inbhe, urramaich, séid suas, dean uaibh-
 reach.
 ELEVATION, *s.* Àirde, togail suas ; àrd-
 achadh, urramachadh, cur an noir.

ELEVATOR, *s.* Togalaiche.
ELEVEN, *adj.* A h-aon-deug.
ELEVENTH, *adj.* Aon-deugamh.
ELF, *s.* Sìthiche, duine sìth, tàcharan; droch spiorad, diabhal; gàrlaoch, sìochaire, Iuspardan.
ELFIN, } *adj.* A bhuineas do shìthich-
ELFISH, } ean.
ELICIT, *v. a.* Thoir a mach á, tarruing a mach á.
ELIGIBILITY, *s.* Ion-roghnuidheachd.
ELIGIBLE, *adj.* Airidh air roghainn, iomchuidh.
ELISION, *s.* Gearradh, sgathadh dheth; eadar-sgaradh, dealachadh.
ELIXIR, *s.* Cungaidd-leighis, ìoc-shlainnt.
ELK, *s.* Lon.
ELL, *s.* An t-slat-thomhais albannach; slat chùig cartail.
ELLIPSIS, *s.* Bèarn an cainnt; tarruing cumadh uibhe.
ELLIPTIC, } *adj.* Air am bheil cum-
ELLIPTICAL, } adh uibhe; bèarnach an cainnt.
ELM, *s.* Leamhan.
ELMY, *adj.* Leamhanach.
ELOCUTION, *s.* Ùr-labhairt, deas-chainnt, briathrachas, uirghioll, labhairt.
ELOGY, *s.* Moladh.
ELONGATE, *v. a. and n.* Fadaich, tarruing a mach, sìu a mach; rach uaith, rach an cèin.
ELONGATION, *s.* Sìneadh a mach, fadachadh; triall, imeachd.
ELOPE, *v. a.* Ruith air falbh, teich, rach am fuadach.
ELOPEMENT, *s.* Teicheadh, ruith air falbh, fuadach, dol am fuadach.
ELOQUENCE, *s.* Ùr-labhairt, deas-chainnt, snas-labhairt, fileantachd.
ELOQUENT, *adj.* Ùr-labhairteach, deas-chainnteach, snas-bhriathrach, fileanta.
ELSE, *pron.* Eile, aon eile.
ELSE, *adv.* Neo, air neo; a bhàrr, a thuilleadh.
ELSEWHERE, *adv.* An ait' eile, an àit' eigin eile, an ionad eile.
ELUCIDATE, *v. a.* Minich, dean so-thuigsinn, soilleirich.
ELUCIDATION, *s.* Mìneachadh, soilleireachadh.
ELUCIDATOR, *s.* Fear-soilleireachaidh.
ELUDE, *v. a.* Seachain, faigh as le car; meall, teich fo lùib.
ELVES, *pl. of* Elf.
ELVISH, *adj.* Arrachdach.
ELUSION, *s.* Seachnadh, cleas, cuilbh-eart.

ELUSIVE, } *adj.* Mealltach, carach,
ELUSORY, } cuilbheartach.
ELYSIAN, *adj.* Mar phàrras, ro-thaitneach.
ELYSIUM, *s.* Pàrras no flaitheanas nan cinneach.
EMACIATE, *v. a. and n.* Reang, caolaich; searg, meath.
EMACIATION, *s.* Reangadh, caitheamh as, seargadh, meathadh le gort.
EMACULATE, *v. a.* Glan o bhuill shalach.
EMANANT, *adj.* A' sruthadh, a' sileadh o.
EMANATE, *v. a.* Sruth, ruith, brùchd, sil.
EMANATION, *s.* Sruthadh, sileadh, ruith; sruth.
EMANCIPATE, *v. a.* Fuasgail, saor, thoir saorsa o chuing.
EMANCIPATION, *s.* Fuasgladh, toirt o chuing.
EMANCIPATOR, *s.* Fear saoraidh, fear fuasglaidh o chuing.
EMASCULATE, *v. a.* Spoth; lagaich, metaich.
EMASCULATION, *s.* Spothadaireachd; meatachadh, meatachd, taiseachd, mìfhearalachd.
EMBALM, *v. a.* Spiosraich, lion le spioradh, cuir spiosraidh air.
EMBALMER, *s.* Fear cuir spiosraidh air corp mairbh.
EMBARGO, *s.* Bacadh, grabadh.
EMBARK, *v. a. and n.* Cuir air bòrd, cuir air luing; rach air bòrd; gabh gnothach o's làimh.
EMBARRASS, *v. a.* Aimhreitich, brionglaidich; cuir an imcheist.
EMBARRASSMENT, *s.* Amladh, grabadh, imcheist, teinn.
EMBASSAGE, } *s.* Teachdaireachd rìgh;
EMBASSY, } teachdaireachd.
EMBATTLE, *v. a.* Cuir an òrdugh blàir.
EMBAY, *v. a.* Fliuch, nigh, dùin an geotha, druid an camus.
EMBELLISH, *v. a.* Sgeadaich, maisich, sgiamhaich, breaghaich, deau rìomhach.
EMBELLISHMENT, *s.* Sgèimh, sgeadachadh, breaghachd, rìomhadh.
EMBERS, *s.* Grìosach, beò-ghrìosach.
EMBEZZLE, *v. a.* Goid ùi a chaidh earbsadh riut; ceil cuid neach eile.
EMBEZZLEMENT, *s.* Goid, cumail cuid neach eile, mì-ghnàthachadh airgid.
EMBEZZLER, *s.* Fear deanamh buil ri cuid neach eile.
EMBLAZE, } *v. a.* Òr, dean lannireach;
EMBLAZON, } tarruing gearradh arm; sgiamhaich le suaicheantas.

EMBLEM, *s.* Lìnig; samhladh, riochd, coltas, mac-samhailt.

EMBLEM, *v. a.* Samhlaich, riochdaich.

EMBLEMATIC, } *adj.* Samhlach,

EMBLEMATICAL, } cosmhuil.

EMBOSS, *v. a.* Gràbhal, breac, cnapaich, carbh; dùin, druid a stigh.

EMBOSSMENT, *s.* Eiridh, cnap, gràbh-aladh, obair ghréis.

EMBOW, *v. a.* Cuir bogh' air.

EMBOWEL, *v. a.* Thoir am mionach á; cuir am broinn.

EMBRACE, *v. a. and n.* Glac, cniadaich, caidrich, pòg; fàiltich, cuir furan air; dùin a stigh; gabh ri; bi glacadh gu caidreach.

EMBRACE, *s.* Glacadh caidreach, pòg, fàilteachadh, cniadachadh, caidreamh.

EMBRACER, *s.* Fear caidreamh, cniadaiche.

EMBRASURE, *s.* Barr' bhalla.

EMBROCATÉ, *v. a.* Suath le acfhuinn leighis.

EMBROCATION, *s.* Suathadh le acfhuinn leighis.

EMBROIDER, *v. a.* Gréis, cuir obair ghréis air.

EMBROIDERER, *s.* Fear-dèanamh obair ghréis.

EMBROIDERY, *s.* Obair-ghréis.

EMBROID, *v. a.* Aimhreitich, cuir thar a chéile, dean mi-riaghailt; cuir an imcheist, buair.

EMBRYO, } *s.* Ceud-fhàs, torrachas an-

EMBRYON, } abuich.

EMENDATION, *s.* Leasachadh, càramh, ceartachadh, atharrachadh, deanamh ni's fearr.

EMENDATOR, *s.* Fear leasachaidh.

EMENDATORY, *adj.* Leasachail, a' leasachadh.

EMERALD, *s.* Smàrag.

EMERGE, *v. n.* Éirich an àirde, thig an uachdar, thig as; thig am fradharc.

EMERGENCE, } *s.* Éiridh an uachdar;

EMERGENCY, } teachd am fradharc;

tubaist, càs, tachartas.

EMERGENT, *adj.* Ag éiridh, a' teachd am folluis; tuiteamach, tubaisteach, cruadalach.

EMERSION, *s.* Éiridh, teachd am fradharc.

EMERY, *s.* Seorsa mèinn iaruin.

EMETIC, *s.* Purgaid thilgidh.

EMETIC, } *adj.* A bhuneas do phur-

EMETICAL, } gaid thilgidh; sgeith-

each, a ni dìobhuirt.

EMIGRANT, *s.* Fear-fuadain, fear-iomraill, fear-imrich, eilthreach.

EMIGRATE, *v. n.* Rach imrich gu tìr eile, fag an dùthaich.

EMINENCE, } *s.* Airde, mullach; mòr-

EMINENCY, } inbhe, meas, urram; mòr-

achd, àrd-onoir.

EMINENT, *adj.* Àrd, mòr, urramach; measail, ainmeil; sònraichte, comharrachichte.

EMISSARY, *s.* Fear-brathaidh, teachd-airè dìomhair; fear cur a mach.

EMISSION, *s.* Leigeadh a mach, leigeadh fa sgaoil.

EMIT, *v. a.* Leig a mach, cuir uait.

EMMET, *s.* Seangan.

EMOLLIENT, *adj.* Tlàth, caomh, maoth, maothachail.

EMOLLIENT, *s.* Ìocshlaint thlusail.

EMOLUMENT, *s.* Buannachd, taibhe.

EMOTION, *s.* Gluasad-inntinn, iomluasgadh.

EMPALE, *v. a.* Daingnich, cuir callaid mu; iomdhruid; torchuir, troimh-lot.

EMPALEMENT, *s.* Torchradh.

EMPANNEL, *v. a.* Gairm luchd deuchainn gu cùirt.

EMPASSION, *v. a.* Cuir fo bhuaireas.

EMPEOPLE, *v. a.* Cuir an comunn.

EMPERESS, *s.* Ban-mhòr-rìgh, ban-iompaire.

EMPEROR, *s.* Mòr-rìgh, iompaire.

EMPHASIS, *s.* Neart a ghutha.

EMPHATIC, } *adj.* Làidir, neartmhor,

EMPHATICAL, } brioghmhor.

EMPIERCE, *v. a.* Troimh-lot, torchuir, sàth, bior.

EMPIRE, *s.* Uachdaranachd, mòr-chumhachd; mòr rìoghachd.

EMPIRIC, *s.* Léigh gun eòlas.

EMPIRIC, } *adj.* Deuchainneach, teag-

EMPIRICAL, } amhach, a' toirt dheuchainnean.

EMPLASTER, *v. a.* Cuir plàs air.

EMPLASTIC, *adj.* Glaodhach, plàsdach, rìghinn.

EMPLOY, *v. a.* Thoir obair do, oibrich, gnàthaich, cleachd; thoir comas do.

EMPLOYER, *s.* Fear toirt oibre.

EMPLOYMENT, *s.* Gnothach, obair; dreuchd, cèaird.

EMPORIUM, *s.* Baile-margaidh, margadh.

EMPOVERISH, *v. a.* Dean bochd, dean ainnis, thoir gu aimbeart.

EMPOVERISHER, *s.* Fear-deanamh bochd.

EMPOVERISHMENT, *s.* Aimbeart, bochduinn.
EMPOWER, *v. a.* Thoir comas, thoir ùghdarras; dean comasachl.
EMPRESS, *s.* Ban-mhòr-rìgh, ban-iompaire.
EMPTIER, *s.* Fear deanamh falamh.
EMPTINESS, *s.* Falaimhead, àite falamh; aineolas.
EMPTY, *adj.* Falamh; fàs, faoin, neo-choimhlionta; gun bhrìgh; aineolach.
EMPTY, *v. a. and n.* Falmhaich, tràigh; fàs falamh.
EMPURPLE, *v. a.* Dean dath dearg.
EMPUZZLE, *v. a.* Cuir an imcheist, cuir am breathal.
EMPYREAN, *s.* Na nèamhan a's àirde, flaitheanas.
EMPYREUM,
EMPYREUMA, } *s.* Bràth-losgadh.
EMULATE, *v. a.* Dean comh-fharpais, dean comhstri, dean stri; lean cleachdadh neach.
EMULATION, *s.* Comh-fharpais, strì, spàirn, comh-dheuchainn; farmad, eud, comhstri.
EMULATIVE, *adj.* Comh-fharpuiseach.
EMULATOR, *s.* Comh-dheuchainniche.
EMULOUS, *adj.* Comh-dheuchainneach.
ENABLE, *v. a.* Dean comasach, thoir comas.
ENACT, *v. a.* Òrduich, àithn.
ENACTOR, *s.* Reachdair, reachdair.
ENAMEL, *v. a. and n.* Dealtraich; bi dealtradh.
ENAMOUR, *v. a.* Gràdhiaich, cuir an gaol.
ENCAGE, *v. a.* Cuir an cuing, cròidh.
ENCAMP, *v. a. and n.* Campaich.
ENCAMPMENT, *s.* Campachadh; campa.
ENCHAIN, *v. a.* Ceangail air slabhraidh; comh-chuibhrich.
ENCHANT, *v. a.* Cuir fo gheasaibh, cuir buidseachd air; dean ro-shòlasach.
ENCHANTER, *s.* Geasadair, drùidh, buidseach.
ENCHANTMENT, *s.* Geasadaireachd, drùidheachd; àrd-shòlas, aoibhneas.
ENCHANTRESS, *s.* Bana-gheasadair, ban-fhiosaiche; té mheallaidh gràidh, té ro mhaiseach.
ENCIRCLE, *v. a.* Cuairtich, iomdhruid.
ENCLOSE, *v. a.* Dùin, cuairtich, iomdhruid.
ENCLOSURE, *s.* Dùnadh, iathadh mu, cuairteachadh, iomdhruideadh; àite dùinte, lann.
ENCOMIAST, *s.* Fear molaidh, moladair.
ENCOMIASTIC,
ENCOMIASTICAL, } *adj.* Moltach.

ENCOMIUM, *s.* Moladh, cliù.
ENCOMPASS, *s.* Cuairtich, iadh mu.
ENCOMPASSMENT, *s.* Cuairteachadh, iathadh.
ENCORE, *adv.* (focal frangach) A ris, uair eile.
ENCOUNTER, *s.* Còmhlan, còmbrag; cath; dian chòmhradh; tachairt, coinneamh.
ENCOUNTER, *v. a. and n.* Coinnich, thoir coinneamh do, thoir ionnsuidh, thoir aghaidh air; bi cath; tachair an cath.
ENCOUNTERER, *s.* Comhlannach, nàmhaid.
ENCOURAGE, *v. a.* Misnich, brosnuich, beothaich, thoir misneach do, cuir misneach ann.
ENCOURAGEMENT, *s.* Misneach, brosnuchadh; fàbhar, còmhmadh.
ENCOURAGER, *s.* Fear misneachaidh.
ENCROACH, *v. n.* Iomghabh; thig, no rach, thar crìch, gun fhios no gun chòir.
ENCROACHER, *s.* Fear gabhail gu mi-laghail, fear leamh.
ENCROACHMENT, *s.* Gabhaltas, iomghabhail.
ENCUMBER, *v. a.* Luchdaich, eallaich, grab, cuir trom air, bac, amail, cuir éis air.
ENCUMBRANCE, *s.* Cudthrom, uallach, eallach, éire, amladh, grabhadh.
ENCYCLOPEDIA, *s.* Cuairt fhoghlum, uile-fhoghlum, eòlas g'ch ni.
END, *s.* Deireadh, crìoch, fuid; dùnadh, comh-dhùnadh, ceann, ceann-thall; bàs.
END, *v. a. and n.* Crìochuaich, cuir crìoch air, thoir gu crìch; marbh; sguir; thig gu crìch, bàsaich.
ENDANGER, *v. a.* Cunnartaich, cuir an cunnart, cuir am baoghal.
ENDEAR, *v. a.* Tàlaidh, tarrauing spéis, dean gràdhach.
ENDEARMENT, *s.* Gràdhmhorachd, beadradh, gràdh, gaol, fath-gaoil.
ENDEAVOUR, *s.* Oidhirp, deuchainn, dìchioll, ionnsuidh, spàirnn, strì.
ENDEAVOUR, *v. a. and n.* Oidhirpich, thoir deuchainn, dean dìchioll, thoir oidhirp, feuch ri.
ENDICT, *v. a.* Coirich, cuir as leth.
ENDLESS, *adj.* Neo-chrìochnach, gun cheann, maireannach, siorruidh, bithbhuan; a ghnàth.
ENDLESSNESS, *s.* Maireannachd, buanas, neo-chrìochnuidheachd, siorruidheachd.
ENDORSE, *v. a.* Cùl-sgrìobh.
ENDORSEMENT, *s.* Cùl-sgrìobhadh; ainm fir buinne.

- ENDORSER, *s.* Fear deanamh thairis boinne.
- ENDOW, *v. a.* Thoir tochradh, thoir pòrsan, thoir cuibhrionn, beartaich.
- ENDOWMENT, *s.* Saibhreas, beartas; tìodhlac airgid, càil, tuigse, eòlas.
- ENDUE, *v. a.* Builich, bàirig, tìodhlaic.
- ENDURANCE, *s.* Maireannachd, buanas; foighidinn, fulang, giùlan le.
- ENDURE, *v. a. and n.* Fuiling, giùlan le; mair, fuirich.
- ENDWISE, *adv.* Air a cheann, 'na sheasamh dìreach.
- ENEMY, *s.* Nàmh, nàmhaid. eascaraid, fear fuatha, fear diomb; an diabhol.
- ENERGETIC, } *adj.* Làidir, neart-
ENERGETICAL, } mhòr; gnìomhach, déanadach, éifeachdach, tàbhachdach.
- ENERGY, *s.* Neart, spionnadh, tàbhachd; feart, lùth.
- ENERVATE, *v. a.* Lagaich, meataich.
- ENERVATION, *s.* Anmhunnachadh, lagachadh.
- ENFEEBLE, *v. a.* Lagaich, anmhunnaich.
- ENFEOFF, *v. a.* Cuir an seilbh, gabh seilbh.
- ENFEOFFMENT, *s.* Gabhail seilbh, bann-seilbhe.
- ENFORCE, *v. a. and n.* Neartaich, thoir spionnadh do, spàrr, fòirù; earalaich; dearbh.
- ENFORCEMENT, *s.* Éigneachadh, coimh-éigneachadh, aindeoiu, éiginn.
- ENFRANCHISE, *v. a.* Dean 'na shaoranach.
- ENFRANCHISEMENT, *s.* Saorsa baile-margaidh.
- ENGAGE, *v. a. and n.* Gabh os làimh, geall, ceangail, freagair air son; meall, tàlaidh.
- ENGAGEMENT, *s.* Gabhail os làimh, gealladh, cùmhnant; cath, còmhrag, blàr.
- ENGENDER, *v. a. and n.* Gin; beir; bi gintinn.
- ENGINE, *s.* Inneal, uidheam, beart.
- ENGINEER, *s.* Fear-seòlaidh inneal, inleachdair; fear deanamh inneal.
- ENGINEERY, *s.* Gunnaireachd, gunnacha' mòra; inleachd.
- ENGLD, *v. a.* Iomdhruid, crioslaich.
- ENGLAND, *s.* Sasunn.
- ENGLISH, *adj.* Sasunnach.
- ENGLISH, *s.* Sasunnaich; beurla.
- ENGORGE, *v. a. and n.* Sluig, glàm, glut.
- ENGRAPPLE, *v. n.* Teann-ghlac, greimich.
- ENGRASP, *v. a.* Teann-ghlac, gramaich.
- ENGRAVE, *v. a.* Gràbhal; dealb, gèarr-snaidh.
- ENGRAVER, *s.* Gràbhaltaiche, dealbh-air.
- ENGRAVING, *s.* Gràbhladh, gearradh.
- ENGROSS, *v. a.* Tiughaich, dean dombail, dean tomadach, meudaich, dean reamhar, glachd chugad an t-iomlan; dean ath-sgrìobhadh garbh.
- ENGROSSER, *s.* Fear glacaidh, no ceannaich, an iomlain.
- ENHANCE, *v. a.* Àrdaich, tog an luach; cuir barrachd meas air; meudaich, antrom-ach.
- ENHANCEMENT, *s.* Àrdachadh, togail, an-tromachadh.
- ENIGMA, *s.* Toimhseachan.
- ENIGMATICAL, *adj.* Toimhseachan-ach.
- ENIGMATIST, *s.* Fear thoirhseachan.
- ENJOIN, *v. a.* Òrduich, àithn, earalaich.
- ENJOINER, *s.* Fear-òrduchaidh.
- ENJOINMENT, *s.* Òrduchadh, seòladh, àithne.
- ENJOY, *v. a. and n.* Meal, sealbhaich; gabh tlachd ann; bi sona.
- ENJOYMENT, *s.* Toil-inntinn, mealtuinn, sonas.
- ENKINDLE, *v. a.* Fadaidh, las, beothaich; dùisg, brosnach.
- ENLARGE, *v. a. and n.* Meudaich, leudaich, cuir am farsuingeachd; aibheisich; bi bith-bhriathrach.
- ENLARGEMENT, *s.* Meudachd, meudachadh, farsuingeachadh; fuasgladh; saoradh; leudachadh.
- ENLARGER, *s.* Fear-meudachaidh.
- ENLIGHTEN, *v. a.* Soillsich, soilleirich, thoir fradharc; oil, teagaisg, ionnsuich; beothaich, cuir dheth smalan.
- ENLIGHTENER, *s.* Fear-soillseachaidh.
- ENLIVEN, *v. a.* Beothaich, misnich, cuir dheth smalan.
- ENLIVENER, *s.* Fear-beothachaidh.
- ENMITY, *s.* Naimhdeas, mì-run, gamhlas, fuath.
- ENNOBLE, *v. a.* Uaislich, àrdaich, dean urramach; dean ainmeil, dean cliùiteach.
- ENNOBLEMENT, *s.* Uaisleachadh, àrdachadh, togail an urram.
- ENNUI, *s.* Cianalas, airtneal, fadal.
- ENORMITY, *s.* Uamhasachd, anabarrachd; gràinealachd, déistinn.
- ENORMOUS, *adj.* Aingidh, déistinneach; uamhasach, fuathasach.
- ENOUGH, *adj.* Leòr.
- ENOUGH, *s.* Leòr, pailteas.
- ENOUGH, *adv.* Gu leòr.

- ENRAGE**, *v. a.* Feargaich, eargnaich, cuir corruc air.
- ENRATURE**, *v. a.* Dean ro-aoibhneach, dean ro ait.
- ENRAVISHMENT**, *s.* Aoibhneas mòr.
- ENRICH**, *v. a.* Beartaich, dean beartach, saibhrich; mathaich, leasaich.
- ENRICHMENT**, *s.* Trusadh, cruinneachadh, meudachadh beartais.
- ENROBE**, *v. a.* Sgrèdaich, éid, còmhdaich.
- ENROL**, *v. a.* Sgrìobh sìos ainm an leabhar ainmean; paisg, cuairsg, rol.
- ENROLLER**, *s.* Fear sgrìobhaidh an ainm-chlar.
- ENROLMENT**, *s.* Ainm-chlàr.
- ENSANGUINE**, *v. a.* Dath le fuil.
- ENSHRINE**, *v. a.* Taisg gu cùramach, cuir an naomh-thasgadh.
- ENSIGN**, *s.* Bratach, meirghe, suaicheantas; fear-brataich.
- ENSIGNCY**, *s.* Inbhe fir brataich.
- ENSLAVE**, *v. a.* Dean 'na thràill, thoir gu tràillealachd.
- ENSLAVEMENT**, *s.* Tràillealachd, daorsa.
- ENSLAVER**, *s.* Fear-deanamh thràillean, fear toirt am bruid.
- ENSUE**, *v. a.* and *n.* Lean, thig an lorg, bi leanmhuinn.
- ENSURANCE**, } *s.* Urras an aghaidh
INSURANCE, }
 } *cunnairt.*
- ENSURE**, } *v. a.* Dean ciunnteach, cuir á
INSURE, }
 } *cunnart.*
- ENTABLATURE**, }
ENTABLEMENT, } *s.* Barr' bhàilc.
- ENTAIL**, *v. a.* Cuir fo chòir dhligheach.
- ENTAIL**, *s.* Suidheachadh riaghailt seilbh oighreachd.
- ENTAME**, *v. a.* Càllaich, dean soirbh.
- ENTANGLE**, *v. a.* Rib, amail cuir an sàs; aimhreiteich, cuir an imcheist.
- ENTANGLEMENT**, *s.* Rìbeadh, am-ladh, cur an sàs, cur an imcheist.
- ENTER**, *v. a.* and *n.* Iontrinn, rach a steach; tòisich gnòthaeh.
- ENTERPRISE**, *s.* Oidheip mhìsneachail, deuchainn chunnartach.
- ENTERPRISE**, *v. a.* Feuch ri, thoir ionnsuidh, thoir deuchainn an eùis chunnartaich.
- ENTERTAIN**, *v. a.* Thoir cuirm, dean biatachd; cum còmhradh ri; rùnaich.
- ENTERTAINER**, *s.* Biadhtaiche, fear fial, fear toirt taitneis.
- ENTERTAINMENT**, *s.* Cuirm, fleagh, aoidheachd, biadhtachd; còmhradh, comhlabhairt; fearas-chuideachd.
- ENTHRONE**, *v. a.* Cuir air rìgh chath-air; àrdaich, cuir air a chrùn.
- ENTHUSIASM**, *s.* Baath-chreidimh; àrd-iontinn.
- ENTHUSIAST**, *s.* Fear dealasach; fear-baath-chreidimh.
- ENTHUSIASTIC**, } *adj.* Dealasach,
ENTHUSIASTICAL, } dian, àrd-iont-
 } ineach; baath-chreidimheach.
- ENTICE**, *v. a.* Meall, tàlaidh, tataidh, buair, thoir a thaobh.
- ENTICEMENT**, *s.* Mealladh, tàladh gu olc, buaireadh, culaidh-mheallaidh.
- ENTICER**, *s.* Fear-tàlaidh, mealltair.
- ENTIRE**, *adj.* Iomlan, còimhlionta, slàn, uile, làn; neo-mheasgta; neo-thruaillte.
- ENTIRENESS**, *s.* Iomlanachd, còimhliontachd.
- ENTITLE**, *v. a.* Thoir còir do; urram-
aich, thoir tìodal do; sgrìobh tìodal.
- ENTITY**, *s.* Bith.
- ENTOMB**, *v. a.* Cuir 's an uaigh, adblaic, tìodhlaic.
- ENTRAILS**, *s.* Mionach, grealach, caolain.
- ENTRANCE**, *s.* Leigeadh a steach, com-
as dol a steach; dol a steach, slighe dhòl a
steach; tòiseachadh; gabhail seilbh.
- ENTRANCE**, *v. a.* Rach am platha, cuir
am paisean; giulain an inntinn o nithibh
faicsinneach.
- ENTRAP**, *v. a.* Rib, glac, cuir an sàs;
gabh cothrom air.
- ENTREAT**, *v. a.* and *n.* Guidh, asluich,
grìos, athchuingich, iarr; buin ri, càir-
ich.
- ENTREATY**, *s.* Guidhe, athchuinge,
iarrtas, asluchadh.
- ENTRY**, *s.* Dorus, trannsa; dol a steach;
gabhail seilbh, iontrinn; sgrìobhadh, no
cur sìos ann an leabhar.
- ENVELOP**, *v. a.* Paisg, còmhdaich; fol-
uiech, cuairtich.
- ENVELOPE**, *s.* Pasgadh, còmhdach.
- ENVENOM**, *v. a.* Pùinsionaich; truaill;
feargaich, cuir air boile.
- ENVIABLE**, *adj.* Airidh air farmad.
- ENVIER**, *s.* Fear farmaid.
- ENVIOUS**, *adj.* Farmadach.
- ENVIRON**, *v. a.* Cuairtich, iomdhruid,
iadh mu.
- ENVIRONS**, *s.* Iomall, fo-bhailtean,
coimhearsnachd.
- ENUMERATE**, *v. a.* Cunnt, àireamh.
- ENUMERATION**, *s.* Cunntas, àireamh.
- ENUNCIATE**, *v. a.* Cuir an céill, innis,
aithris, gairm, foillsich.
- ENUNCIATION**, *s.* Aithris, nochdadh,
cur an céill; modh labhairt.

- ENUNCIATIVE, *adj.* Aithriseach, a' cur an cèill.
- ENVOY, *s.* Teachdaire rìgh, teachdaire.
- ENNVY, *v. a. and n.* Gabh farmad ri; maoidh; bi farmadach.
- ENVY, *s.* Farmad, comh-fharpuis; trù, mì-run, fuath.
- EPAULETTE, *s.* Babag gualainn oifigich.
- EPHEMERA, *s.* Fiabhrus nach mair ach aon latha; cnuimb, bith aon latha.
- EPHEMERAL, *adj.* Neo-mhaireannach.
- EPHEMERIS, *s.* Leabhar latha.
- EPHEMERIST, *s.* Speuradair, reul-dhruidh.
- EPHESIAN, *s.* Ephesiaich.
- EPIC, *s.* Dàn mòr, duan eachdraidhe.
- EPICURE, *s.* Geòcaire, glutaire.
- EPICUREAN, *adj.* Geòcach, sòghmhor, neo-mheasarra.
- EPICURISM, *s.* Sògh, geòcaireachd, sàimh, ròic; teagasg Epicurus.
- EPIDEMIC, } *adj.* Gabhaltach, sgaoilt-
- EPIDEMICAL, } each, plaigheach.
- EPIGLOTTIS, *s.* Claban an sgòrnain, sgòrn-chaille.
- EPIGRAM, *s.* Gèarr-dhuanag.
- EPIGRAMMATIST, *s.* Duanaire.
- EPILEPSY, *s.* An tinneas tuiteamach.
- EPILEPTIC, } *adj.* Tuiteamach, air
- EPILEPTICAL, } am bheil an tinneas tuiteamach.
- EPILOGUE; *s.* Crìoch cluiche.
- EPIPHANY, *s.* Féill an Taisbeanaidh.
- EPISCOPACY, *s.* Easbuigeachd.
- EPISCOPAL, *adj.* Easbuigeach.
- EPISCOPALIANS, *s. pl.* Muinntir a chreidimh easbuig.
- EPISODE, *s.* Sgeul am meadhon dàin.
- EPISTLE, *s.* Litir.
- EPISTOLARY, *adj.* A bhuneas do litricibh.
- EPISTLER, *s.* Fear-sgrìobhaidh litrichean.
- EPITAPH, *s.* Sgrìobhadh air leac-lighe.
- EPITHALAMIUM, *s.* Òran pòsaidh, òran bainse.
- EPITHET, *s.* Focal-buaidh, foir-ainm.
- EPITOME, *s.* Giorradan, brìgh sgeòil.
- EPITOMISE, *v. a.* Giorraich, coimh-gheàrr.
- EPITOMISER, } *s.* Giorraiche.
- EPITOMIST, } *s.* Giorraiche.
- EPOCH, } *s.* Àm o'n cunntar aimsir,
- EPOCHA, } àm ainmeil sam bith.
- EPULARY, *adj.* Fleadhach; cuirmeach.
- EPULATION, *s.* Cuirm, fleadh, féisd, aighear.
- EQUABILITY, *s.* Ionannachd, coimh-ionannachd.
- EQUABLE, *adj.* Ionann, coimh-ionann, comh-chothromach, dìreach.
- EQUAL, *adj.* Ionann, coimh-ionann, comh-chosmhùil, coimeas; comasach, murrach; rèidh, còmhnard; dìreach, ceart, neo-chlaon-bhreitheach.
- EQUAL, *s.* Coimpire, leth-bhreac.
- EQUAL, *v. a.* Coimeas, dean ionann, dean cosmhùil.
- EQUALISE, *v. a.* Comh-chothromaich, dean comh-ionann.
- EQUALITY, *s.* Ionannachd, coimh-ionannachd, coimeas, comh-choltas; còmh-nardachd.
- EQUANGULAR, *adj.* Comh-oisinneach, comh-uileannach.
- EQUANIMITY, *s.* Socair-inntinu, sèimheachd, soimeachd.
- EQUANIMOUS, *adj.* Sèimh, socrach, soimeach.
- EQUATION, *s.* Comh-fhregarrachd.
- EQUATOR, *s.* Cearcall meadhoin na talmhainn.
- EQUERY, *s.* Fear curaim each-lann an rìgh.
- EQUESTRIAN, *adj.* A' marcachd, air muin eich.
- EQUIDISTANT, *adj.* Aig an aon fhad.
- EQUILATERAL, *adj.* Comh-shlisneach.
- EQUILIBRIUM, *s.* Comh-chothrom.
- EQUINOCTIAL, *s.* Cearcall na comh-fhad-thràth.
- EQUINOCTIAL, *adj.* A bhuneas do'n chomh-fhad-thràth.
- EQUINOX, *s.* Comh-fhad-thràth.
- EQUIP, *v. a.* Deasaich, cuir an uidheam, ullambaich, sgeadaich.
- EQUIPAGE, *s.* Carbad rìomhach 'na làn uidheam; coisridh, frithealadh; acfhuinn, àirneis, fasair, fàsradh.
- EQUIPMENT, *s.* Deasachadh, uidheamachadh; acfhuinn, àirneis.
- EQUIPOISE, *s.* Comh-chudthrom.
- EQUIPONDERANCE, } *s.* Comh-chud-
- EQUIPONDERANCY, } throm, comh-chothrom.
- EQUIPONDERANT, *adj.* Comh-chudthromach, comh-chothromach.
- EQUIPONDERATE, *v. n.* Comh-chudthromaich.
- EQUITABLE, *adj.* Ceart, cothromach.
- EQUITY, *s.* Ceartas, cothrom; cothromachd, ceart-bhreitheanas.
- EQUIVALENT, *adj.* Coimh-ionann, ionann; comh-chudthromach; coimh-chiallach.

EQUIVALENT, *s.* Ni co-luachmhor.
 EQUIVOCAL, *adj.* Teagamhach, dà sheadhach.
 EQUIVOCATE, *v. a. and n.* Dean teagamhach, dean dà-sheadhach, dean cleith-inntinn, bi 's an tumhartaich.
 EQUIVOCATION, *s.* Cleith-inntinn, tumhartaich cainnte.
 EQUIVOCATOR, *s.* Fear a cheileas 'inntinn, a bhios 's an tumhartaich.
 ERADIATE, *v. n.* Dèarrs, dèarrsaich.
 ERADIATION, *s.* Dèarsadh, dèalradh.
 ERADICATE, *v. a.* Dìth-mhill, sgrios.
 ERADICATION, *s.* Dìth-mhilleadh, sgrios.
 ERASE, *v. a.* Mill, sgrios; dubh a mach.
 ERASEMENT, *s.* Dìth-mhilleadh, sgrios, dubhadh as.
 ERE, *adv.* Roimhe, mu'n, mun.
 ERE, *prep.* Roimh.
 ERELONG, *adv.* A chlisgeadh, gu goirid.
 ERENOW, *adv.* Roimhe so.
 EREWHILE, }
 EREWHILES, } *adv.* A chianamh.
 ERECT, *v. a. and n.* Tog, tog dìreach; àrdach, tog an àird.
 ERECT, *adj.* Dìreach, neo-chrom; misneachail, sgariteil.
 ERECTION, *s.* Èiridh, togail.
 ERECTNESS, *s.* Dirichead.
 EREMIT, *s.* Aonaran, maol-ciaran.
 EREMITICAL, *adj.* Aonaranach, cianail.
 EREPTION, *s.* Tiolpadh, spionadh, spionadh.
 ERGO, *adv.* Uime sin.
 ERMINE, *s.* Seòrsa neas.
 ERR, *v. n.* Rach air iomrall no air faonradh, rach air seachran, rach am mearachd.
 ERRABLE, *adj.* Mearachdach, iomrallach.
 ERRAND, *s.* Gnothach, teachdaireachd.
 ERRANT, *adj.* Iomrallach, seachranach, neo-shuidhichte.
 ERRANTRY, *s.* Seachranachd, iomrall, faontradh.
 ERRATA, *s.* Mearachdan clòdh-bhualaidh.
 ERRATIC, *adj.* Iomrallach, seachranach.
 ERRING, *adj.* Mearachdach, seachranach.
 ERRONEOUS, *adj.* Mearachdach, neo-shuidhichte, iomrallach, faonrach; neo-fhior, neo-cheart, breugach.
 ERROR, *s.* Mearachd; iomrall, seachran, faontradh; peacadh.
 ERSE, }
 EARSE, } Gàilig Albannach.
 ERST, *adv.* Air thùs, roimhe so.

ERUCT, } *v. n.* Brùchd, dean brùch-
 ERUCTATE, } dail, dean rùchdafl.
 ERUCTATION, *s.* Brùchdadh, dìobh-uirt, brùchd.
 ERUDITE, *adj.* Ionnsaichte, foghlumte.
 ERUDITION, *s.* Ionnsachadh, foghlum, oilean, eòlas.
 ERUPTION, *s.* Brùchdadh, bristeadh a mach; broth.
 ERUPTIVE, *adj.* A' bristeadh a mach; bròthach, guireanauch.
 ERSIPPELAS, *s.* Ruaidhe, teine dé.
 ESCALADE, *s.* Streapadh balla.
 ESCAPE, *v. a. and n.* Teich, tàr as; seachain.
 ESCAPE, *s.* Teicheadh, dol as o chunnart; mearachd, di-chuimhn.
 ESCHEW, *v. a.* Seachain, na gabh gnothach ri, teich uaithe.
 ESCORT, *s.* Coimheadachd; dìon, freiceadan.
 ESCULENT, *adj.* A dh' fhaodar ithe, biadhchar.
 ESCULENT, *s.* Ni a dh' fhaodar ithe, biadh.
 ESCUTCHEON, *s.* Sgiath teaghlaich, suaicheantas brataich.
 ESPECIAL, *adj.* Àraidh, sònruichte.
 ESPLANADE, *s.* Cùl balla daingnich; àilean.
 ESPOUSAL, *s.* Uchdmhacachd, dìon.
 ESPOUSALS, *s.* Ceangal pòsaidh, còrdadh.
 ESPOUSE, *v. a.* Dean ceangal pòsaidh; pòs; dìon, teasaig.
 ESPOUSER, *s.* Fear gabhail cùise 'na làimh féin.
 ESPY, *v. a. and n.* Faic, beachdaich, comharrach; gabh sealladh.
 ESQUIRE, *s.* Fear coimheadachd ridire; fear tighearnais.
 ESSAY, *v. a.* Feuch, oidhirpich, thoir deuchainn.
 ESSAY, *s.* Deuchainn, feuchainn, oidhirp, òraid.
 ESSAYIST, *s.* Fear sgrìobhaidh òraidean.
 ESSENCE, *s.* Gnè, brìgh, sùgh, blad; bit.
 ESSENTIAL, *adj.* Feumail, nach gabh seachnadh, ro-àraidh, prìomh.
 ESTABLISH, *v. a.* Suidhich, stèidhich, socraich, daingnich, comh-dhaingnich, suidhich, leag, riaghailtich.
 ESTABLISHER, *s.* Fear suidheachaidh.
 ESTABLISHMENT, *s.* Suidheachadh, socrachadh, stèidheachadh; daingneachadh, comh-dhaingneachadh; tuarasdal, teachd a stigh.
 ESTATE, *s.* Seasamh, cor, inbhe; seilbh, fearaun, oighreachd.

- ESTEEM**, *v. a. and n.* Meas, cuir luach air; coimeas; urramaich, meas luachmhor.
- ESTEEM**, *s.* Meas, urram, onoir, miadh.
- ESTIMABLE**, *adj.* Luachmhor, prìseil, miadhail; measail, urramach.
- ESTIMABLENESS**, *s.* Luachmhorachd, miadhalachd.
- ESTIMATE**, *v. a.* Meas, cuir luach air.
- ESTIMATE**, *s.* Cunntas, àireamh, meas; prìseachadh.
- ESTIMATION**, *s.* Meas, luachmhorachd, urram, onoir; barail, breith.
- ESTRANGE**, *v. a.* Cum air falbh, tarruing air falbh, dean fuathach, dean 'na choigreach.
- ESTRANGEMENT**, *s.* Coimheachas, tréigsinn càirdeis.
- ESTUARY**, *s.* Caolas, bàgh, camus.
- ET CÆTERA**, *s. contract.* Etc. &c. Agus mar sin.
- ETCH**, *v. a.* Dreach, dealbh, tarruing.
- ETCHING**, *s.* Dealbh-sgrìobhaidh.
- ETERNAL**, *adj.* Bith-bhuan, sìorruidh, maireannach; neo-chrìochnach, neo-chaochlaideach; gun toiseach.
- ETERNAL**, *s.* An Tì sìorruidh, an Tì bith-bhuan.
- ETERNITY**, *s.* Sìorruidheachd, bith-bhuantachd.
- ETHER**, *s.* Àile fìor-ghlan, adhar fìnealta.
- ETHEREAL**, *adj.* Adharach, adharail; nèamhaidh, spioradail.
- ETHICS**, *s.* Modhannan, riaghailt nam modhannan, lagh nam beus.
- ETHNICAL**, *adj.* Pàganach.
- ETIQUETTE**, *s.* Modh, deas-ghnàth.
- ETYMOLOGICAL**, *adj.* A bhùineas do dh' fhocal-fhreumhachd.
- ETYMOLOGIST**, *s.* Focal-fhreumhaiche.
- ETYMOLOGY**, *s.* Focal-fhreumhachd.
- ETYMON**, *s.* Freumh-fhocal.
- EVACUATE**, *v. a. and n.* Falmhaich, dean falamh, fàsaich; fàg, falbh as; leig fuil.
- EVACUATION**, *s.* Falmhachadh; glanadh, purgaideachadh; fàgail, falbh.
- EVADE**, *v. a. and n.* Seachain, faigh as, tàr as, sèap.
- EVANESCENCE**, *s.* Diombuanachd, diombuainead, caochlaidheachd, faileas.
- EVANESCENT**, *adj.* Diombuan, faileasach.
- EVANGELICAL**, *adj.* Soisgeulach.
- EVANGELIST**, *s.* Soisgeulaiche, soisgeulach.
- EVANGELIZE**, *v. a.* Searmonaich an soisgeul.
- EVAPORATE**, *v. a. and n.* Cuir 'na smùid, cuir 'na cheò; falbh 'na d' smùid, tiormaich.
- EVAPORATION**, *s.* Dol 'na smùid; tiormachadh, cur ceò dheth.
- EVASION**, *s.* Leithsgeul, seachnadh, car, siomaguad, cur seachad, no gu taobh.
- EUCHARIST**, *s.* Comanachadh, suipeir an Tighearna.
- EUCCHARISTICAL**, *adj.* A bhùineas do'n chomanachadh.
- EVE**, } *s.* Feasgar, àrd-feasgar, eadar-
- EVEN**, } sholus, beul na h-oidhche; trasg roimh fhéill.
- EVEN**, *adj.* Réidh, còmhnhard, comh-ionann, neo-chaochlaideach, coimh-shìnte, dìreach, neo-chlaon; ciùin, sèimh; do dh' àireamh a ghabhas roinn.
- EVEN**, *v. a.* Dean còmhnhard, dean réidh, dean coimh-ionann; dean saor o fhiach-aibh.
- EVEN**, *adv.* Eadhon.
- EVENHANDED**, *adj.* Ceart, dìreach, neo-chlaon-bbreitheach, cothromach.
- EVENING**, *s.* Feasgar, beul na h-oidhche.
- EVENING**, *adj.* Auns an fheasgar, feagarach.
- EVENNESS**, *s.* Còmhnhardachd, réidheachd, coimh-ionannachd, riaghailteachd; sèimheachd, ciùine.
- EVENTIDE**, *s.* Tràth feasgair.
- EVENT**, *s.* Cùis, nì, tachartas, tuiteamas; crìoch, buil, toradh.
- EVENTFUL**, *adj.* Cudthromach, tùiteamach, a bheir iomad nì mu'n cuairt.
- EVENTUAL**, *adj.* A' leanmhuinn, comhleanailteach.
- EVER**, *adv.* Aig àm sam bith, idir, riamb; daonnan, gu bràth, an còmhnuidh, a chaidh.
- EVERDURING**, *adj.* Sìorruidh, bith-bhuan.
- EVE & GREEN**, *adj.* Sìor-uaine.
- EVERGREEN**, *s.* Luibh no craobh sìor-uaine.
- EVERLASTING**, *adj.* Sìorruidh, bith-bhuan, maireannach.
- EVERLASTING**, *s.* Sìorruidheachd.
- EVERLIVING**, *adj.* Neo-bhàsmhor.
- EVERMORE**, *adv.* Gu bràth, o so suas.
- EVERY**, *adj.* Gach, na h-uile, gach aon.
- EVICT**, *v. a.* Cuir á seilbh, thoir uaith le ceartas.
- EVICITION**, *s.* Cur á seilbh.
- EVIDENCE**, *s.* Dearbhachd, dearbhadh; còmhadh, teistias; fianuis.
- EVIDENCE**, *v. a.* Dearbh, coimh-dhearbh, còmhdaich.

EVIDENT, *adj.* Soilleir, dearbhta, cinnteach, folluiseach.

EVIL, *adj.* Olc, dona, droch; aingidh, truailidh; truagh, aimlisgeach; fiadhaich, millteach.

EVIL, *s.* Olc, aingidheachd; dochann, cron, urchaid; truaighe, call.

EVILDOER, *s.* Fear-dèanamh uilc.

EVILMINDED, *adj.* Droch-intinneach.

EVILSPEAKING, *s.* Cùl-chàineadh, sgainneal.

EVILWORKER, *s.* Fear-droch-oibre.

EVINCE, *v. a. and n.* Dearbh, coimhdhearbh, dean soilleir, còmhdaich.

EVINCIBLE, *adj.* So-chòmhdach, scdhearbhadh.

EVITABLE, *adj.* So-sheachnadh.

EULOGICAL, *adj.* Moltach.

EULOGISE, *v. a.* Mol, cliùthaich.

EULOGY, *s.* Moladh, cliù.

EUNUCH, *s.* Caillteanach.

EVOCATION, *s.* Eigheach, glaothaich.

EVOLUTION, *s.* Itealaich, falbh air iteig.

EVOLVE, *v. a.* Fuasgail.

EVOLUTION, *s.* Teachd á filleadh, fosgladh suas.

EUPHONY, *s.* Binn-fhuaim, binnead.

EUROPEAN, *s.* Fear a mhuinntir na Roinn-eòrpa.

EUROPEAN, *adj.* Européanach.

EURUS, *s.* A' ghaoth an ear.

EVULGATION, *s.* Craobh sgaioleadh, foillseachadh.

EVULSION, *s.* Spionadh á bun.

EW E, *s.* Caora, othaig.

EWER, *s.* Soitheach uisge.

EXACERBATION, *s.* Feargachadh, eargnachadh.

EXACERVATION, *s.* Càrnadh suas.

EXACT, *adj.* Ceart, dòigheil, puncail, riaghailteach; freagarrach, neo-mhearachdach.

EXACT, *v. a. and n.* Iarr mar chòir, tagair; àithn, earalaich; bi ri foireigieadh.

EXACTION, *s.* Iarruidh gu smachdail; cis throm, càin throm.

EXACTNESS, *s.* Puncalachd, dòighealachd, riaghailteachd, ceartas.

EXACTOR, *s.* Fear foireignidh; fear fòirneirt; fear àithne.

EXAGGERATE, *v. a.* Meudaich, cuir am meud, cuir ri; bi ag aibheiseachadh.

EXAGGERATION, *s.* Meudachadh, aibheiseachadh.

EXAGITATION, *s.* Luasgadh, tulgadh.

EXALT, *v. a.* Àrdaich, tog an àird, tog gu h-urram; tog suas.

EXALTATION, *s.* Àrdachadh, togail an

àirde; éiridh gu h-urram; àirde, urram, inbhe.

EXALTER, *s.* Fear-àrdachaidh.

EXAMEN, *s.* Rannsachadh, sgrùdadh.

EXAMINATION, *s.* Ceasnachadh, rannsachadh, sgrùdadh.

EXAMINATOR, *s.* Fear-ceasnachaidh, fear-sgrùdaidh.

EXAMINE, *v. a.* Ceasnaich, cuir ceistean, fidir; rannaich, sgrùd.

EXAMPLE, *s.* Samhladh; eisimpleir, ball-sampuill.

EXASPERATE, *v. a.* Farranaich, feargach; buair, eargnaich.

EXASPERATION, *s.* Brosnuchadh, buaireadh, farranachadh.

EXCAVATE, *v. a.* Cladhaich, tochail, bùraich.

EXCAVATION, *s.* Cladhach, tochladh, bùrach; toll, slochd, còs, cobhan.

EXCEED, *v. a. and n.* Theirig thairis air, thoir barrachd; rach tuille 's fada, rach thar tomhas.

EXCEEDING, *adj.* Anabarrach, ro-mhòr.

EXCEEDINGNESS, *s.* Anabarrachd.

EXCEL, *v. a. and n.* Thoir barrachd, faigh buaidh, coisinn buaidh; bi os ceann, bi ni's cliùthaichte, bi ni's ainmeala.

EXCELLENCE, } *s.* Gasdachd, feothas

EXCELLENCY, } maithreas; àirde, àrdachd, mòrachd; òirdheirceas.

EXCELLENT, *adj.* Òirdheirc, gasda, luachmhor, maith, barrail

EXCEPT, *v. a. and n.* Fàg a mach, cuir air cùl, diùlt, ob, cuir an leth a muigh.

EXCEPT, *prep.* Ach, saor o; mur, mur 'eil.

EXCEPTION, *s.* Cur an taobh a mach, fàgail a mach, diùltadh, obadh; coire, cunnail, cron.

EXCEPTIONABLE, *adj.* Buailteach do choire.

EXCEPTIOUS, *adj.* Crosda, dreamlainneach.

EXCERPT, *s.* Mir taghta.

EXCERPTOR, *s.* Taghadair.

EXCESS, *s.* Anabharr, tuille 's a chòir; ana-measarrachd.

EXCESSIVE, *adj.* Anabarrach, fuathasach; ana-measarra.

EXCHANGE, *v. a.* Malairtich, iomlaidich, dean suaip.

EXCHANGE, *s.* Iomlaid, malairt, suaip, comh-cheannachd; mùthadh luach airgid rioghachdan; àite coinneamh luchd-malairt.

EXCHANGEABLE, *adj.* Malairteach.

EXCHANGER, *s.* Fear-malairt.

- EXCHEQUER, s.** Cùirt iomhais a chrùn.
EXCISABLE, adj. Air an cuirear eis bathair.
EXCISE, s. Cis bathair.
EXCISEMAN, s. Fear eis bathair.
EXCISION, s. Gearradh air falbh.
EXCITATION, s. Gluasad, carachadh, brosnachadh, dùsgadh, buaireadh.
EXCITE, v. a. Dùisg, brosnuich, gluais, misnich.
EXCITEMENT, s. Culaidh-bhrosnuchaidh.
EXCLAIM, v. n. Glaodh, éigh.
EXCLAIMER, s. Fear àrd-ghuthach.
EXCLAMATION, s. Glaodh, iolach; combarradh iongantais.
EXCLAMATORY, adj. Àrd-ghuthach, a bheir mosgladh.
EXCLUDE, v. a. Druid a mach, bac, toirmisg; cum air ais.
EXCLUSION, s. Dùnadh a mach; diùltadh, bacadh, toirmeasg; tilgeadh a mach.
EXCLUSIVE, adj. A' bacadh, a' druid-eadh a mach, a' diùltadh, a' toirmeasg.
EXCOGITATE, v. a. and n. Breithnich, tionnsgain, cnuasaich, beachdaich; smuainich, beachd-smuainich.
EXCOGITATION, s. Beachd-smuaineachadh, tionnsgnadh.
EXCOMMUNICATE, v. a. Cuir á comunnan criosduidhean.
EXCOMMUNICATION, s. Coinnealbhàthadh, ascaoin-eaglais, cur á comunnan criosduidhean.
EXCORIATE, v. a. Rùisg, thoir an craic-ionn deth.
EXCORIATION, s. Rùsgadh, briseadh craicinn; creach, spùinneadh.
EXCREMENT, s. Cac, salchar, inneir.
EXCRESCENCE, } s. Meall, foinne,
EXCRESCENCY, } fliodh.
EXCRUCIATE, v. a. Cràdh, pian, claidh, goirtich.
EXCRUCIATION, s. Cràdh, pian, dòruinn.
EXCUBATION, s. Faire rè na h-oidhche.
EXCULPATE, v. a. Saor, gabh a leithsgeul, fireanaich.
EXCULPATION, s. Saoradh, fireanachadh.
EXCURSION, s. Cuairt, sgrìob, turus, astar.
EXCURSIVE, adj. Turusach, falbhanach, sìùbhlach.
EXCUSABLE, adj. Leisgeulach, somhaitheadh.
EXCUSABLENESS, s. Leisgeulachd.
- EXCUSE, v. a.** Gabh leisgeul, maith, logh.
EXCUSE, s. Leisgeul.
EXCUSELESS, adj. Gun leisgeul.
EXECRABLE, adj. Fuathach, dao-chail, gràineil, oilleil; mallaichte.
EXECRATE, v. a. Mallaich, guidh olc do.
EXECRATION, s. Mallaich, droch ghuidhe.
EXECUTE, v. a. and n. Dèan, cuir an gnìomh, coimhlion; marbh.
EXECUTION, s. Deanamh, cur an gnìomh, coimhlionadh; cur gu bàs, crochadh, dìth-cheannadh.
EXECUTIONER, s. Crochadair.
EXECUTIVE, adj. Gnìomhach, gnìomh-chomasach, cumhachdach.
EXECUTOR, s. Fear-cùraim tiomnaidh.
EXECUTRIX, s. Bean-cùraim tiomnaidh.
EXEMPLARY, adj. Eisimpleireach, ionmholta, cliù-thoilteannach, deadh-bheusach.
EXEMPLIFICATION, s. Samhlachas, coimeas, eisimpleir.
EXEMPLIFY, v. a. Mìnich le cosmhuileachd.
EXEMPT, v. a. Saor, leig seachad.
EXEMPT, adj. Saor, neo-bhuailteach, gun bhì air a thoirt a stigh.
EXEMPTION, s. Saorsa, ceadachadh dol saor.
EXERCISE, s. Saothair, cleachdadh corporra, sràid-imeachd, gluasad, falbhan; iomairt, gnàthachadh, gnìomh; oileanachadh; seirbhis an Tighearna.
EXERCISE, v. a. and n. Oibrich, gnàth-aich, cleachd, dèan, cum ri saothair, cuir an gnìomh, cleachd saothair corporra.
EXERT, v. a. Feuch ri, dean spàirn, dean dìchioll, cuir chuige, saothraich, oibrich, oidhirpich.
EXERTION, s. Oidhirp, deuchainn, dìchioll, spàirn.
EXFOLIATE, v. a. Sgrath, sgar.
EXHALATION, s. Eiridh 'na smùid no 'na cheò; ceò, grian-deatach, deatach.
EXHALE, v. a. Smùidich, cuir 'na smùid, tiormaich, cuir 'na dheataich.
EXHAUST, v. a. Tràgh, tiormaich, falmhaich, taosg.
EXHAUSTIBLE, adj. A ghabhas tràghadh.
EXHAUSTION, s. Tràghadh, traoghadh, falmhachadh, tiormachadh, taosgadh.
EXHIBIT, v. a. Nochd, taisbean, feuch, foillsich.
EXHIBITION, s. Nochdadh, foillseachadh, taisbeanadh, leigeadh ris.

EXHIBITORY, *adj.* A' nochdadh, a' foillseachadh, a' leigeil ris.

EXHILARATE, *v. a. and n.* Cuir aoibhneas air, dean cridheil, dean sunndach; bi cridheil, bi sunndach, bi aoibhneach.

EXHILARATION, *s.* Cridhealas, sunnd.

EXHORT, *v. a.* Earalaidh, comhairlich.

EXHORTATION, *s.* Comhairleachadh, earalachadh; comhairle, earail.

EXHORTER, *s.* Comhairliche, earalaiche.

EXHUMATION, *s.* Toirt as an uagh.

EXIGENCE, } *s.* Feum, easbhuidh, dìth,

EXIGENCY, } uireasbhuidh; cruaidh-chas, teanntachd, éiginn.

EXIGENT, *adj.* Éiginneach, cruaidh, cruadalach.

EXIGENT, *s.* Eiginn, teanntachd, cruaidh-chas.

EXILE, *s.* Fògradh, fuagrach, fuadach fa'as; fear-fuadain, fògarach, diobaireach.

EXILE, *v. a.* Fògair, cuir as an tìr.

EXILEMENT, *s.* Fògradh, fuadach.

EXIST, *v. n.* Bi, bi beò, bi làthair.

EXISTENCE, } *s.* Bith, beatha.

EXISTENCY, } *s.* Bith, beatha.

EXISTENT, *adj.* A tà beò, a làthair.

EXIT, *s.* Falbh, triall, siubhal, caochladh.

EXONERATE, *v. a.* Neo-luchdaich, saor, fireanaich.

EXONERATION, *s.* Eutromachadh, fireanachadh.

EXORABLE, *adj.* So-chomhairleachadh, so-asluchadh.

EXORBITANCE, } *s.* Ana-cuimse, uamh-

EXORBITANCY, } arrachd, anabarrachd.

EXORBITANT, *adj.* Ana-cuimseach, anabarrach, fuathasach, uamharra, thar tomhas.

EXORCISE, *v. a.* Fògair deamhan, fuadaich droch spiorad, cuir spiorad fo gheasaibh.

EXORCISM, *s.* Geasadaireachd, fuadach dheamhan.

EXORCIST, *s.* Fear cur spioradan fo gheasaibh, druidh, geasadair.

EXORDIUM, *s.* Roimh-radh, tùs-labhairt.

EXOTIC, } *adj.* Coimheach, a bhuin-

EXOTICAL, } eas do dhùthaich eile.

EXPAND, *v. a.* Sgaoil, fosgail a mach; meudaich, at.

EXPANSE, *s.* Còmhnard mòr, fosgladh farsuing, sìneadh, an iarmailt.

EXPANSION, *s.* Sgaoileadh, fosgladh, sìneadh a mach; farsuingeachd.

EXPANSIVE, *adj.* Sgaoilteach, so-shìneadh a mach.

EXPATiate, *v. n.* Sin a mach; leudaich.

EXPATRIATE, *v. a.* Fògair, cuir as an dùthaich.

EXPATRIATION, *s.* Fògradh, cur, no dol as an dùthaich.

EXPECT, *v. a. and n.* Bitheadh dòchas agad; amhaire air son.

EXPECTANCE, } *s.* Dùil, dòchas, fugh-

EXPECTANCY, } air; earbsa.

EXPECTANT, *adj.* Fìughaireach, a' feitheamh, an dùil, ag altrum dòchais.

EXPECTANT, *s.* Fear-fìughair.

EXPECTATION, *s.* Dùil, dòchas, fugh-air.

EXPECTER, *s.* Fear feitheamh air son.

EXPECTORATE, *v. a.* Cuir a mach smugaid, cuir a mach le casad.

EXPECTORATION, *s.* Réiteach bràighe, cur a mach le casad; smugaid, splan-gaid.

EXPEDIENCE, } *s.* Freagarrachd, comh-

EXPEDIENCY, } threagarrachd, iom-chuidheachd, feumalachd.

EXPEDIENT, *adj.* Freagarrach, iom-chuidh, cothromach.

EXPEDITE, *v. a.* Luathaich, cabhagaich.

EXPEDITION, *s.* Luathas, cabhag, graide; ionnsuidh, turus naimhdeil.

EXPEDITIOUS, *adj.* Ullamh, ealamh, luath, grad, cabhagach.

EXPEL, *v. a.* Tilg a mach, cuir air falbh; fògair, fuadaich; cum uait.

EXPEND, *v. a.* Caith, cosd.

EXPENSE, *s.* Cosdas, cur a mach airgid.

EXPENSELESS, *adj.* Neo-chosdail.

EXPENSIVE, *adj.* Cosdail, caithteach, struidheil; daor, luachmhor, prìseil.

EXPENSIVENESS, *s.* Cosdalachd, struidhealachd; luachmhorachd.

EXPERIENCE, *s.* Cleachdadh, deuchainn; fein-fhiosrachadh, gnàth eòlas, aithne cleachdaidh.

EXPERIENCE, *v. a.* Fainich, fairich, mothaich, faigh fios faireachdainn; gnàthaich.

EXPERIENCED, *adj.* Gnàthaichte ri, cleachdta, gnàth-eòlach.

EXPERIMENT, *s.* Deuchainn dhearbhaidh.

EXPERIMENTAL, *adj.* Deuchainneach, oidhirpeach.

EXPERT, *adj.* Ealanta, teòma, seòlta; deas, ealamh, tapaidh.

EXPERTNESS, *s.* Seòltachd, teòmachd, eòlas; tapachd.

EXPIABLE, *adj.* So-dhìoladh, so-locadh.

- EXPIATE, *v. a.* Ioc, thoir éiric, thoir dìoladh air son coire.
- EXPIATION, *s.* Dìoladh, ìocadh, ath-dhìoladh.
- EXPIATORY, *adj.* Réiteachail, a ni dìoladh.
- EXPIRATION, *s.* Tarruing na h-analach, séideag analach; crìoch, ceann; call na deò, bàsachadh.
- EXPIRE, *v. a. and n.* Séid, analaich; bàsaich, thoir suas an deò; crìochnaich, thig gu crìch.
- EXPLAIN, *v. n.* Dean so-thuigsinn, soilleirich, foillsich.
- EXPLANATION, *s.* Mìneachadh, soilleireachadh, soillseachadh.
- EXPLANATORY, *adj.* Mìneachail, soillseachail.
- EXPLICABLE, *adj.* So-mhìneachadh, so-shoilleireachadh.
- EXPLICATE, *v. a.* Fosgail, soilleirich, dean so-thuigsinn.
- EXPLICATION, *s.* Fosgladh, soilleireachadh, mìneachadh, fuasgladh, réiteachadh; eadar-theangachadh.
- EXPLICATIVE, } *adj.* Soillseach, mìneachadh.
EXPLICATORY, } eachail, a' mìneachadh.
- EXPLICIT, *adj.* Soilleir, so-thuigsinn, puncail.
- EXPLICITNESS, *s.* Soilleireachd, pùncalachd.
- EXPLODE, *v. a.* Spreadh, tilg a mach le spreadhadh; tilg a mach le tàir, cuir an neo-shuim.
- EXPLOIT, *s.* Euchd, treubhantas, mòr-ghnìomh.
- EXPLORE, *v. a.* Feuch, rannsaich, sgrùd, sir.
- EXPLOSION, *s.* Spreadhadh, bragh.
- EXPORT, *v. a.* Cuir do thìr eile.
- EXPORTATION, *s.* Cur bathair thar muir.
- EXPORTER, *s.* Fear-cur bathair thar muir.
- EXPOSE, *v. a.* Nochd, foillsich, leig ris, ràisg, taisbean; dean ball magaidh dheth; cuir an cunnart.
- EXPOSITION, *s.* Mìneachadh, soilleireachadh; suidheachadh, leagail; eadar-theangachadh.
- EXPOSITOR, *s.* Fear-mìneachaidh, eadar-theangair.
- EXPOSTULATE, *v. a. and n.* Reunsaich; connsaich, cothaich.
- EXPOSTULATION, *s.* Reunsaich, deasboireachd; connsachadh, cothachadh; easaid.
- EXPOSTULATOR, *s.* Fear reusanachaidh.
- EXPOSURE, *s.* Foillseachadh, leigeil ris, taisbeanadh; gàbhadh, cunnart; suidheachadh, leagail.
- EXPOUND, *v. a.* Mìnich, dean soilleir, leig ris.
- EXPRESS, *v. a.* Cuir an céill, innis, aithris; nochd, foillsich, taisbean; fàisg, brùth á.
- EXPRESS, *adj.* Soilleir, puncail, folluiseach; a dh' aon ghnòthach; a dh' aon obair.
- EXPRESS, *s.* Teachdaire cabhaige, teachdaireachd cabhaige.
- EXPRESSION, *s.* Dòigh labhairt, aithris, cainnt; fàsghadh.
- EXPRESSIVE, *adj.* Làn seadh, brìogh-inhor.
- EXPRESSIVENESS, *s.* Seadhalachd, brìghealachd.
- EXPROBATE, *v. a.* Cronaich, maslaich.
- EXPROBATION, *s.* Cronachadh, sglàmhuir.
- EXPUGN, *v. a.* Buadhaich, cìosnaich, ceannsaich.
- EXPUGNATION, *s.* Buadhachadh, ceannsaichadh.
- EXPULSION, *s.* Fògradh, fuadach, cur a mach.
- EXPULSIVE, *adj.* A dh' fhògras, a dh' fhuadaicheas.
- EXPUNGE, *v. a.* Dubh a mach, sgrìob as.
- EXPURGATION, *s.* Glanadh, sgùradh, ionnlad.
- EXPURGE, *v. a.* Glan, ionnlaid.
- EXQUISITE, *adj.* Gasda, taghta, òirdheirc, grinn, coimhlionta; ro mhòthachail.
- EXQUISITENESS, *s.* Òirdheircas, grinneas.
- EXTANT, *adj.* Folluiseach, a làthair; beò, maireann.
- EXTEMPORANEOUS, } *adj.* Bharr
EXTEMPORARY, } làimhe, gun ullachadh.
- EX TEMPORE, *adv.* Gun ullachadh, bhàrr làimhe.
- EXTEMPORIZE, *v. n.* Labhair gun ullachadh.
- EXTEND, *v. a. and n.* Sìn, sgaoil; leudaich, meudaich, farsuingich; bàirig, compàirtich; ruig air.
- EXTENSION, *s.* Sìneadh, ruigheachd, sgaoileadh, farsuingeachd, leud, meud.
- EXTENSIVE, *adj.* Farsuing, leathann, mòr.
- EXTENSIVENESS, *s.* Farsuingeachd, meud, leud.

EXTENT, *s.* Farsuingeachd, meud, leud, fad, dòmhladas.
EXTENUATE, *v. a.* Lughdaich, caolaich, beagaich, tanaich; gabh leisgeul, eutromaich coire.
EXTENUATION, *s.* Lughdachadh, beagachadh, gabhail leisgeil; eutromachadh; tanachadh, caolachadh.
EXTERIOR, *adj.* Air an taobh muigh.
EXTERIOR, *s.* An taobh muigh.
EXTERMINATE, *v. a.* Dith-làraich, dìthich, sgrios; spìon á 'fhreumhaibh, thoir as a bhun, fògair.
EXTERMINATION, *s.* Sgrios, milleadh, dìtheachadh.
EXTERMINATOR, *s.* Dith-mhilltear.
EXTERNAL, *adj.* A muigh, air an taobh muigh.
EXTERNALLY, *adv.* A muigh, air an taobh muigh.
EXTIMULATE, *v. a.* Spor, broснаich.
EXTIMULATION, *s.* Sporadh, brosnadh, brosnachadh.
EXTINCT, *adj.* Crìochnaichte, nach 'eil a làthair; marbh.
EXTINCTION, *s.* Cur as, smàladh; dol as, mùchadh; milleadh, sgrios, dìth-làrachadh.
EXTINGUISH, *v. a.* Cuir as, mùch, smàl as; mill, sgrios, caisg.
EXTINGUISHER, *s.* Mùchadair.
EXTIRPATE, *v. a.* Dith-làraich, spìon á bun, sgrios, dìthich.
EXTIRPATION, *s.* Toirt á 'fhreumhan, spìonadh á bun, sgrios.
EXTIRPATOR, *s.* Dith-mhilltear.
EXTOL, *v. a.* Ard-mhol, clìùthaich.
EXTOLLER, *s.* Fear-molaidh.
EXTORT, *v. a.* Dean fòirneart, thoir air falbh le h-ainneart.
EXTORTER, *s.* Fear-fòirneirt.
EXTORTION, *s.* Fòirneart, foireig-neadh.
EXTORTIONER, *s.* Fear foir-eignidh, fear-fòirneirt.
EXTRACT, *v. a.* Tarruing á, thoir á.
EXTRACT, *s.* As-tharruing, brìgh, sùgh; giorradan.
EXTRACTION, *s.* As-tharruing, tarruing o; tàrmachadh, sloinneadh.
EXTRACTOR, *s.* Fear tarruing a mach.
EXTRAJUDICIAL, *adj.* Neo-laghail, neo-riaghailteach.
EXTRANEOUS, *adj.* Coimheach, nach buin do.
EXTRAORDINARY, *adj.* Neo-chumanta, neo-ghuathach; sònruichte, àraid, anabarrach iongantach.

EXTRAVAGANCE, } *s.* Ana-measarr-
EXTRAVAGANCY, } achd, ana-caith-
 eamh, struidhealachd; mi-riaghailt, dol as an t-slighe; buaireas.
EXTRAVAGANT, *adj.* Struidheil, ana-caithteach; mi-riaghailteach, ana-cuimseach.
EXTREME, *adj.* Anabarrach, ro-mhòr; iomallach, a's faide muigh; deireannach.
EXTREME, *s.* Iomall, deireadh, ceann thall, crìoch.
EXTREMITY, *s.* Ceanm a's faide mach, crìoch, iomall, oir; gnè an aghaidh gnè eile; cruaidh-chas, teinn, eiginn.
EXTRICATE, *v. a.* Saor, fuasgail.
EXTRICATION, *s.* Saoradh, fuasgladh, toirt á amladh.
EXTRINSICAL, } *adj.* Air an leth muigh,
EXTRINSIC, } a bhuineas do ni eile.
EXTRINSICALLY, *adv.* O'n leth muigh.
EXTRUSION, *s.* Tilgeadh a mach.
EXUBERANCE, *s.* Cus, mòr-phailteas.
EXUBERANT, *adj.* Pailt, làn, lìonmhor, tarbhach, a' cur thairis.
EXUDATION, *s.* Cur falluis deth; fallus.
EXUDATE, *v. n.* Cuir fallus dhìot.
EXULCERATE, *v. a.* and *n.* Steinlich, leannaich, eargnaich; bi aig iongrachadh.
EXULCERATION, *s.* Leannachadh, iongrachadh, steinleachadh.
EXULT, *v. n.* Dean uail, dean aoibhneas, dean gairdeachas; bi ri aighear.
EXULTATION, *s.* Uail, gairdeachas, aoibhneas, aighear.
EXUPERABLE, *adj.* So-cheannseachadh.
EXUSCITATE, *v. a.* Èirich, dùisg, tog suas.
EXUSTION, *s.* Losgadh, cnàmh, caith-eamh as le teine.
EYAS, *s.* Isean seabhaige.
EYE, *s.* Sùil, rosg; miann, dùrachd; lùbag; udalan; crò-snàthaid.
EYE, *v. a.* Beachdaich, faic, seall, cum sùil air, dearc air.
EYEBALL, *s.* Uhall na sùl, clach na sùl.
EYEBRIGHT, *s.* Rinn-an-ruisg, lus nan leac.
EYEBROW, *s.* Mala, maladh.
EYED, *adj.* Sùileach.
EYEDROP, *s.* Deur.
EYELASH, *s.* Fabhradh, rosg.
EYELESS, *adj.* Gun sùilean.
EYELET, *s.* Sùileag, lùbag.
EYELID, *s.* Rosg, fabhra, fabhradh.
EYESALVE, *s.* Sàbh-shùil.
EYESIGHT, *s.* Sealladh, fradharc, léir-sinn.

EYESORE, *s.* Culaidh-ghràin, culaidh-mhì-thlachd.
EYETOOTH, *s.* Fiaicail-chrìche, crìoch-adair.
EYEWITNESS, *s.* Fianuis shùl.
EYRE, *s.* Cùirt no mòd ceartais.
EYRY, *s.* Nead iolaire, no seabhaige.

F

FABLE, *v. a.* and *n.* Innis breugan, aithris, dean uirsgeul, innis sgeulachd, labhair faoin sgeul.
FABLED, *adj.* Ainmeil, iomraideach an uirsgeulan.
FABRIC, *s.* Togail, aitreabh, tigh.
FABRICATE, *v. a.* Tog, dealbh, combhog.
FABRICATION, *s.* Togail, dealbh, deanamh suas.
FABRICATOR, *s.* Fear-togail, fear deilbh.
FABULOUS, *adj.* Uirsgeulach, faoin-sgeulach, breugach.
FACE, *s.* Aghaidh, gnùis, aodann, eudann, tuar, aogas; uachdar, beul-thaobh; dreach.
FACE, *v. a.* and *n.* Cuir aghaidh ri, thoir sghaidh air, tachair, coinnich; seas mu choinneamb; tionndaidh t' aghaidh mu'n cuairt.
FACETIOUS, *adj.* Cridheil, sunndach, àbhachdach, sùgach, suigeartach, ait
FACILE, *adj.* Furasda, soirbh, so-dheanamb, ciùin, fòill.
FACILITATE, *v. a.* Dean furasda, dean soirbh, dean réidh, réitich.
FACILITY, *s.* Furasdachd, ullambachd, teòmachd; sùbailteachd, géilleachduinn, socharachd.
FACING, *s.* Linig, aghaidh, còmhach.
FAC-SIMILE, *s.* Mac-samhuil, leth-bhreac.
FACT, *s.* Gnìomh, gnòthach, beart, tùrn; firinn.
FACTION, *s.* Luchd-tuairgnidh; aimhreit, tuairgneadh, eas-aonachd.
FACTIOUS, *adj.* Aimbreiteach, buaireasach, easaontach, ceannairceach.
FACTIOUSNESS, *s.* Eas-aontachd, ceannairc, aimhreit.
FACTOR, *s.* Fear-ionaid, fear-gnòthaich.
FACTORAGE, *s.* Duais fir-gnòthaich.
FACTORSHIP, *s.* Dreuchd fir-gnòthaich.
FACTORY, *s.* Tigh dhèantaichean, ionad luchd gnòthaich; tigh-cèairde.
FACTOTUM, *s.* Gille gach gnòthaich.

FACULTY, *s.* Comas, cumbachd, murrachas; càil, buaidh-inntinn; seòltachd, dòigh; comunn luchd teagaisg àird-sgoile.
FADE, *v. a.* and *n.* Caith, seachd; teich á sealladh; caill dath; searg, crìon, meath.
FADING, *s.* Crìonadh, seargadh, seacadh, caitheamh as.
FÆCES, *s.* Òtrach, aolach, dràbhag, deasgann.
FAG, *v. n.* Fàs sgith, fannaich.
FAG-END, *s.* Ceann-adaich, fuigheall, deireadh.
FAGOT, *s.* Maide tioram, spruan, connadh, fiodh fadaidh.
FAGOT, *v. a.* Trus, ceangail ri chéile.
FAIL, *v. a.* and *n.* Tréig, dìobair, fàg; faillinich, bi an easbhuidh; teirig, rach as, sguir; fannaich, fàs lag; thig gèarr air.
FAILING, *s.* Faillinn, faillneachadh; seargadh, seacadh; uireasbhuidh, tuisleadh, coire.
FAILURE, *s.* Easbhuidh, uireasbhuidh; tuisleadh, coire, faillinn.
FAIN, *adj.* Sòlasach, sunndach, deònach, toileach, an geall.
FAIN, *adv.* Gu toileach, gu deònach, le làn toil.
FAINT, *v. n.* Fannaich, rach am paisean, fàs lag, fàs fann, caill do spiorad, bi fo mhi-mhisnich.
FAINT, *adj.* Lag, fann, anfhann; neo-shoilleir; breòite, gun chli; gealltach, meat, tais, fo mhi-mhisnich; neo-smiorail, neo-sgairteil.
FAINTHEARTED, *adj.* Lag-chridheach, gealtach, tais, meat, cladharras.
FAINTHEARTEDNESS, *s.* Lag-chridheachd, cladhairachd, gealtachd.
FAINTING, *s.* Fannachadh, paisean, neul, laigse.
FAINTISH, *adj.* Car fann, a' fàs fann.
FAINTNESS, *s.* Laigse, laigsinn, anfhannachd; neo-smioralachd, marbhantachd; lag-chridheachd, cladhairachd.
FAIR, *adj.* Maiseach, sgiamhach, bòidheach, àillidh; geal, fionn; taitneach, maiseach, ciatach, glan, soilleir; ceart, cothromach, dìreach; sìobhalta, suairce.
FAIR, *s.* Rìbhinn, maise-mnà; faidhir, féill, margadh.
FAIRING, *s.* Faidhrian.
FAIRNESS, *s.* Maise, maisealachd, bòidheachd, àilleachd; ceartas, onoir, ionracas, trèibhdhireachd; soilleireachd.
FAIRSPOKEN, *adj.* Min-bhriathrach, suairce, beulchair.
FAIRY, *s.* Sithiche, duine sìth; bean-shìth.

FAIRY, *adj.* A bhùineas do shìthichean.
 FAIRYLIKE, *adj.* Mar shìthiche.
 FAIRYSTONE, *s.* Saighead-shìth, ceabaslith.
 FAITH, *s.* Creidimh, creideamh; muin-ghinn, dòchas, carbsa; creideas, barail; dìlseachd; onoir, fìrinn; gealltanais, gealladh.
 FAITHFUL, *adj.* Creidmheach, creideach; dileas, seasmach; ionraic, tréibhdhireach, onorach; fireanach, fireanta.
 FAITHFULNESS, *s.* Tréibhdhireachd, ionracas; dìlseachd, seasmachd.
 FAITHLESS, *adj.* Mi-chreidmheach; mi-dhìleas, mealltach, cealgach.
 FAITHLESSNESS, *s.* Mi-dhìlseachd, neo-sheasmachd.
 FALCHION, *s.* Claidheamh crom.
 FALCON, *s.* Seabhag bhoirionn seilge.
 FALCONER, *s.* Seabhagair, fear-ionnsachaidh sheabhag.
 FALCONRY, *s.* Seabhagaireachd.
 FALL, *v. a. and n.* Tuit; teirinn; traogh, sìolaidh.
 FALL, *s.* Tuiteam, leagadh, dìth-mhìleachd, léir-sgrìos; tuiteam sìos, ìsealachd; téarnadh cas, bruthach corrach; eas, spùt, easgraich, steall.
 FALLACIOUS, *adj.* Mearachdach, mealltach, carach, cealgach.
 FALLACIOUSNESS, } *s.* Mealltachd,
 FALLACY, } feallsachd, fallsachd, fallsaileachd, cealgachd.
 FALLIBILITY, *s.* Neo-chinnteachd, buailteachd do mhearachd.
 FALLIBLE, *adj.* Tuiteamach, buailteach do mhearachd, fàillinneach.
 FALLINGSICKNESS, *s.* Tuiteamas, an tinneas tuiteamach.
 FALLOW, *adj.* Dearg-shoillear, buidhe-shoillear; Talamh bàn, neo-threabhata, no air a dheargadh, ach gun chur.
 FALLOW, *s.* Ar-samhraidh, eilgheadh.
 FALSE, *adj.* Breugach, fallsa, neo-fhìor; mearachdach; meallta, mi-dhìleas.
 FALSE HEARTED, *adj.* Meallta, foilleil, cealgach.
 FALSEHOOD, *s.* Breug, gangaid; mealltaireachd, ceilg.
 FALSIFICATION, *s.* Breugaireachd, mealltaireachd.
 FALSIFIER, *s.* Breugaire, mealltair.
 FALSIFY, *v. a. and n.* Dean fallsa, breugnaich, dearbh 'na bhréig; àicheidh an fhìrinn.
 FALTER, *v. n.* Bi teabadaich, bi liotach, dean gagan chainnte, bi manntach; fàs sgith.

FALTERING, *s.* Teabadaich, laigse, teachd gearr.
 FAME, *s.* Cliù, ainm, biùthas; iomradh, alladh, fathunn.
 FAMED, *adj.* Ainmeil, cliùiteach, iomraid-each; measail.
 FAMELESS, *adj.* Gun ainm, gun chliù, gun iomradh.
 FAMILIAR, *adj.* Aoidheil, saor, ceanalta, furaonach, faoilidh; càirdeil; eòlach, coit-chiunn, tric.
 FAMILIAR, *s.* Fear-eòlais, companach; leannan sìth.
 FAMILIARITY, *s.* Eòlas, companas, saorsa còmhraidh.
 FAMILIARIZE, *v. a.* Dean eòlach, gnàth-aich, cleachd.
 FAMILY, *s.* Teaghlach; sliochd, àl, clann, gineal; cinneadh, fine, dream.
 FAMINE, *s.* Gort, gainne, daorsa.
 FAMISH, *v. a. and n.* Cuir bàs le gort, reang.
 FAMOUS, *adj.* Ainmeil, cliùiteach, measail, iomraideach, sònruichte.
 FAN, *s.* Fuaragan, gaotheran, sgàileagan; guit, fasnag, beantag, dallan, dallanach.
 FAN, *v. a.* Fuaireach, fionnfhuaraich; gluais an t-àileadh; fagain.
 FANATIC, } *adj.* Buoth-chreid-
 FANATICAL, } mheach, saobh-chreid-
 mheach.
 FANATIC, *s.* Neach air boile le baoth-chreideamh.
 FANATICISM, *s.* Baoth-chreidimh, saobh-chreidimh; déineas.
 FANCIFUL, *adj.* Baoth, neònach, iongantach, faoin.
 FANCIFULNESS, *s.* Neònachas, faoin-eachd, macmeamna.
 FANCY, *s.* Dealbh-inntinn, mac-meamna, saobh-smuain; barail, miann, déigh, tlachd.
 FANCY, *v. a. and n.* Smuainich, saoil, baralaich, beachdaich; miannaich, gabh déigh; saoil 'bi 'n dùil, smuainich.
 FANE, *s.* Teampull, eaglais, ionad-aoraidh.
 FANG, *v. a.* Greimich, glac.
 FANG, *s.* Tosg, ionga, dubhan.
 FANGED, *adj.* Tosgach, iongach, dubhanach, spògach.
 FANGLE, *s.* Faoin oidhirp, faoin innleachd.
 FANGLED, *adj.* Lòiseamach, spaillicheil.
 FANGLESS, *adj.* Gun fhiaclan.
 FANNER, *s.* Fear-fasnaidh; fasnag.
 FANTASIED, *adj.* Mac-meamnach, iougantach, neònach.

FANTASTIC, } *adj.* Faoin, mac-
FANTASTICAL, } meamnach, neòn-
 ach, gòrach, gogaideach, guanach.
FANTASTICALNESS, *s.* Mac-meamna,
 neònachas, gogaideachd.
FAR, *adv.* Fada, fad' as, fad' air falbh, an
 céin; gu mòr.
FAR-FETCHED, *adj.* Air a tharruing
 fad' as.
FAR, *adj.* Fada, fad' as.
FARCE, *v. a.* At, bòc, lìon a suas.
FARCE, *s.* Ealaidh, cluiche bhaoth.
FARCICAL, *adj.* Àbhachdach, a bhuin-
 eas do chluiche bhaoth.
FARCY, *s.* Claimh each.
FARDEL, *s.* Trusgan; cual, ultach.
FARE, *v. n.* Ith, gabh lòn; siubhail,
 imich, gabh turus; tàrladh dhuit, bi an
 cor.
FARE, *s.* Luach giùlain, duais, dìoladh
 fàraidh; biadh, lòn, teachd an tìr.
FAREWELL, *adj.* Beannachd leat no
 leibh, slàn leat no leibh, soraidh leat no
 leibh.
FAREWELL, *s.* Soraidh, cead, beann-
 achd.
FARINACEOUS, *adj.* A bhuineas do
 mhin, air bhlas mine.
FARM, *s.* Baile fearainn, gabhail fhearainn.
FARM, *v. a.* Suidhich air mhàl, gabh air
 mhàl; treabh, thoir a stigh.
FARMER, *s.* Tuathanach, gabhaltaiche.
FARMOST, *adj.* A's faid' as.
FARRAGO, *s.* Brudhaiste, brothas, cum-
 asg.
FARRIER, *s.* Gobha-chruidhean, léigh-
 each.
FARRIERY, *s.* Dreuchd léigh each.
FARROW, *s.* Cuain, àlach nuice.
FARROW, *v. a.* Beir uriceanan.
FART, *s.* Braim, breim.
FART, *v. n.* Dean braim, leig braim,
FARTHER, *adv.* Ni's fhaide as, a thuill-
 eadh, a bhàrr.
FARTHER, *adj.* Ni's faide, ni's iomall-
 aiche; air taobh thall.
FARTHER, *v. a.* Cuir air adhart, cuidich.
FARTHERANCE, *s.* Cuideachadh,
 còmhnaidh.
FARTHEST, *adj.* A's faid' as, a's iomall-
 aiche.
FARTHING, *s.* Feòrlinn, fàirdein, an
 ceathramh cuid de sgillinn.
FARTHINGALE, *s.* Còta-cearcallach
 boirionnaich.
FASCINATE, *v. a.* Cuir fo gheasaibh.
FASCINATION, *s.* Buidseachd, ion-
 mhuinneachd.

FASHION, *s.* Cumadh, cruth, dealbh,
 dèanamh, dreach, samhladh, coltas; dòigh,
 modh, seòl; fasan; cleachdadh, gnàths,
 nòs; uaisle.
FASHION, *v. a.* Cum, dealbh, dreach.
FASHIONABLE, *adj.* Fasanta, gnàth-
 aichte, nòsail, cleachdail; uasal.
FASHIONER, *s.* Cumadair.
FASHIONIST, *s.* Spailpean, fear fasanta.
FAST, *s.* Trosg, trasg, trasgadh.
FAST, *adj.* Daingean, teann, neo-ghluas-
 adach, dìongmhalta; dìleas; luath.
FASTEN, *v. a. and n.* Daingnich, teann-
 aich, ceangail; greimich, gabh greim.
FASTENING, *s.* Ceangal, daingneachd.
FASTHANCED, *adj.* Cruaidh, spìocach.
FASTIDIOUS, *adj.* Àilgheasach, moiteil,
 tarcuiseach.
FASTIDIOUSNESS, *s.* Arral, àilgheas,
 moitealachd.
FASTING, *s.* Trasgadh, trosgadh, trasg.
FASTING-DAY, *s.* Latha-traisg.
FASTNESS, *s.* Daingneachd, dìongmhal-
 tas; daingneach, didean, dìon.
FAT, *adj.* Reamhar, sultmhor, feòlmhor.
FAT, *s.* Reamhrachd, saill, sult, blonag.
FATAL, *adj.* Marbhtach, bàsmhor, sgrìes-
 ail, millteach; an dàn.
FATALISM, *s.* Teagasg gu'm bheil gach
 ni an dàn.
FATALIST, *s.* Fear creidsinn 's an dàn.
FATALITY, *s.* Roimh-òrduchadh, dàn.
FATE, *s.* Dàn; manadh; bàs; sgrìos.
FATED, *adj.* Òrduichte, roimh-òrduichte,
 an dàn.
FATHER, *s.* (anns na h-uile seadh) Ath-
 air.
FATHER-IN-LAW, *s.* Athair céile.
FATHER, *v. a.* Gabh ri mar athair, uchd-
 mbacaich; aicidh mar do ghniomh no do
 sgrìobhadh; cuir as leth, cuir air.
FATHERLESS, *adj.* Gun athair.
FATHERLY, *adj.* Athaireil.
FATHOM, *s.* Aitheamh.
FATHOM, *v. a.* Tomhais aitheamh; ruig
 air, faigh a mach; tomhais doimhneachd.
FATHOMLESS, *adj.* Gun ghruind, gun
 iochdar.
FATIGABLE, *adj.* So-sgìtheachadh.
FATIGUE, *v. a.* Sgìthich, sàruich.
FATIGUE, *s.* Sgìos, saothair, sàruchadh,
 allaban.
FATLING, *s.* Beathach reamhar, ain-
 mbidh biadhtha.
FATNESS, *s.* Reamhrachd, reamhad,
 sultmhorachd; geir, saill.
FATTEN, *v. a. and n.* Reamhraich, biadh,
 bròtaich; fàs reamhar.

FATTISH, *adj.* Car reamhar.
FATUOUS, *adj.* Baoth, gòrach, fuoin, amaideach; lag, fàileasach.
FAULT, *s.* Coire, cron, lochd, gaoid, cionta; imcheist, ioma-chomhairle.
FAULTINESS, *s.* Olcas, coire, lochd, ciont; droch ghnàths, droch ghnè.
FAULTLESS, *adj.* Neo-lochdach, neo-chiontach, neo-choireach; iomlan, gun mheang.
FAULTLESSNESS, *s.* Neo-chiontachd, neo-choireachd.
FAULTY, *adj.* Ciontach, coireach, lochdach; mearachdach, cèarr; olc, dona.
FAVOUR, *v. a.* Cuidich, cum taobh ri, bi fabharach, nochd càirdeas, dean còmhnaidh le, còmhnaich.
FAVOUR, *s.* Fàbhar, deadh ghean, bàigh, maoidhean, taobh, càirdeas; suaicheantas.
FAVOURABLE, *adj.* Fàbharach, càird-eil, bàigheil; freagarrach, soirbheasach.
FAVOURER, *s.* Caraid, fear-fàbhair.
FAVOURITE, *s.* Annsachd, ceistean, luaidh, gaoalach, gràidhean.
FAVOURITE, *adj.* Roghainneach.
FAVOURLESS, *adj.* Gun fhàbhar, gun mhaoidhean.
FAWN, *s.* Laogh féidh, fiadh òg; meann earba.
FAWN, *v. n.* Dean miolasg, dean sodal, dean cuirteas; dean miodal, strìochd, lùb.
FAWNER, *s.* Miodalaiche, sodalaiche.
FAWNING, *s.* Miolasg, miodal, sodal.
FEALTY, *s.* Ùmhlachd, dlìghe iochdarain d'a uachdaran.
FEAR, *s.* Eagal, geilt, faiteachas, sgàth, fiamh.
FEAR, *v. a. and n.* Gabh eagal o, gabh fiamh roimh; bi fo eagal, geiltich; bi am fiamh, bi fo chùram, bi fo iomaguin.
FEARFUL, *adj.* Gealtach, meat, lag-chridheach, eagalach, fiamhaidh, fiamhail; oillteill, uamhunnach, uamhasach, uamh-arra.
FEARFULNESS, Gealtachd, meatachd, geilt, eagal, fiamh, sgàth, oillt, uamhunn, uamhas.
FEARLESS, *adj.* Neo-ghealtach, misneach-ail, gun eagal, gun athadh.
FEARLESSNESS, *s.* Misneachd, smioralachd, treubhantas.
FEASIBLE, *adj.* So-dheanamh, coslach.
FEAST, *s.* Cuirm, fleadh, cuilm, féisd; féill; ni blasda.
FEAST, *v. a. and n.* Dean cuirm, thoir fleadh; gabh cuirm, gabh fleadh, gabh féisd.

FEASTER, *s.* Fear-sòigh, fear dheanamh cuirme.
FEASTFUL, *adj.* Fleadhach, cuirmeach, féisdeach; sòghail, ròiceil.
FEAT, *s.* Gnìomh, éuchd, treubhantas; cleas, car neònach.
FEAT, *adj.* Ealamh, sgiobalta, deas, teòma; grunn, snasmhor.
FEATHER, *s.* Ite, iteag.
FEATHER, *v. a.* Sgeadaich le h-itean; dean beartach.
FEATHERED, *adj.* Iteagach, iteach, cléiteach.
FEATHERY, *adj.* Iteagach, iteach, cléiteach.
FEATURE, *s.* Tuar, aogas, cruth, dreack; cumadh, cruiththeadh, dealbh.
FEBRILE, *adj.* Fiabhrasach.
FEBRUARY, *s.* Ceud mhìos an earraich.
FECULENCE, } *s.* Drabhas, deasgann,
FECULENCY, } grunnasg, druaipeil.
FECULENT, *adj.* Drabhasach, druaipeil, grunnasgach.
FECUND, *adj.* Torrach, sìolmhor, lìonmhor.
FECUNDITY, *s.* Sìolmhorachd.
FEDERAL, *adj.* A bhùineas do chùmh-nant.
FEDERATE, *adj.* An comb-bhoinn, cùmhnaichte.
FEE, *s.* Duais, dìoladh, tuarasdal.
FEE, *v. a.* Tuarasdalaich, gabh; thoir brìb.
FEEBLE, *adj.* Lag, fann, anfhann, breòite, meuranta.
FEEBLE MINDED, *adj.* Lag-inntinn-each.
FEEBLENESS, *s.* Laigse, anfhannachd, breòiteachd.
FEED, *v. a. and n.* Biadh, àraich, beath- aich; cum a suas; gabh biadh.
FEED, *s.* Biadh, lòn.
FEEDER, *s.* Biadhtach, fear-biadhaidh; fear-ithe.
FEEL, *v. a. and n.* Fairich, mothaich, laimhsich; feuch, rannsaich.
FEELER, *s.* Fear faireachduinn, fear-mothachaidh.
FEELING, *adj.* A' faireachduinn, teò-chridheach.
FEELING, *s.* Faireachduinn, faireachadh, mothachadh, càileachd.
FEIGN, *v. a. and n.* Gabh ort, leig ort; aithris gu breugach.
FEIGNER, Fear-dealbh bhreugan.
FEINT, *s.* Coltas breugach, gabhail air.
FELICITATE, *v. a.* Fàiltich, dean sona.
FELICITOUS, *adj.* Sona.
FELICITY, *s.* Sonas.

FELINE, *adj.* Mar chat.
FELL, *adj.* Borb, fiadhaich, garg, allamhara.
FELL, *s.* Seiche, bian, craicionn.
FELL, *v. a.* Leag gu làr, buail sìos, spad, smail; gèarr sìos, mar chraoibh.
FELLMONGER, *s.* Ceannaiche bhoicionn.
FELINESS, *s.* An-ìochd, fuilteachd, gairge.
FELLOW, *s.* Companach, coimpire; lethbhreac; gille; balach, dubh-bhalach, crochaire; ball.
FELLOW, *v. a.* Càraidich, paidhrich.
FELLOW-CREATURE, *s.* Comh-chreutair.
FELLOW-LABOURER, *s.* Comh-oibriche.
FELLOW-PRISONER, *s.* Comh-phrìosanach.
FELLOW-SERVANT, *s.* Comh-sheirbhiseach.
FELLOW-SOLDIER, *s.* Com-shaighdear, companach catha.
FELLOW-STUDENT, *s.* Comh-sgoileir.
FELLOW-SUFFERER, *s.* Companach fulangais,
FELLOW-TRAVELLER, *s.* Comh-astaraiche.
FELLOW-FEELING, *s.* Comh-fhair-eachduinn.
FELLOWSHIP, *s.* Companas, companatas, comunn, comh-bhann, caidreamh; cuibhrionn fir comuinn.
FELON-DE-SE, *s.* Féin-mharbhaiche.
FELON, *s.* Mòr-chiontach, crochaire.
FELON, *adj.* Garg, borb, an-ìochdmhor, cruaidh-chridheach.
FELONIOUS, *adj.* Aingidh, fealltach, olc, ciontach, coirbte.
FELONY, *s.* Coire bàis.
FELT, *s.* Aodach gaoisdeach; seiche, bian.
FELUCCA, *s.* Bàta shè-ràmh.
FEMALE, *s.* Bean, boirionnach, bainionnach, té.
FEMALE, *adj.* Boirionn, bainioun.
FEMINALITY, *s.* Nàdur nam ban.
FEMINE, *adj.* Boirionn, bainionnach; caomh, bog, maoth, mèn, mállda; mi-fhearail.
FEMORAL, *adj.* Sléisneach, màsach.
FEN, *s.* Bogleach, càthar, mòinteach.
FENCE, *s.* Dion, callaid, dìg, daingneach.
FENCE, *v. a. and n.* Dùin, iomdhruid, cuairtich, iadh, cuir callaid mu; cath mar bhasbair.
FENCELESS, *adj.* Gun challaid, fosgailte.
FENCER, *s.* Basbair, fear-claidheimh.
FENCIBLE, *adj.* So-dhìon.

FENCIBLES, *s.* Feachd dìon.
FENCING-MASTER, *s.* Basbair.
FEND, *v. a. and n.* Dion, cum dhìot; cònn-saich, tagair.
FENDER, *s.* Dionadair.
FENNEL, *s.* Lus an t-saoidh.
FENNY, *adj.* Mòinteachail, bog, càtharach.
FEOFF, *v. a.* Cuir an seilbh fuinn.
FEOFFMENT, *s.* Cur an seilbh.
FERINE, *adj.* Fiadhaich, garg.
FERINENESS, } *s.* Gairge, buirbe, allafertility, } mharrachd, fiadhaichead.
FERMENT, *v. a. and n.* Cuir fo bhuaireas, tog an àirde; bi fo bhuaireas, oibrich.
FERMENT, *s.* Buaireas, mi-riaghailt, oibreachadh, troimh chéile.
FERMENTATION, *s.* Buaireas, oibreachadh.
FERN, *s.* Raineach.
FERNY, *adj.* Raineachail, làn rainich.
FEROCIOUS, *adj.* Fiadhaich, garg, allamhara, an-ìochdmhor.
FEROCITY, *s.* Fiadhaichead; gairge, buirbe, an-ìochd.
FERRET, *s.* Feòcullan, coinneas; stìom.
FERRET, *v. a.* Cuir á toll.
FERRIAGE, *s.* Faradh, airgid aiseig.
FERRUGINOUS, *adj.* Do ghnè iaruiann.
FERRY, *v. a. and n.* Aisig; rach thar aiseag.
FERRY, *s.* Aiseag.
FERRYMAN, *s.* Fear-aiseig.
FERTILE, *adj.* Sìolmhor, torach, biadhchar, pailt, lìonmhor.
FERTILITY, *s.* Sìolmhoireachd, tarbhachd, toraicheas.
FERTILIZE, *v. a.* Dean torach, dean sìolmhor, leasaich, mathaich.
FERVENCY, *s.* Dealas, teas-inntinn, dian-thogradh, déine, beò-dhùrachd.
FERVENT, *adj.* Teth, air ghoil; dian, bras, cas, dealasach; dùrachdach, blàth.
FERVID, *adj.* Teth, air ghoil, loisgeach; bras, dian, dealasach, deòthasach.
FERVIDITY, } *s.* Teas, déine, braise, fervidness, } dealas, deòthas.
FERULA, *s.* Slat-sgiùrsaidh, giùrs.
FERVOUR, *s.* Teas, blàthas; teas-inntinn, dealas, déine, beò-dhùrachd.
FESTAL, *adj.* Cuirmeach, fheadhach, féisdeach.
FESTER, *v. n.* Eargnaich, at, iongraich.
FESTINATION, *s.* Cabhag, greasad.
FESTIVAL, *adj.* Cuirmeach, féisdeach, fheadhach.
FESTIVAL, *s.* Féill, cuirm bhliadhnail.
FESTIVE, *adj.* Fheadhach, cuirmeach, féisdeach, aoibhneach.

- FESTIVITY**, *s.* Aoibhneas, aighear, subh-achas, gàirdeachas.
- FETCH**, *v. a. and n.* Thoir leat, thoir an so; thoir, thoir gu crìch; ruig.
- FETCH**, *s.* Innleachd, seòl, car, cleas, dòigh.
- FETID**, *adj.* Breun, loibheach, lobhta, grod.
- FETIDNESS**, *s.* Loibheachas, bréinead, droch bholadh.
- FETLOCK**, *s.* Luidhean, fiarag.
- FETOR**, *s.* Droch bholadh, droch thòchd.
- FETTER**, *s.* Cuibhreach, buarach ceau-gal, geimheal.
- FETTER**, *v. a.* Geimhlich, cuibhrich; ceangail, cuir buarach air.
- FEU**, *s.* Gabhail.
- FEUD**, *s.* Aimhreit, strìth, eas-aonachd, connsachadh, falachd, cogadh.
- FEUDAL**, *adj.* A bhùineas do shuidheachadh fearainn.
- FEUDALISM**, *s.* Uachdranachd nan tigh-earnan.
- FEUDATORY**, *s.* Gabhaltaiche.
- FEVER**, *s.* Fiabhrus, fiabhras, teasach.
- FEVERET**, Fiabhras eutrom.
- FEVERISH**, *adj.* Fiabhrasach, teth, loisgeach; mùteach, neo-shuidhichte.
- FEW**, *adj.* Tearc, ainneamh, gann.
- FEWNESS**, *s.* Teircead, ainneamhachd, gainnead.
- FIB**, *s.* Breug, frìth-bhreug.
- FIB**, *v. n.* Innis breugan.
- FIBBER**, *s.* Breugaire.
- FIBRE**, *s.* Freumh chaol.
- FIBULA**, *s.* Cnàimh-caol na lurga.
- TICKLE**, *adj.* Caochlaideach, mùteach, luasganach, luaineach, neo-shuidhichte, neo-bhunailteach.
- TICKLENESS**, *s.* Caochlaideachd, mùiteachd, luasganachd, neo-bhunailteachd, neo-sheasmhachd.
- FICTION**, *s.* Dealbh, innleachd bréige, uirsgeul, sgeulachd, naigheachd breugach; breug.
- FICTITIOUS**, *adj.* Falsa, mealltach, faoin, breugach, samblach.
- FIDDLE**, *s.* Fìodhuill.
- FIDDLE**, *v. a.* Cluich air fìodhuill, dean fìdhleireachd; bi diomhanach.
- FIDDLER**, *s.* Fìdhleir.
- FIDDLESTICK**, *s.* Bogha fìdhle.
- FIDDLESTRING**, *s.* Teud fìdhle.
- FIDELITY**, *s.* Tréibhdhireas, fìrinn; dìlseachd, seasmhachd.
- FIDGE**, } *v. n.* Dean iomairt, bi luasg-
FIDGET, } anach, dean striopais.
- FIDGET**, *s.* Luasgan, iomairt-
FIDGETY, *adj.* Luasganach, neo-fhoisneach.
- FIE**, *interj.* Mo nàire.
- FIEF**, *s.* Gabhail fhearainn, fo uachdaran.
- FIELD**, *s.* Machair, raon, achadh, faiche, magh; blàr; farsuingeachd.
- FIELDFARE**, *s.* Liath truisg.
- FIELD-MARSHAL**, *s.* Ard cheann feachd.
- FIELD-OFFICER**, *s.* Ceannard mìle.
- FIELD-PIECE**, *s.* Gunn' àraich.
- FIELD-PREACHER**, *s.* Ministear nan cnoc, ministear fuadain.
- FIEND**, *s.* Diabhul, deamhan, droch spiorad.
- FIERCE**, *adj.* Fìadhaich, droch-mheinneach, feargach, garg, borb, buaireasach; làidir, treun.
- FIERCENESS**, *s.* Fìadhaichead, buirbe, gairge, buaireas, guinideachd, fuilteachd.
- FIERCENESS**, *s.* Ainteas, teinntidheachd; braise, buaireas.
- FIERY**, *adj.* Teinntidh, lasarra, loisgeach; dian, bras, cabhagach; feargach, frionasach, garg, droch-mheinneach; dealrach, soilleseach.
- FIFE**, *s.* Feadan.
- FIFER**, *s.* Fear.feadain.
- FIFTEEN**, *adj.* Cùig-deug.
- FIFTEENTH**, *adj.* An cùigeamh deug.
- FIFTH**, *adj.* Cùigeadh.
- FIFTHLY**, *adv.* 'S a chuigeadh àite.
- FIFTIETH**, *adj.* An deicheamh thar dà fhichead.
- FIFTY**, *adj.* Dà fhichead 's a deich, leth-cheud, caogad.
- FIG**, *s.* Fìgis, fìogais, crann-fìgis.
- FIGHT**, *v. a. and n.* Cog ri, cath ri, còmhraig; dean strìth.
- FIGHT**, *s.* Blàr, cath, còmhrag; caonnag, còmhlan, tuasaid, sabaid.
- FIGHTER**, *s.* Curaidh, gaisgeach, laoch, fear-còmhraig.
- FIGHTING**, *s.* Cogadh, cath, còmhrag.
- FIGURABLE**, *adj.* A ghabhas cumadh, a ghabhas dealbh.
- FIGURATION**, *s.* Cumachd, dealbh, cruth; cumadh, cruthachadh.
- FIGURATIVE**, *adj.* Samhlach.
- FIGURE**, *s.* Dealbh, cumadh, dreach, cruth; pearsa, aogas, coltas, samhladh; fìoghair.
- FIGURE**, *v. a. and n.* Cum, dreach, dealbh; dean eug-samhuil; samblaich; smuainich, beachdaich; nochd le fìoghairean.
- FIGWORT**, *s.* Farach dubh.
- FILAMENT**, *s.* Sreang chaol, toinu tean.

FILBERT, s. Cnò, cnù-challtuinn, faois-geag.
FILCH, v. a. Goid, slad, siolc, sgiolc leat, dean mèirle.
FILE, s. Eighe, lìomhan; ainm-chlar.
FILE, v. a. and n. Gearr le eighe, lìomh, meil le eighe; sreathaich.
FILER, s. Fear-mìneachaidh le eighe.
FILIAL, adj. Macaill, dleasannach.
FILIATION, s. Dàimh mic ri athair.
FILINGS, s. Smùr o'n eighe.
FILL, v. a. and n. Lìon, luchdaich; sàs-uich, dean buidheach; fàs làn.
FILL, s. Làn, sàth, teann-shùth.
FILLER, s. Lìonadair.
FILLET, s. Stìom, crios; tiugh na sléisde; cuairsg fheòla.
FILLET, v. a. Ceangail le stìom, cuir crios air, cuir cuairteag uime.
FILLIP, v. a. Thoir cliùdan.
FILLIP, s. Spadag, cliùdan.
FILLY, s. Loth, lothag.
FILM, s. Sgrath, sgannan, sgàilean.
FILMY, adj. Sgrathach, sgàileanach.
FILTER, v. a. Sìolaidh.
FILTER, s. Sìolachan, criathar.
FILTH, s. Salchar, trusdairiachd, druaip.
FILTHY, adj. Salach, musach, drabhasach; neo-ghlan, truailidh.
FILTRATE, v. a. Sìolaidh.
FILTRATION, s. Sìoladh, glanadh.
FIN, s. Iteach éisg, ite, sgiath.
FINABLE, adj. Toillteannach air ùbhladh.
FINAL, adj. Deireannach, crìochnuidheach; comh-dhùnach, a' crìochnachadh.
FINANCE, s. Teachd a steach, màl, cìs, càin.
FINANCIER, s. Fear eòlach air cìs rìoghachd.
FIND, v. a. Faigh; tachair air; faigh a mach, amais, fairich, aithnich; comh-dhùin; cum a suas, beathaich.
FINDER, s. Fear-faghail, fear-faotainn a mach.
FINE, adj. Grinn, fìnealta, caol; glan, fìor-ghlan, soilleir; geur, tana.
FINE, s. Ùbhladh, peanas.
FINE, v. a. Glan, ath-ghlan; dean fìnealta; leag ùbhladh.
FINENESS, s. Grinnead, fìnealtachd, grinneas, bòidheachd, maise, eireachdas; mìnead, caoilead.
FINERY, s. Breaghachd, rìomhadh.
FINESSE, s. Car, cleas.
FINGER, s. Meur, corrag.
FINGER, v. a. Meuraich, laimbsich; cluich air; dean gu fìnealta.

FINGERED, adj. Meuraich.
FINICAL, adj. Moiteil, cùrteil, spòrsail, grinn, gogaideach, leòmach.
FINISH, v. a. Crìochnaich, thoir gu crìch; thoir gu ceann, coimhlion, dean foirfe.
FINISHER, s. Fear-crìochnachaidh, fear-coimhlionaidh.
FINITE, adj. Crìochnach, crìochnaichte.
FINITELESS, adj. Neo-chrìochnach.
FINITENESS, } s. Crìochnuicheachd.
FINITUDE, }
FINNY, adj. Iteach.
FIR, s. Giubhas, craobh ghiubhais.
FIRE, s. Teine, gealban, eibhle; losgadh, comh-losgadh; teas, aintreas.
FIRE, v. a. and n. Cuir ri theine, loisg; fadaidh, beothaich, bruidich; tilg.
FIREARMS, s. Airm-theine.
FIREBRAND, s. Caoir, aithinne; fear aimhreite, culaidh bhuairidh.
FIRECROSS, s. Crois-tàra, crann-tàra.
FIRELOCK, s. Gunna, musgaid.
FIREMAN, s. Fear-casgaidh teine.
FIRESIDE, s. Taobh an teine, teinntean, teallach.
FIREWOOD, s. Connadh, fiodh teine.
FIRING, s. Connadh, gual, mòine; tilgeadh, losgadh.
FIRKIN, s. Buideal beag, an ceathramh cuid de bharaille.
FIRM, adj. Daingeann, làidir, teann; seasmhach, dìongmhaltach, bunaiteach, neo-ghluasadach.
FIRMAMENT, s. Speur, iarmailt, adhar.
FIRMAMENTAL, adj. Iarmailteach, adharach, speurach, neamhaidh.
FIRMNESS, s. Daingneachd, greimealas; mairteannachd, seasmhachd, cinntas, dìongmhaltas, bunaiteachd.
FIRST, adj. Ceud, ceudamh; an tùs, an toiseach; prìomh.
FIRST, adv. An tùs, air toiseach, roimh, ann 's a cheud àite.
FIRST-BORN, s. Ceud-ghin.
FIRST-BORN, adj. A's sine.
FIRST-FRUITS, s. Ceud-thoradh.
FIRSTLING, s. Ceud-ghin; toiseach, a cheud ni.
FISCAL, s. Ionmhas, tighinn a stigh rìoghachd.
FISCAL, adj. A bhùineas do'n ionmhas, rìoghachdail.
FISH, s. Iasg.
FISH, v. a. and n. Iasgaich, sir; bi 'g iasgach.
FISH-HOOK, s. Dubhan iasgaich.
FISH-POND, s. Poll-éisg, iasg-loch.
FISHER, s. Iasgair.

FISHER-BOAT, *s.* Bàt'-iasgaich.
FISHERMAN, *s.* Iasgair.
FISHING, *s.* Iasgach, iasgaireachd.
FISHMEAL, *s.* Tràth bidh de dh' iasg.
FISHMONGER, *s.* Marsant' éisg.
FISHY, *adj.* Mar iasg.
FISSILE, *adj.* Sgoilteach, so-sgoltadh.
FISSURE, *s.* Sgoltadh, sgàineadh, gàg.
FIST, *s.* Dòrn.
FIT, *adj.* Iomchuidh, freagarrach, eubhaidh, cothromach.
FIT, *v. a. and n.* Dean freagarrach, dean iomchuidh; cuir an uidheam, cuir an òrdugh, ceartaich; bi eubhaidh, bi freagarrach.
FITCH, *s.* Peasair luchag, peasair-fhladh-aich.
FITCHAT, **FITCHEW**, *s.* Feòcullan.
FITFUL, *adj.* Làn ghreisean, plathach.
FITNESS, *s.* Cùbhaidheachd, iomchuidheachd, freagarrachd, disealachd.
FITZ, *s.* Mac, mac dìolain.
FIVE, *adj.* Cùig, còig.
FIVEFOLD, *adj.* Cùig-fillte.
FIX, *v. a. and n.* Suidhich, socraich, daingnich, dean teann, spàrr; beachdaich; gabh gu fois.
FIXEDNESS, *s.* Suidheachadh, maireachduinn, seasmhachd; daingneach, dùiread; bunsailteachd, dìongmhaltachd.
FIXTURE, *s.* Ni tàirngte.
FIZGIG, *s.* Seòrsa muirgheadh.
FLABBY, *adj.* Bog, maoth; neo-ghramail.
FLACCID, *adj.* Lag, tais, neo-rag, anfhann, maoth, fleoidhte.
FLACCIDITY, *s.* Anfhainne, laigse.
FLAG, *v. a. and n.* Anfhannaich, lagaich; còmhdaich le leacaibh; fas lag, caill treòir.
FLAG, *s.* Seilideir, cuile; bratach; leac.
FLAG-SHIP, *s.* Long an àird cheannaird.
FLAGELET, *s.* Duisiol beag, feadan.
FLAGELLATION, *s.* Sgiùrsadh, gréidheadh.
FLAGGY, *adj.* Lag, anfhann, fuasgailte, fleoidhte.
FLAGITIOUS, *adj.* Aingidh, drochmhuint, olc, coirbte; ciontach.
FLAGITIOUSNESS, *s.* Aingidheachd, slaightearachd, coirbteachd.
FLAGRANCY, *s.* Aingidheachd, slaightearachd; teas, aintens.
FLAGRANT, *adj.* Teth, deòthasach, dùrachdach, dealasach; folluiseach, soilleir, anabarra, fuathasach, amasguidh.
FLAGSTAFF, *s.* Crann-brataich.
FLAIL, *s.* Bualtein, sùiste.
FLAKE, *s.* Lòineag, tlàm, topan, breath, sreath.

FLAKY, *adj.* Lòineagach, tlàmach, fuasgailte; 'na bhreathan.
FLAME, *s.* Lasair; teas-inntinn, déine.
FLAME, *v. a. and n.* Las, dealraich, boillsg; las le feirg.
FLAME-COLOURED, *adj.* Air dhath na lasrach.
FLAMEN, *s.* Sagart.
FLAMMATION, *s.* Lasadh, losgadh.
FLAMMABILITY, *s.* Lasantachd.
FLAMMIFEROUS, *adj.* Lasach, lasail, lasrach, loisgeach.
FLAMY, *adj.* Lasrach, lasanta, loisgeach.
FLANK, *s.* Shìos, loch-bhléin, taobh.
FLANK, *v. a.* Thoir ionnsuidh air taobh; dìon taobh.
FLANNEL, *s.* Cùrainn.
FLAP, *s.* Libeag, bad air chrathadh, clib, clibeag.
FLAP, *v. a. and n.* Buail air falbh, buail le bad; crath, buail le farum; sgiathalaich.
FLAP-EARED, *adj.* Spad-chluasach.
FLARE, *v. a.* Dealraich, dèarrs, boillsg gu lòiseamach.
FLASH, *s.* Boillsgeadh, dreòs, dèarsadh, lasadh; caoir.
FLASH, *v. a. and n.* Cuir 'na chaoirean; càirich gu lòiseamach; dealraich, dèarrs, boillsg.
FLASHER, *s.* Spailpean, fear spaidheil.
FLASK, *s.* Searrag, còrn, soitheach; ad-barc-fhùdair.
FLAT, *adj.* Còmhnard, réidh, mìn; ìosal, sinte, leagta gu làr; cianail, neo-chridheil, neo-smiorail; as an aghaidh.
FLAT, *s.* Còmhnard, réidhlean, dail, lòn, fearann ìosal.
FLAT-BOTTOMED, *adj.* Màsach, còmhnard 's an ùrlar.
FLATNESS, *s.* Còmhnardachd, réidheachd; marbhantachd, neo-bhrisgead, neo-smioralachd; neo-fhonnmhorachd.
FLATTEN, *v. a. and n.* Dean còmhnard, dean réidh; leag sìos, leudaich, dean leathann; mì-mhìsnich, cuir fo sprochd; fas còmhnard, fas réidh, fas tais.
FLATTENER, *s.* Còmhnradaiche.
FLATTER, *v. a.* Dean mìodal, dean sodal, mol gu breugach, dean blannar.
FLATTERER, *s.* Miodalaiche, sodalaiche, fear-miòlaisg, fear beulchair.
FLATTERY, *s.* Miodal, sodal, miòlasg, gabhann, blannar, brosgul.
FLATTISH, *adj.* Car còmhnard.
FLATULENCY, *s.* Gaothmhorachd, gaoth cuim; falaimhead, faoineach, diomhanas.
FLATULENT, *adj.* Gaothmhor, atmhòr falamb, faoin, gaoitheanach.

FLATUOUS, *adj.* Làn gaoithe.
 FLATUS, *s.* Gaoth cuim, brùchd.
 FLAUNT, *v. n.* Bi lùiseamach, bi loinn-each, bi basdálach.
 FLAUNT, *s.* Basdal, lùiseam.
 FLAVOUR, *s.* Blas, boladh cùbhraidh, boltrach.
 FLAVOROUS, *adj.* Blasda, milis; cùbhraidh, taitneach do'n bholadh.
 FLAW, *s.* Gaoid, sgàineadh, sgoltadh; deireas, ciorram, coire, meang, easbhuidh.
 FLAW, *v. a.* Gàg, sgoilt, sgàin.
 FLAWLESS, *adj.* Sìan, fallain, gun mheang.
 FLAWY, *adj.* Gàgach, sgàinteach.
 FLAX, *s.* Lion.
 FLAXDRESSER, *s.* Seiclear.
 FLAXEN, *adj.* De lìon, lìn; mar lìon, fada réidh.
 FLAY, *v. a.* Feann, thoir an craicinn deth.
 FLAYER, *s.* Fear-feannaich.
 FLEA, *s.* Deargann.
 FLEABITTEN, *s.* Piocta le deargannaibh; diblidh, suarach.
 FLEAM, *s.* Cuisleag cruidh, tuadh-fhola.
 FLEDGE, *adj.* Iteagach, cléiteach, sgiathach.
 FLEDGE, *v. a.* Iteagaich, còmhdaich le iteagaibh.
 FLEE, *v. n.* Teich, ruith, tàr as.
 FLEECE, *s.* Rùsg, lomradh.
 FLEECE, *v. a.* Rùisg, lomair; spùinn, creach; gealaich, dean geal.
 FLEECED, *adj.* Air am bheil rùsg: *part.* Spùinnnte, creachta.
 FLEECER, *s.* Lomartair.
 FLEECY, *adj.* Clòimheach, ollach; soilleir, bàn.
 FLEER, *v. a. and n.* Mag, sgeig, fochaidich; dean magadh, bi fochaid.
 FLEER, *s.* Fochaid, magadh, sgeig, fanaid; gàire fanaid, dréin fochaid.
 FLEERER, *s.* Fanaidiche, sgeigeir, fear fochaid.
 FLEET, *s.* Camus, geotha; cabhlach loing-eas.
 FLEET, *adj.* Luath, grad, siùbhlach, ealamh, clis, beothail.
 FLEET, *v. n.* Siubhail grad, ruith gu luath.
 FLEETING, *adj.* Siùbhlach, neo-mhair-eannach, diombuan.
 FLEETNESS, *s.* Luathailteachd, ealamhachd, luathas, siùbhlachd.
 FLESH, *s.* Feòil.
 FLESHCOLOUR, *s.* Feòil-dhath.
 FLESHFLY, *s.* Cuileag-fheòla, feòilchnoimheag.

FLESH-HOOK, *s.* Gramaiche feòla, cromag fheòla.
 FLESHLESS, *adj.* Gun fheòil.
 FLESHLINESS, *s.* Feòilmhorachd; mac-nus.
 FLESHLY, *adj.* Corporra, feòilmhor; mac-nusach.
 FLESH-POT, *s.* Poit fheòla, coire feòla.
 FLESHY, *adj.* Feòilmhor, reamhar, sultmhor.
 FLEW, *pret. of To fly.*
 FLEW, *s.* Spreill tòlair.
 FLEWED, *adj.* Spreilleach, craosach, gnosach.
 FLEXIBILITY, *s.* Sùbailteachd, soimeachd, saidealtachd.
 FLEXIBLE, *adj.* Sùbailte, so-lùbadh; so-chomhairleachadh.
 FLEXION, *s.* Cromadh, lùbadh, camadh.
 FLEXUOUS, *adj.* Lùbach, cam, crom, iar.
 FLEXURE, *s.* Fiaradh, camadh, cromadh, lùbadh, claonadh.
 FLIGHT, *s.* Teicheadh, ruaig; itealaich, falbh air sgiathan; teas-inntinn, àrd-smuain; ealtainn, ealt-eun.
 FLIGHTINESS, *s.* Neo-sheasmhachd, luaineachd.
 FLIGHTY, *adj.* Fiadhaich, luaineach, neo-shuidhichte, neo-bhuailteach, mac-meanm-nach.
 FLIMSINESS, *s.* Brèòchdhadh, cearbalachd.
 FLIMSY, *adj.* Lag, faoin, neo-ghramail, anfhann, neo-sgoinneil, cearbach.
 FLINCH, *v. n.* Sèap, fannaich, cùb, crup, failioich, dìobair.
 FLINCHER, *s.* Cladhaire, gealtaire.
 FLING, *v. a. and n.* Tilg, thoir urchair; sgap, sgaoil, crath; fas neo-cheannsaichte.
 FLING, *s.* Tilgeadh, urchair; fochaid, innisg.
 FLINGER, *s.* Fear-tilgidh; fochaidiche.
 FLINT, *s.* Ailbhinn, spor, clach theine, airtein.
 FLINTY, *adj.* Ailbhinneach, clachach; cruaidh-chridheach.
 FLIPPANCY, *s.* Beulchuireachd, leogaireachd.
 FLIPPANT, *adj.* Luath-bheulach, bruidhneach; gobach, lonach, peasauach, beagnarach, beadaidh.
 FLIRT, *v. a. and n.* Tilg, thoir urchair ghrad; dean gobaireachd, bi air mhìre, bi luaineach.
 FLIRT, *s.* Grad-char, lùth-chleas, bladhm; gòdag, gogaid, goileag, leòdag.
 FLIRTATION, *s.* Gogaideachd, beadradh.

- FLIT**, *v. a. and n.* Cuir imrich; teich; tàr as; rach imrich; bi luaineach.
- FLITCH**, *s.* Cliathach shàillte muice.
- FLOAT**, *v. a. and n.* Plod, còmhdaich le uisge; snàmh, bi air fleodradh.
- FLOATY**, *adj.* Snàmhach.
- FLOCK**, *s.* Ealt, ealta, baidne, grunnan, greigh; treud.
- FLOCK**, *v. n.* Trus, tionail, cruinnich.
- FLOOD**, *s.* Muir, cuan, abhainn; tuil, dile; lìonadh; ruith fòla.
- FLOOD**, *v. a.* Còmhdaich le uisge.
- FLOODGATE**, *s.* Tuil-dhorus.
- FLOODMARK**, *s.* Àirde làin mara; dubh-chladach.
- FLOOK**, *s.* Fiacail achdair; lèabag.
- FLOOR**, *s.* Ùrlar, làr.
- FLOOR**, *v. a.* Cuir ùrlar ann.
- FLOORING**, *s.* Ùrlar, fiodh-ùrlair.
- FLORAL**, *adj.* Lusach, plùranach.
- FLORID**, *adj.* Lusach, plùranach; ùrail, ruiteacan, ruiteagach; sgiambach, breagha.
- FLORIDNESS**, *s.* Ruiteachas, ùraireachd, deirge; breaghachd.
- FLORIST**, *s.* Lusragan.
- FLOUNCE**, *v. a. and n.* Cuir oir ri; spliut, sgiot, spairt; siubhal gu làidir.
- FLOUNCE**, *s.* Froinis; plub, sgiotadh, spliutadh.
- FLOUNDER**, *s.* Leòbag, lèabag, liabag.
- FLOUNDER**, *v. n.* Dean spàirn, dean ùspairt, spairt.
- FLOUR**, *s.* Min-chruineachd, plùr.
- FLOURISH**, *v. a. and n.* Cuir fo bhlàth; crath gu fraoidhneasach; fas suas, soirbheach; bi àrd-ghlòireach, dean spagluinn, dean uaill.
- FLOURISH**, *s.* Mòrachd, maise, glòir, uaill, bòsd; blàth, ùr-fhàs, duilleachadh; fuaim thromaidean.
- FLOURISHER**, *s.* Fear-soirbheachaidh.
- FLOUT**, *v. a. and n.* Sgeig, mag, fo-chaidich; dean fo-chaid, dean fanaid.
- FLOUT**, *s.* Magadh, tàir, fanaid.
- FLOUTER**, *s.* Sgeigear, fanaidiche.
- FLOW**, *v. a. and n.* Ruith, sil; éirich, at; bi pailt, bi sgaoilteach.
- FLOW**, *s.* Lìonadh, éiridh, sruth, tuil; pailteas, lànachd; ard-ghlòir, deas chainnt.
- FLOWER**, *s.* Blàth, ùr-fhàs, barr-guc; a chuid a's fèarr, bàrr, taghadh.
- FLOWER-DE-LUCE**, *s.* Seilseidir.
- FLOWER**, *v. a. and n.* Blàth-oibrich, cuir obair ghréis air; cuir a mach blàth, bi fo bhlàth; fas gu b-ùrrar.
- FLOWERET**, *s.* Flùran, plùran.
- FLOWERY**, *adj.* Flùranach, plùranach, gucagach.
- FLUCTUANT**, *adj.* Luaineach, neo-shuidhichte, luasganach, neo-bhunailteach.
- FLUCTUATE**, *v. n.* Bi air udail, luaisg, tulg; bi neo-sheasmhach, bi 's an iomachomhairle.
- FLUCTUATION**, *s.* Udal, luasgadh, tulgadh; ioma-chomhairle, imcheist; crathadh, luasgadh, tilgeadh a null 's a nall.
- FLUE**, *s.* Pìob deataich, eòrn.
- FLUENCY**, *adj.* Ùr-labhairt, réidheachd, sruthadh, deas-chainnt.
- FLUENT**, *adj.* Sruthach, silteach, leaghaich; a' gluasad, ruitheach; deas labhrach, réidh am bruidheann.
- FLUID**, *adj.* Uisgidh, sruthach, leaghaich.
- FLUID**, *s.* Ni tana sam bith, uisge, staid uisge; leann-tàth.
- FLUIDITY**, *s.* Uisgealachd, tanachd.
- FLUMMERY**, *s.* Làgan; brosgul, blann-dar.
- FLURRY**, *s.* Cabhag, othail, deifir; osag, oiteag.
- FLUSH**, *v. a. and n.* Cuir rughadh ann, dean ruitheach; misnich, àrdaich, tog suas; fàs dearg.
- FLUSH**, *adj.* Ùr, fallain, làu; pailt, saibhir, spailpeil, spaldeil.
- FLUSH**, *s.* Bladhmadh, dian ghluasad; rughadh, deirge.
- FLUSTER**, *v. a. and n.* Cuir sogan air; cuir 'n a bhreathal, cuir 'n a chabhaig, deifirich.
- FLUSTER**, *s.* Bladhmadh, grad-char.
- FLUTE**, *s.* Duiseal, feadan.
- FLUTE**, *v. a. and n.* Dean claisean mar ann am post leapach; cluich air duiseal.
- FLUTTER**, *v. a. and n.* Deifrich, cuir 'n a chabhaig; itealach; bi luaineach.
- FLUTTER**, *s.* Udal, tulgadh, luasgan, crathadh; cabhag, tuaireap, troimhe chéile; eacharais, mi-riaghailt.
- FLUX**, *s.* Sruthadh, ruith, siubhal, dol seachad, dol air falbh; géarrach, flannbhuinneach, sgàird; comh-chruinneachadh, trusadh.
- FLUX**, *adj.* Ruitheach, neo-sheasmhach, siubhlach.
- FLUX**, *v. a.* Leagh, sil.
- FLUXION**, *s.* Sruthadh, sileadh, siubhal; sruth.
- FLY**, *v. a. and n.* Seachain, teich, tréig, leig dhìot, fàg, dìobair, cuir cùl ri; falbh air iteig; ruith 'na d' dheannaibh.
- FLY**, *s.* Cuileag; roth; carbad faraidh.
- FLYBOAT**, *s.* Bàt' eutrom, sgoth luath.
- FLYINGFISH**, *s.* Iasg-sgiathach.
- FOAL**, *s.* Searrach.
- FOAL**, *v. a.* Beir searrach.

FOAM, *s.* Cop, cobhar, onhan.
 FOAM, *v. a. and n.* Cuir cobhar dhìot; bi fo chobhar; bi feargach.
 FOAMY, *adj.* Cobharach, copach.
 FOB, *s.* Pòca beag.
 FOCUS, *s.* Buillsgean.
 FODDER, *s.* Fodar, conlach, innlìnn.
 FODDER, *v. a.* Biadh le fodar.
 FODDERER, *s.* Fear-biadhaidh spréidhe.
 FOE, *s.* Nàmhaid, nàmh; eas-caraid, fear mì-ruin.
 FOETUS, *s.* Ceud-fhàs, torrachas.
 FOG, *s.* Ceò, ceathach; ath-bhàrr-feòir.
 FOGGY, *adj.* Neulach, ceòthach, ceòth-mhor; ùmpadail, neo-gheur.
 FOIBLE, *s.* Fàillinn, beag-chionta.
 FOIL, *v. a.* Ruaig, gabh air, faigh làmh an uachdar, fairtlich, claidh.
 FOIL, *s.* Ruaig, fairtleachadh, claidh; dealtradh, òradh; claidheamh maol basbair.
 FOIN, *s.* Sàthadh, buille thuige.
 FOLD, *s.* Mainnir, fang, buaile, crò; treud, buar; filleadh, pleat.
 FOLD, *v. a. and n.* Fangaich, cuir am mainnir; fill, paisg, dùbail.
 FOLIAGE, *s.* Duilleach, duilleagan.
 FOLIATE, *v. a.* Dean 'na dhuilleagan.
 FOLIATION, *s.* Tanachadh, deanamh 'na dhuilleagan; blàth chuirteag.
 FOLIO, *s.* Leabhar nan duilleag a's mò.
 FOLK, *s.* Muinntir, cuideachd, feadhainn, sluagh, daoine, pobull.
 FOLLOW, *v. a. and n.* Lean, ruag; coimh-chéimnich, thig an lorg; géill; thig 'n a dhéigh.
 FOLLOWER, *s.* Fear leanailt, fear lean-mhuinn.
 FOLLY, *s.* Amaideachd, gòrach, faoin-eachd.
 FOMENT, *v. a.* Blàthaich, teòth; failc, nigh; bruidich, brosnuich, misnich.
 FOMENTATION, *s.* Ionnlad, falcadh; uisge falcaidh, bruideachadh, eiridneachadh.
 FOMENTER, *s.* Buaireadair, fear brosnachaidh, fear-beothachaidh.
 FOND, *adj.* Amaideach, gòrach, faoin; beadarrach, deòthasach, rucasach; déigh-eil, miannach.
 FONDLE, *v. a. and n.* Eiridnich, dean deth, tataidh; gràdhaich, bi rucasach.
 FONDLER, *s.* Fear beadraidh, cniadaire.
 FONDLING, *s.* Beadragan, annsachd, luaidh, cagar.
 FONDNESS, *s.* Déigh, deòthas, rucas; gràdh, gaol.
 FONT, *s.* Tobar, tobar-baistidh.
 FOOD, *s.* Biadh, lòn, teachd-an-tìr.

FOOL, *s.* Amad, burraidh, baòthaire, amaid, ùmpaidh, gurraiceach; amhlair, amhuilteach.
 FOOL, *v. a. and n.* Dean amadan deth, dean burraidh dheth, meall, thoir a chreidsinn air, thoir an car á; cluich, caith aimsir.
 FOOLBORN, *adj.* Air a bhreith 'na amadan.
 FOOLERY, *s.* Amaideachd, baòthaireachd, faoineachd; gòrach.
 FOOLHARDINESS, *s.* Dànadas, an-dànadas, mi-chiall.
 FOOLISH, *adj.* Gòrach, amaideach, neoghlic; baòth; faoin, neo-thuigseach.
 FOOLISHNESS, *s.* Amaideachd, gòrach, baòthaireachd, mi-chiall, cion-tùir.
 FOOT, *s.* Cas, cos, troidh; bui, bonn; arm coise.
 FOOT, *v. a. and n.* Imich, coisich; danns, dean ceum uallach, fàlaraich.
 FOOTBALL, *s.* Ball coise, ball iomanaiche.
 FOOTBOY, *s.* Gille ruith, gille coise.
 FOOTBRIDGE, *s.* Drochaid choisichean.
 FOOTCLOTH, *s.* Sumag.
 FOOTING, *s.* Àite-sensaimh, bunait, suidheachadh, stéidh, seilbh; staid, cor.
 FOOTMAN, *s.* Gille duin' uasail, gille bùird, gille ruith.
 FOOTPAD, *s.* Spùinneadair rathaid-mhòir.
 FOOTPATH, *s.* Rathad-coise.
 FOOTSTEP, *s.* Lorg coise, aile coise; cos cheum, cois-cheum, eisimpleir.
 FOP, *s.* Spailpean, lasgaire, gaoithean.
 FOPPERY, *s.* Amaideachd, baòthaireachd; spailleichd, spailpeis.
 FOPPISH, *adj.* Amaideach, faoin, diomhain, eutrom, gòrach; spailleichdeil, spailpeil, farumach, lòiseamach, bannadalach.
 FOPPISHNESS, *s.* Spailleichd, spailpeis, lòiseamachd.
 FOR, *prep.* Air son, a chionn, do bhrìgh, a thaobh; air sgàth; fa chomhair; air taobh; a dh' ionnsuidh.
 FOR, *conj.* A chionn, a bhrìgh; do bhrìgh; a mheud's gu.
 FORAGE, *v. a. and n.* Spùill, spùinn, creach; solair.
 FORAGE, *s.* Solarachadh, ionaltrachadh, sireadh lòn; biadh, lòn, innlìnn.
 FORAGER, *s.* Fear solair lòn, trusaiche.
 FORBEAR, *v. a. and n.* Seachain, ob; giùlain le, caomhain, fuiling, leig le; sguir; dean maille; caisg.
 FORBEARANCE, *s.* Seachnadh, obadh;

leigeadh seachad, sgur, stad; fad-fhulangas, deadh-mhèinn; caomhalachd, bàigh.

FORBID, *v. a. and n.* Seun, toirmisg, bac; caisg, cum air ais.

FORBIDDEN, *part.* Toirmisgte, neocheadaichte, neo-laghail.

FORBIDDING, *adj.* Daochail, sgreamhail, sgreataidh.

FORCE, *s.* Neart, spionnadh, cumhachd, lùth; ainneart, fòirneart; éifeachd, tàbhachd, feart, brìgh; làidreachd; armailt, feachd.

FORCE, *v. a. and n.* Èignich, coimh-èignich, thoir a dh' aindeoin; gnàthaich ainneart; spàrr, teannaich; luathaich fas.

FORCEFUL, *adj.* Làidir, treun.

FORCEPS, *s.* Turcais, clobha léigh.

FORCIBLE, *adj.* Laidir, cumhachdach, neartmhor; éifeachdach, tàbhachdach, brioghmhòr; aindeonach, éigneach.

FORCIBLENESS, *s.* Neartmhorachd, éifeachd, brioghmhòrachd.

FORD, *s.* Ath, faoghail.

FORD, *v. a.* Coisich no marcaich troimh abhainn.

FORDABLE, *adj.* Tana, eu-domhain.

FORE, *adj.* Air thùs, air toiseach, roimhe, toiseachail.

FOREARM, *v. a.* Armaich roimh làimh.

FOREBODE, *v. n.* Innis roimh làimh, roimh-innis, cuir air mhanadh, fàisnich, roimh-aithnich.

FOREBODER, *s.* Fàisniche, fàidhe, fear targraidh.

FORECAST, *v. a. and n.* Dealbh, tionnsgain; uidheamaich; suidhich innleachd.

FORECAST, *s.* Uidheamachadh, deasachadh, seòladh, innleachd, dealbh, tionnsgal.

FORECASTLE, *s.* Toiseach luinge.

FORECITED, *part.* Roimh-ainmichte.

FORECLOSE, *v. a.* Dùin, druid a stigh, bac.

FOREFATHER, *s.* Seanair, sinnsear, aon d' ar n athraichean.

FOREFINGER, *s.* Corrag.

FOREFOOT, *s.* Cas thoisich.

FOREGO, *v. a.* Dealaidh, cuir dhìot, cuitich, tréig, fàg, diobair.

FOREGROUND, *s.* Réidhlean beul-thaobh.

FOREHAND, *adj.* Roimh-làimh.

FOREHANDED, *adj.* Tìmeil, tràthail, àmail.

FOREHEAD, *s.* Clar-aodainn, bathais.

FOREIGN, *adj.* Coigreachail, coimheach, céin-threach; gun bhuntuinn ri.

FOREIGNER, *s.* Coimheach, allmharach, coigreach, eilthreach, deòradh.

FOREKNOW, *v. a.* Roimh-aithnich.

FOREKNOWLEDGE, *s.* Roimh-eòlas, roimh-fhiosrachadh.

FORELAND, *s.* Rudha, roinn, àird, sròn, ceann-tìre.

FORELOCK, *s.* Dosan, ciabhadh.

FOREMAN, *s.* Fear-amhaire thairis air luchd oibre.

FOREMAST, *s.* Crann toisich.

FOREMENTIONED, *adj.* Roimh-ainmichte.

FOREMOST, *adj.* Prìomh, air thoiseach, air thùs.

FORENAMED, *adj.* Roimh-ainmichte.

FORENOON, *s.* Roimh mheadhon latha.

FORENOTICE, *s.* Sanas, rabhadh.

FORENSIC, *adj.* A bhuineas do chùirt lagha.

FOREORDAIN, *v. a.* Roimh-òrduich, roimh-shònruich.

FOREPART, *s.* Ceud chuid, toiseach, beulaobh, aghaidh.

FORERUNNER, *s.* Roimh-ruith fhear, roimh-theachdaire; sinnsear; sanas, combarradh.

FORESAID, *adj.* Roimh-ainmichte.

FORESAIL, *s.* Seol-toisich.

FORESEE, *v. a.* Faic roimh làimh.

FORESHIP, *s.* Toiseach luinge.

FORESIGHT, *s.* Roimh-shealladh, roimh-aithne, roimh-eòlas.

FORESKIN, *s.* Roimh-chraicinn.

FORESPEECH, *s.* Roimh-ràdh.

FOREST, *s.* Frìdh, coille, fàsach.

FORESTALL, *v. a.* Glachd roimh làimh, gabh seilbh roimh làimh; ceannaich a suas roimh làimh.

FORESTALLER, *s.* Fear-millidh margaidh.

FORESTER, *s.* Forsair, fear gleidhidh frìdhe.

FORETASTE, *v. a.* Blais roimh làimh.

FORETASTE, *s.* Roimh-bhlas, roimh-bhlasad.

FORETELL, *v. a. and n.* Fàisnich, targair; roimh-innis, dean fàisneachd.

FORETELLER, *s.* Fàidh, fiosaiche.

FORETHINK, *v. a. and n.* Roimh smaoinich, roimh-bheachdaich; dealbh, tionnsgain.

FORETHOUGHT, *s.* Roimh-smuain, roimh-bheachd; roimh-shealltainn.

FORETOKEN, *s.* Combarradh, sanas, rabhadh.

FORETOOTH, *s.* Clàrag, fiacail doruis beòil.

FORETOP, *s.* Dos mullaich, binnein

FORWARD, *s.* Toiseach, aghaidh.

FOREWARN, *v. a.* Cuir air earalas, thoir rabhadh no sanas.
FOREWORN, *s. part.* Roimb-chaithte, claidhte.
FORFEIT, *s.* Ùbhladh.
FORFEIT, *v. a.* Arbhartach, caill.
FORFEITURE, *s.* Arbhartachadh; ùbhladh.
FORGE, *s.* Ceardach, teallach, suacan.
FORGE, *v. a.* Cum, dealbh, dean goibhneachd; dealbh gu fallsa; cuinn gu h-ainriocail.
FORGER, *s.* Fear dealbh; fear droch cùinnidh.
FORGERY, *s.* Dealbhadh mealltach; obair ghoibhneachd.
FORGET, *v. a.* Dì-chuimhnich, dearmaid, leig air dì-chuimhne.
FORGETFUL, *adj.* Dì-chuimhneach, dearmadach, neo-chùramach, neo shuimeil, neo-aireach.
FORGETFULNESS, *s.* Dì-chuimhne, dearmad, neo-shuim, mi-chùram.
FORGIVE, *v. a.* Maith, logh, thoir maith-eanas.
FORGIVENESS, *s.* Maitheadh, loghadh, maitheanas, truacantachd.
FORGOTTEN, *part.* Dì-chuimhnichte, air a dhì-chuimhneachadh.
FORK, *s.* Forc, gobhal, gobhlag.
FORK, *v. n.* Fàs gòbhlach, cuir a mach dias.
FORKED, *adj.* Gòbhlach, gòbhlach, forcach.
FORKTAILED, *adj.* Earr-ghobhlach.
FORKY, *adj.* Gòbhlach, forcach.
FORLORN, *adj.* Truagh, aonaranach, tréigte, meuranta, diblidh.
FORM, *s.* Cumadh, dreach, dealbh, cruth, aogas, riochd, dòigh; fasan, cleachdadh, modh, nòs, seòl guàthaichte; furm, aite-suidhe; leaba maighiche.
FORM, *v. a. and n.* Cruthaich, dealbh, cum, dreach, cuir an òrdugh.
FORMAL, *adj.* Riaghailteach, dòigheil, nòsach, rianail, puncail; cleachdach.
FORMALITY, *s.* Deas-ghnath, modh, dòigh; òrdugh, rian, puncalachd.
FORMATION, *s.* Cumadh, dealbh, cruthachadh, dèanamh.
FORMER, *s.* Cumadair.
FORMER, *adj.* Roimhe; roimhe-ainmichte; a chaidh seachad.
FORMIDABLE, *adj.* Eagalach, uamhasach, fuathasach, cunnartach, deacair.
FORMIDABLENESS, *s.* Uamhasachd, fuathas, cunnart, deacaireachd.
FORMLESS, *adj.* Gun dealbh, gun chumadh, gun chruth, gun dreach.

FORMULA, *s.* Riaghailt shuidhichte.
FORNICATE, *v. n.* Dean striopachas.
FORNICATION, *s.* Striopachas, siùrsachd, neò-ghloine.
FORNICATOR, *s.* Fear-striòpachais, drùisear.
FORNICATRESS, *s.* Striòpach, siùrsach, bean diolain.
FORSAKE, *v. a.* Tréig, fàg, dìobair, cuir cùl ri, dealaich ri.
FORSAKER, *s.* Fear-tréigsinn, fear fagail.
FORSOOTH, *adv.* Gu firinneach, gu dearbh, gu cinnteach.
FORSWEAR, *v. a. and n.* Cuir cùl ri fo mbionnaibh; thoir mionnan eithich, thoir an t-eitheach.
FORT, *s.* Daingneach, dùn, tùr, dìon, dìdean.
FORTH, *adv.* A mach, o so suas; air aghart; a muigh; a làthair.
FORTH, *prep.* A mach as.
FORTHCOMING, *adj.* A làthair, a' teachd am folluis.
FORTHWITH, *adv.* An ceart uair, gun dàil, gun mhoille.
FORTIETH, *adj.* Dà fhicheadamh.
FORTIFIABLE, *adj.* So-dhìonadh.
FORTIFICATION, *s.* Eòlas daingneachd; dìdean, dìon, tùr, dùn.
FORTIFY, *v. a.* Dion, daingnich; neartaich, dean làidir; misnich.
FORTITUDE, *s.* Misneach, cruadal; treuntas.
FORTLET, *s.* Daingneach beag.
FORTNIGHT, *s.* Ceithir-latha-deug.
FORTRESS, *s.* Daingneach, dìdean, dìon, tùr, dùn.
FORTUITOUS, *adj.* Tuiteamach, air thuiteamas.
FORTUITOUSNESS, *s.* Tuiteamas, tachartas.
FORTUNATE, *adj.* Fortanach, sona, seamhsail, àghmhor.
FORTUNATENESS, *s.* Àghmhorachd, sonas.
FORTUNE, *s.* Fortan, sealbh, àgh; erann-chur; seilbh, oighreachd, saibhreas; cuid, tochradh.
FORTUNEHUNTER, *s.* Fear-tòir air tochradh.
FORTUNETELLER, *s.* Fiosaiche, dearn-adair.
FORTY, *adj.* Dà fhichead.
FORUM, *s.* Tigh coinneimh.
FORWARD, *adv.* Air aghart, a dh' ionnsuidh.
FORWARD, *adj.* Dian, dùrachdach, iarr-

stach; dealasach, teth, cas, bras; obann, ceann-laidir, beadaidh, bathaiseach; luath, tràthail; grad, ealamb, cabhagach.

FORWARD, v. a. Greas, cuir air aghart, deifrich; cuidich.

FORWARDNESS, s. Togarrachd, déine, braise, dùrachd; tràthachd, luaths; dàndas, ladarnas.

FOSS, s. Dig, staing, clais

FOSSILE, adj. Tochailteach.

FOSSILE, s. Tochailt.

FOSSILIST, s. Tochailliche.

FOSTER, v. a. and n. Altrum, àraich, beathaich, àlaich, tog suas; eiridnich, luathaich, cuir air aghart.

FOSTERAGE, s. Altrum, banaltrumachd, togail, àrach.

FOSTERBROTHER, s. Comhalta, comhdhalta.

FOSTERCHILD, s. Dalta, leanabh altruum.

FOSTERFATHER, s. Oide, oid'-altruim.

FOSTERMOTHER, s. Muime, banaltrum.

FOUL, adj. Salach, mosach, làbanach, neoghlan, truaillidh; gràineil, déistinneach; neo-laghail, neo-dhìreach; dao-chail, duaichnidh; tàmailteach, nàr; dorch, neulach, drabhasach.

FOUL, v. a. Salaich, dusichnich.

FOULNESS, s. Salchar, neo-ghloine, mosaiche; truaillidheachd, gràinealachd; déisinn, dao-chalachd; duaichnidheachd, gràinde, mi-dhìlseachd.

FOUND, v. a. Stéidhich, leag bunait, suidhich; tog, tog air; tog suas; tàrmaich, tòisich; socraich; tilg, leagh.

FOUNDATION, s. Stéidh, bunait, bunachar, bunachas, bun, ìochdar, bonn; tùs, toiseach.

FOUNDER, s. Fear-suidheachaidh airgid; leaghadair.

FOUNDER, v. a. and n. Dean bacach, dean crùbach; theirig fodha; faillinnich; tuislich.

FOUNDERY, s. Tigh leaghaidh.

FOUNDLING, s. Faodalliche, faodalach.

FOUNT, } s. Tobar, fuanan; màth-

FOUNTAIN, } air uisge, mathair aobhair, toiseach, bun.

FOUNTAINHEAD, s. Tùs, bun, grunnnd.

FOUR, adj. Ceithir.

FOURFOLD, adj. Ceithir filte.

FOURFOOTED, adj. Ceithir-chasach.

FOURSCORE, adj. Ceithir-fichead.

FOURSQUARE, adj. Ceithir-chearnach.

FOURTEEN, adj. Ceithir-deug.

FOURTEENTH, adj. Ceathramh-deug.

FOURTH, adj. Ceathramh.

FOURTHLY, adv. 'S a cheathramh àite.

FOWL, s. Eun, ian.

FOWL, v. n. Eunaich, marbh eòin.

FOWLER, s. Euna-dair.

FOWLING, s. Eunach.

FOWLING-PIECE, s. Gunn' eunaich.

FOX, s. Sionnach, balgaire, madadh-ruadh, gille-màrtuinn.

FOXCASE, s. Bian sionnach.

FOXGLOVE, s. Meuran nan cailleach marbh, lus nam ban sìth.

FOXHOUND, s. Tòlair.

FOXHUNTER, s. Brocair, fear shionnach, sealgair shionnach.

FRACTION, s. Mir, roinn, earrann, bloigh; bristeadh.

FRACTIONAL, adj. Bristeach.

FRACTIOUS, adj. Crosda, dreamlainneach, dreanganach.

FRACTURE, s. Bristeadh.

FRACTURE, v. a. Bris, bloighdich.

FRAGILE, adj. Brisg, bristeach, lag, anfhann, so-bhriseadh.

FRAGILITY, s. Brisgead, breòiteachd; laigse, amhuinneachd.

FRAGMENT, s. Bloigh, mìr, sgealb, earrann, crioman; fuighleach, spruilleach.

FRAGRANCE, } s. Cùbhraidheachd,

FRAGRANCY, } deadh bholadh.

FRAGRANT, adj. Cùbhraidh.

FRAIL, adj. Lag, breòite, anfhann, gun treòir; neo-sheasmhach, so-lùbadh.

FRAILTY, s. Laigse, neo-sheasmhachd, breòiteachd, lag-bheartachd; laigsinn, amhuinneachd.

FRAME, v. a. Dealbh, cruthaich, cum, dean; tionnsgain, cuir ceart; cuir ri chéile.

FRAME, s. Leaba, ionad-suidheachaidh; cumadh, dealbh, dreach, cruth.

FRAMER, s. Cumadair, fear-deilbh.

FRANCHISE, s. Saorsa; còir, saorsachd; siorramachd.

FRANCHISE, v. a. Saor, dean saor, thoir còir do.

FRANCHISEMENT, s. Saorsa.

FRANK, adj. Faoilidh, furanach, fialaidh, fosgailte, saor, soilleir, neo-chealgach.

FRANK, s. Fail-mhuè; litir shaor; bonn Francach, deich sgillean.

FRANK, v. a. Cuir am fail; saor litir, deau litir saor.

FRANKINCENSE, s. Tùis.


FRANKNESS, s. Saorsa, fosgailteachd, fialachd, faoilidheachd, fùghantachd.

FRANTIC, adj. Air boile, air a chuthach, mearanach; feargach, buaireasach, air bàinidh; mi-chéillidh.

- FRATERNAL**, *adj.* Bràthaireil.
FRATERNITY, *s.* Bràithreachas ;
 comunn.
FRATRICIDE, *s.* Mort bràthar, marbh-
 adh bràthar ; marbhaiche bràthar.
FRAUD, *s.* Cealg, feall, foill, mi-chleas,
 mealltaireachd.
FRAUDFUL, *adj.* Carach, cealgach, feall-
 tach.
FRAUDULENCE, } *s.* Mealltaireachd,
FRAUDULENCY, } cealgaireachd.
FRAUDULENT, *adj.* Cealgach, foilleil,
 mi-onorach, eas-ionraic.
FRAUGHT, *part.* Luchdaichte, làn.
FRAY, *s.* Cath, còmhrag, sabaid ; còmh-
 lan ; iorghuill, caonnag, buaireas.
FREAK, *v. a.* Breac, ballaich, stiallaich.
FREAKISH, *adj.* Leumnach, neònach,
 luaineach.
FRECKLE, *s.* Breacadh-sianain, breacadh
 seunain.
FRECKLED, *adj.* Breac, breac-bhallach.
FREE, *adj.* Saor, neo-cheangailte ; air a
 thoil féin ; fosgailte, falaidh, faoilidh.
FREE, *v. a.* Saor, fuasgail, leig fa sgaoil,
 dean saor.
FREEBOOTER, *s.* Fear-reubainn, gad-
 uiche, spùinneadair.
FREEMAN, *s.* Tràil a fhuair a shaorsa.
FREEDOM, *s.* Saorsa, saorsainn, còraich-
 ean ; saor-thoil, cead ; ealambachd, deas-
 achd.
FREEHOLD, *s.* Fearann saor, oighreachd,
 tighearnas.
FREEHOLDER, *s.* Fear fearainn shaoir.
FREEMAN, *s.* Duine saor ; fear-chòr-
 aichean.
FREENESS, *s.* Saorsa, saorsainn ; fosg-
 ailteachd, falachd, fiùghantachd.
FREESCHOOL, *s.* Sgoil shaor.
FREESTONE, *s.* Gaireal.
FREETHINKER, *s.* Duine gun chreid-
 eamh.
FREEWILL, *s.* Saor-thoil, deòntachd.
FREEWOMAN, *s.* Bean-shaor.
FREEZE, *v. a. and n.* Reòdh, meilich.
FREIGHT, *v. a.* Luchdaich, far.
FREIGHT, *s.* Luchd ; faradh.
FREIGHTER, *s.* Fear-faraidh.
FRENCH, *s.* Francaich ; fraingis.
FRENCH, *adj.* Francach.
FRENCH CHALK, *s.* Cailc-fhrancach.
FRENCH-HORN, *s.* Dùdach-fhranc-
 ach.
FRENETIC, *adj.* Air boile, mearanach.
FRENZY, *s.* Boile, bàinidh, mearan.
FREQUENCY, *s.* Coitchiontas, bidhean-
 tas, tricead.
- FREQUENT**, *adj.* Tric, minig, bidheanta,
 coitchionn.
FREQUENT, *v. a.* Taghail, tathaich.
FREQUENTER, *s.* Fear-tathaich.
FRESCO, *s.* Fionnaireachd, dubbarachd,
 duibhre.
FRESH, *adj.* Fionnar ; ùr, ùrail, neo-
 shaille ; nodha, nuadh ; snuadhar, beoth-
 ail ; ruiteagach ; fallain, milis.
FRESHEN, *v. a. and n.* Uraich, dean ùr ;
 fas ùr.
FRESHNESS, *s.* Ùrachd, ùraireachd,
 ùralachd ; fionnarachd ; deirge, ruiteachd ;
 neo-ghoirteachd.
FRET, *s.* Caolas, cneas-mhuir ; buaireas,
 iomairt, oibreachadh ; frionas, corruich.
FRET, *v. a. and n.* Luaisg, caraich ; suath,
 caith ; cnàmh, ith ; breacaich ; feargnaich,
 dean frionasach ; gabh fearg.
FRETFUL, *adj.* Frionasach, friodbanach,
 frithearra, corrach, crosda, dreanganach,
 cas.
FRETFULNESS, *s.* Frionas, frithearr-
 achd.
FRETTY, *adj.* Cnapach, plucanach.
FRIABILITY, *s.* Brisgeachd.
FRIABLE, *adj.* Brisg, so-phronnadh.
FRIAR, *s.* Manach.
FRIARY, *s.* Manachuinn.
FRIBBLE, *v. n.* Dean faoineas, bi starr'
 chosail.
FRICITION, *s.* Suathadh, rubadh.
FRIDAY, *s.* Di-h-aoine.
FRIEND, *s.* Caraid, fear rùn ; compan-
 ach.
FRIENDLESS, *adj.* Gun charaid.
FRIENDLINESS, *s.* Càirdealachd,
 caoimhneas.
FRIENDLY, *adj.* Càirdeil, caoimhneil.
FRIENDSHIP, *s.* Càirdeas, càirdealachd.
FRIEZE, *s.* Clò molach.
FRIGATE, *s.* Long bheag chogaidh.
FRIGEFACION, *s.* Fuarachadh.
FRIGHT, } *v. a.* Cuir eagal air, oill-
FRIGHTEN, } tich, clisg, geiltich, sgeun-
 aich.
FRIGHT, *s.* Eagal, geilt, oillt, clisgeadh,
 maoin, sgeun.
FRIGHTFUL, *adj.* Eagalach, oillteil,
 fuathasach, uambasach, sgeunach.
FRIGHTFULNESS, *s.* Uambasachd,
 oilltealachd.
FRIGID, *adj.* Fuar, fualalach, neo-
 chaoimhneil, tioram ; neo-bhrisg, neo-
 bheothail, neo-sporadail.
FRIGIDITY, *s.* Coldness, want of
 warmth, fuachd, fionnfhuarachd ; marbh-
 antachd ; laigse ; fualalachd.

- FRIGORIFIC, *adj.* A' deanamh fuar.
- FRILL, *s.* Grinneas uchd.
- FRINGE, *s.* Fraoidhneas, oir.
- FRINGE, *v. a.* Cuir oir ri.
- FRINGY, *adj.* Fraoidhneasach.
- FRIPPERY, *s.* Margadh shean aodaich; bàrlagan.
- FRISK, *v. n.* Leum, gèarr sùrdag; danns, dean mire.
- FRISK, *s.* Mire, beadradh, sùgradh, mireagachd.
- FRISKFUL, *adj.* Mireagach, beiceiseach, near.
- FRITH, *s.* Caolas mara, cneas-mhuir.
- FRITTER, *s.* Mìrean, crioman.
- FRITTER, *v. a.* Bris, bloighdich, criomagaich; pronn, bruan.
- FRIVOLITY, *s.* Faoinas, faoineachd.
- FRIVOLOUS, *adj.* Faoin, suarach.
- FRIZZLE, *v. a.* Cuairsg, cas, cuir 'n a chairesgaibh.
- FRIZZLE, *s.* Camag, caisreag.
- FRO, *adv.* Air ais, a suàs.
- FROCK, *s.* Còta-gearr; gùn beag.
- FROG, *s.* Losgann, leumachan, cràigean.
- FROGGY, *adj.* Losgannach.
- FROLIC, *s.* Mire, sùgradh, beadradh, cleasachd.
- FROLIC, *adj.* Mireagach, sùgach, cleasanta.
- FROLIC, *v. n.* Dean àbhachd, dean sùgradh.
- FROLICSOMENESS, *s.* Mire, cleasantachd.
- FROM, *prep.* - O, bho, uaith, uaithe; as, a mach as, a mach o, á.
- FRONDIFEROUS, *adj.* Duilleagach.
- FRONT, *s.* Aghaidh, aodann; beulthaobh; bathais; tùs, toiseach.
- FRONT, *v. a. and n.* Thoir aghaidh, coinnich, cuir aghaidh ri; seas mu choinneamh.
- FRONTIER, *s.* Crìoch, oir, foir, iomall, oir-thir.
- FRONTISPIECE, *s.* Aghaidh, beulthaobh.
- FRONTLESS, *adj.* Beag-narach, ladarna, bthaiseach.
- FROST, *s.* Reodhadh, reothadh.
- FROSTBITTEN, *adj.* Seargta le reothadh.
- FROSTY, *adj.* Reòta, fuaralach, neo-chaoimhneil; liath.
- FROTH, *s.* Cop, cobhar, omhan.
- FROTH, *v. a. and n.* Cop, cuir cobhar dhiot; bi fo chobhar.
- FROTHY, *adj.* Copach, cobharach, omhanach; diombuan, faoin; falamb, gun bhrìgh.
- FROUNCE, *v. a.* Cuairsg, cas.
- FROUNCE, *s.* Camag, caisreag.
- FROWZY, *adj.* Dorcha, neulach, doilleir.
- FROWARD, *adj.* Daobhaidh, crosda, danarra, dearrasach, rag-mhuinealach, docheannasachadh.
- FROWARDNESS, *s.* Dearras, danarrachd, rag-mhuinealachd.
- FROWN, *v. a. and n.* Amhairc le gruaim, sream; cuir gruaim ort, bi gruamach.
- FROWN, *s.* Gruaim, sgraing, sreamadh.
- FROZEN, *part.* Reòidhte, reòta; fuaralach, fuar-chridheach, neo-chaoimhneil, neo-thlusail.
- FRUCTIFEROUS, *adj.* Sìolmhor, measach.
- FRUCTIFY, *v. a. and n.* Dean torach; giùlain meas, bi sìolmhor.
- FRUCTUOUS, *adj.* Sìolmhor, measach.
- FRUGAL, *adj.* Caomhantach, gléidhteach, cùramach, crionta, solarach.
- FRUGALITY, *s.* Caomhadh, criontachd, cùram.
- FRUIT, *s.* Meas; toradh; slìochd.
- FRUITBEARING, *adj.* A' giùlain meas.
- FRUITERY, *s.* Meas, lobhta mheas, aite caoineachaidh mheas.
- FRUITFUL, *adj.* Torach, sìolmhor, measach; fo mheas; tarbhach.
- FRUITFULNESS, *s.* Sìolmhorachd, torraicheas; pailteachd, pailteas.
- FRUITION, *s.* Mealtuinn, sealbhachadh.
- FRUITLESS, *adj.* Neo-thorach, gun mheas, gun toradh; neo-tharbhach, faoin, dìomhain; aimrid, seasg, neo-sìolmhor.
- FRUITLESSNESS, *s.* Neo-sìolmhorachd.
- FRUMENTACIOUS, *adj.* Do ghràin.
- FRUMENTY, *s.* Brochan cruithneachd.
- FRUMP, *v. a.* Mag, cuir 'n a thosd.
- FRUSH, *v. a.* Bris, bruan, pronn, brùth.
- FRUSTRANEOUS, *adj.* Dìomhain, faoin, neo-tharbhach.
- FRUSTRATE, *v. a.* Bac, dìth-mhill, dìobair, meall, mill dùil; cuir a thaobh.
- FRUSTRATION, *s.* Mealladh, fealladh, dìobradh.
- FRUSTRATIVE, *adj.* Mealltach, foilleil, fealltach.
- FRUSTUM, *s.* Mìr, earrann.
- FRY, *s.* Slòl éisg, sgaoth mheanbh iasg; gramasgar, gràisg, prasangan.
- FRY, *s.* Biadh ròiste.
- FRYINGPAN, *s.* Aghann grìosaich, friochdan.
- FUB, *s.* Balachan reamhar.
- FUCATED, *adj.* Ainriochdaichte le dath.
- FUDDLE, *v. a. and n.* Cuir air mhìsg; òl, pòit, bi air mhìsg.
- FUDGE, *interj.* Tu!
- FUEL, *s.* Connadh.

- FUGACIOUS**, *adj.* Luaineach, siùbhlach, luath, teichmheach.
- FUGACIOUSNESS**, } *s.* Luaineachd,
FUGACITY, } siùbhlachd, luath-
as, diombuanachd, neo-chinnteachd, neo-
sheasmhachd.
- FUGITIVE**, *adj.* Teichmheach, failleasach ;
diombuan, siùbhlach.
- FUGITIVE**, *s.* Gealtaire, cladhaire, fògar-
ach dìobarach.
- FULCRUM**, *s.* Prop.
- FULFIL**, *v. a.* Coimhlon, dean iomchuidh
no cubhaidh.
- FULFILMENT**, *s.* Coimhlionadh.
- FULGENCY**, *s.* Dèarsadh, dealradh,
lannair, soillse.
- FULGID**, *adj.* Dèarsach, dealrach, boill-
sgeach.
- FULGURY**, *s.* Dealanach, tein' adhair.
- FULL**, *adj.* Làn, lionta, pailt ; sultmhor,
reamhar, pluiceach ; sàsaichte ; iomlan,
coimhlionta ; buileach, slàn.
- FULL**, *s.* Làn, làine, iomlaine.
- FULL**, *adv.* Gu h-uile, gu h-iomlan, gu
buileach.
- FULL-BLOWN**, *adj.* Fo làn bhlàth.
- FULL-GROWN**, *adj.* Aig làn fhàs.
- FULL**, *v. a.* Luaidh, sgùr, glan.
- FULLER**, *s.* Muilleir luaidh.
- FULLER'S EARTH**, *s.* Criadh an fhùc-
adair.
- FULMINANT**, *adj.* Tàirneanach.
- FULMINATE**, *v. a. and n.* Tilg mar
ghath tàirneineich ; dean tàirneanach ;
dean bragh.
- FULMINATION**, *s.* Tàirneanach, tor-
unn, toirm ; ascaoin eaglais.
- FULNESS**, *s.* Lànachd, làine, pailteas,
sàth, leòir ; saibhreas ; meudachd.
- FULSOME**, *adj.* Gràineil, breun, daoche-
ail, grànda ; lobhta ; drabasda, salach.
- FULSOMENESS**, *s.* Breunachd, daoche-
alachd ; sailhead, mosaiche ; drabasdachd,
draosdachd.
- FUMAGE**, *s.* Cis-teallaich.
- FUMBLE**, *v. a. and n.* Dean gu cearach ;
laimhsich gu càrr ; bi an ceò.
- FUMBLER**, *s.* Fear-cearach, buimil-
ear.
- FUME**, *s.* Deatach, smùd, deathach ; ceò,
smùid, ceathach ; toth, brùchd ; ainteus,
corruich.
- FUMET**, *s.* Buachar feidh.
- FUMIGATE**, *v. n.* Smùid, toit.
- FUMIGATION**, *s.* Cur deatach, smùid,
no ceò ri.
- FUMISH**, *adj.* Smoky, deatachail, smùid-
each, toiteach ; feargach.
- FUN**, *s.* Fearas chuideachd, fala-dhà,
cridhealas, àbhachd.
- FUNCTION**, *s.* Dèanadas, cur an gnìomh,
gnothach ; dreuchd, cèaird.
- FUNCTIONARY**, *s.* Dèantach.
- FUND**, *s.* Stoc, cuid, ionmhas, maoin,
stòras.
- FUNDAMENT**, *s.* Tòn, ceann deiridh.
- FUNDAMENTAL**, *adj.* Bunabhasach,
bunaitheach, sònruichte.
- FUNERAL**, *s.* Tìodhlacadh, adhlacadh,
torradh.
- FUNERAL**, } *adj.* A huineas do dh'
FUNEREAL, } adhlacadh, no do thìodh-
lacadh ; brònach, dubhach, muladach.
- FUNGOUS**, *adj.* Spongach, mar chòin-
nich.
- FUNGUS**, *s.* Ballag-bhuachair, boineid an
lòsgainn.
- FUNK**, *s.* Droch bholadh.
- FUNNEL**, *s.* Lìonadair ; piob-tharruing,
piob.
- FUNNY**, *adj.* Àbhachdach, cridheil, sùgach.
- FUR**, *s.* Bian molach ; fionnadh.
- FUR**, *v. a.* Linig, le fionnadh, comhdaich
le bian.
- FURACIOUS**, *adj.* Bradach.
- FURACITY**, *s.* Braid, meirle.
- FURBELOW**, *s.* Froinis, fraoidhneas.
- FURBELOW**, *v. a.* Cuir fraoidhneas ri.
- FURBISH**, *v. a.* Lìomh, glan, dean loinn-
reach.
- FURBISHER**, *s.* Fear lìomhaidh, fear
glanaidh.
- FURFUR**, *s.* Cochull, rùsg, moll, calg.
- FURFURACEOUS**, *adj.* Cochullach,
calgach.
- FURIOUS**, *adj.* Air a chuthach, mearan-
ach, air bàinidh ; fiadhaich, feargach ;
garg, borb.
- FURIOUSNESS**, *s.* Cuthach, buirbe,
lasantachd.
- FURL**, *v. a.* Paisg, trus, fill.
- FURLONG**, *s.* An t-ochdamh cuid de
mhìle.
- FURLOUGH**, *s.* Cead saighdear rè ùin'
àraidh.
- FURNACE**, *s.* Àmhuinn, fùirneis, suacan,
teallach.
- FURNISH**, *v. a.* Uidheamaich ; thoir
seachd ; sgiambaich, maisich, breaghaich.
- FURNISHER**, *s.* Fear uidheamachaidh.
- FURNITURE**, *s.* Àirneis, uidheam.
- FURRIER**, *s.* Fear-reic bhian.
- FURROW**, *s.* Clais ; preas.
- FURROW**, *v. a.* Geàrr clais, no sgrìob.
- FURRY**, *adj.* Molach, ròmach.
- FURTHER**, *v. a.* Cuidich, cuir air aghart.
- FURTHERANCE**, *s.* Cuideachadh, còmhn-
nach.
- FURTHERER**, *s.* Fear-cuideachaidh no
còmhnaidh



PB
1591
M33
pt.2
v.1

MacLeod, Norman
A dictionary of the
Gaelic language

PLEASE DO NOT REMOVE
CARDS OR SLIPS FROM THIS POCKET

UNIVERSITY OF TORONTO LIBRARY

